




H.M. 238.

78/10. 1. 57

G.B.

3/16







SMUAINTEAN CUDTHROMACHA,

MU

BHAS AGUS FHULANGAS

AR

S L A N U I'-F H I R,

LE MR. DO'NALL CAIMBEUL,

MINISTEIR AN T SOISGEIL

AN CILLE-MHI'CHEIL.

AIR AN TIUNDADH GU

GAILIG ALBANNUICH,

LE

D. MACPHAIRLAIN, A.M.

'AN DARA UAIR.

CLÒ'-DHUAILTE 'AN FEAIRT,

LE D. FRIER.

MDCCC.



ENTERED IN STATIONERS HALL.

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

THE PREFACE TO THE READER.

ALTHOUGH it must be confessed, that words in general are not natural, but artificial signs of our ideas, arbitrarily appointed by society for conveying the conceptions of the mind, yet there are some words, the sound of which may be said to be an echo of the sense. In these, however, original languages abound most. The reason of which seems to be, that, in the infancy of society, the first formers of a language were at liberty to affix names to persons and things. They would be apt to express these by sounds suggested by the images, which their nature or appearances were best calculated to form in the mind. For every affection and passion of the mind, every motion and feeling of the heart, has some peculiar air to it. For instance, the passion of grief, when arrived at a certain pitch, discovers itself by deep groans, and sometimes by loud cries and doleful shrieks, as well as by the heavy, sad and melancholy air of the countenance. To describe this passion, those who had the formation of language in their power, would have recourse first to sounds resembling those excited by it. The ancient Gallic possesses much of this similarity of sounds to the things signified by them. Thus the murmuring noise, and hoarse roaring of a bull when he digs the ground with his hoof, and discovers a threatening forwardness to encounter his antagonist, is, emphatically expressed by *BURICH*, the bleating of sheep, by *MEILICH*, and that of goats by *MIOGADUICH*, &c. Every person, who knows the right pronunciation of these words, can at once discover, that they are imitations of the sounds they are intended to express. This advantageous circumstance contributes not a little to render the language strong and beautiful. And the nearer it is traced to its source, the purer and more unadulterated it is found, and consequently the more of the advantage, which I have been mentioning, is to be met with in it. As it is an original language, it is the natural one of passion, and expressive of the sentiments and feelings of the human heart. That it abounds much in the sublime and pathos, and is descriptive of the tender, manly and heroic feelings,

et

of those ancient times and countries, in which it existed in great purity, the poems of Ossian are a standing proof. Every native of Caledonia, who is thoroughly acquainted with its energy and beauty must regret to see it daily losing ground in this country, and almost on the point of being transplanted into the distant climes of North America. There, however, it shall probably raise its drooping head, and, for some time, flourish, until such time as the omnipotent and wise Hand, which directs and governs the vast scheme of things, shall bring about such another revolution as the present one. Such are the fluctuating and inconstant natures of all terrestrial enjoyments. Such has been the fate of the greatest monarchies and empires on earth. Such indeed is the lot of mortality. Mutability seems to have been stamped, upon the natures of all terrestrial things, by that almighty FIAT, who spoke the universe into existence.

But languages are suffering changes, not only with respect to their situation in different countries, but the same language, in its very essence, is undergoing perpetual alteration. But a language will suffer more changes in the latter respect from being the language of court, and a derived one. Thus the English language suffers alterations,

First, From being the language of Court. For the lowest class of people, who always aspire to imitate their superiors, ambitiously adopt their phrases, and use them on the lowest and most common occasions. Thus, in progress of time, mean and low ideas are annexed to, and so habitually connected with these phrases, that the imagination can scarcely separate afterwards from words, ideas which, by a long and frequent practice, were affixed to them. And whenever these are applied to an high and important subject, they serve only to demean its grandeur. Consequently the highest class of people, must have recourse to the invention of new phrases, which, by being separated from low and common use, must be thought more suitable to a high and sublime subject.

Secondly, From its being a derived language. As it is much indebted to other languages, more especially to the Greek and Latin, for its copiousness, elegance, and beauty, and almost for its existence in its present form, new words are continually coined from these. Hence the style of the present age differs much from that of the last, and the style of the next may differ as much from that of the present.

And

And another Johnson may soon start up, who will eclipse the last, and be distinguished for the ingenuity and fertility of invention, he may discover, in forming new words never heard of before. For although the English language, as well as the arts and sciences, have confessedly arrived at a higher degree of perfection in this than in the last century, yet who can with certainty, say, Hitherto these have come, an shall go no farther? Hence- although the sentiments in the sacred oracles of truth, must be esteemed sublime and grand beyond parallel, as long as the world continues, yet, in our present English version, many phrases are now esteemed banal. And hence also the long and incoherent periods, the low and vague expressions, interspersed in some parts of the original of the following translation, which cannot be relished by the improved taste of the present age, though they were deemed elegant at the period in which they were first published. My avowing then, that I laboured under some disadvantages with respect to these, will not be reckoned, by the candid and judicious, any deduction from the merit of my author, as a man of taste and literature. For the observation just now made is not peculiarly applicable to him, but extends, in some measure, to all in the same situation. And considering the distant period of time in which he wrote, his writings, upon the whole, are entitled to great merit. The number of authors, whom he consults upon his important subject, discovers him to have been a man of indefatigable labour and study. The fervent, and, at the same time, liberal spirit of piety, that runs throughout the whole strain of his reasoning, equally proves that he was a man of a devout, though moderate zeal, and had a deep, though just impression of religion on his soul.

The proper names of the authors whom he quotes, and the observations collected from them, and inserted in the body of the original, are mostly expunged from the translation as unnecessary; and I have confined myself chiefly to the arguments he produces from the sacred writings, and the inferences naturally arising from them. Those words, which were thought low, were either passed over, and others substituted in their place, or the sense of them attempted to be conveyed in expressions more suitable to so sacred a subject, and more agreeable to the refined taste of an improved and cultivated age. The whole was endeavoured to be pruned and cleared of most of the dross, and those passages, that were

were thought of small moment. In several places, many arguments and observations have been added, that were judged to have a stronger tendency to the improvement and edification of the Christian reader.

That the whole, of this feeble effort, may answer the design of promoting the interest of pure and undefiled religion, is the sincere desire and prayer of,

Your most humble,

and obedient servant,

DUNCAN MACFARLAN.

SMUAINTEAN CUD-THROMACHA

MU THIMCHÌOL

FULANGAIS CHRÌOSD.

CAID. I.

Mu Fhulangas CHRÌOSD 'na bhreth.

THA sinn fo cheangluichibh teanna gràidh agus tain-gealachd gu oidhirp dhìchiolach a theirt air eolas fhaotuinn air fulangas ar Slanui'-fhir ghràdhaich, agus gu smusineachadh gu minic dùrachdach air Tha sinn a' baileachadh moran d'ar n aimsir air eolas a ghabhail air ealainibh faoghálta agus cuspairibh caochlaideacha, air smuainteachadh air an t faoghál is gach nì a bhuineas do'n bheatha fo; ach mo thruaighe! cia tearc aid, a tha gabhail mar obair, eolas fhaotuinn air CHRÌOSD agus cfan air a chèusadh? Tha ar mi-thaingeachd ghràineil co an-barrach, 's ge do rinneadh am facal 'na fheoil, agus ge do chaith è beatha bhrònach a bhos 'an fo air thalamh, agus ge do fhuair è bàs mallach agus cràiteach, chum sinne a fhaoradh o'n fheirg ri teachd; gidheadh nach cuir a chuid a 's mo aguinn a dhragh orra fèin, eachdruidh fulanguis CHRÌOSD, mar a tha i air a cur fios san t foisgeul, a lèughadh. Is annsa le daoineibh fgeulachdan agus leabhraichean faoine eile, na a bhi aig an dragh leughadh mu bheatha agus mu bhàs ar Slanui'-fhir naomh', a fhaor iad. Ach 's truagh cuntas an leithidean sin do dhaoineibh ann an la a' bhreitheanais.

Uime

Uime sin, O m' anam, dearc gu foistineach bun-
 aiteach air na dh' fhuiling ann De, a tha toirt air
 falbh peacaidh an t saoghail, air son cionta-dhaoine,
 leugh gu minic an eachdruidh 's na smuaintean cud-
 thromacha fo a leanas; ach gu ro àrruid 'nuair a
 bhithas togradh agad dlùthachadh ri bord an Tigh-
 earna, a dh' ath-nuadhachadh do mhàidean bailli,
 is a nochladh bàis an Tighearna gus an tig è. Anna
 fia leugh agus breithnich na dh' fhuiling CRISD
 air son dhaoine taghta, chum 's 'nuair a chi thu
 'n t aran briste mar chomhara air corp CHRISD,
 a bhriseadh air do shon, agus am fion a' taif-
 beineadh fhòis, a dhòrtadh air do shon, gu'n deanamh
 bàs agus fulangas CHRISD, a t'inn thu r'a chuimh-
 neachadh aig a bhord nae ah, beo-dhrùthadh air
 do chridhe. O m' anam, biodh agad beo-chreid-
 camh fìidir ann an Siloh'-fhear an t saoghail, agus
 thoir fainear cia b' fìidir an deachda, a th' agad gu'm
 b' e Crisid a' Mèshah mac Dais. Tha scriobtar an
 t sean-tiomnuidh a' toirt fianuise air. Tha Mòis agus
 na Phaidhean ga chomharrachadh amach. Ann an
 tha gach gealladh agus fàidheireachd air an coi-
 lionadh. Tha gach samhladh agus comhara, a bha
 'n lagh Mhàis, annsan air an crìochnachadh. Tha
 e dearbh-fhoillgair gu'm b' e fo an Siloh, an sìol a bh'
 air a ghealladh, fèamh leife, ris an robh fùil * aig na
 h aithrichean sin, a bha feitheadh air co' fhurtachd†
 Ifraicil: Thoir fainear, o m' anam, cia gloirmhor an-
 fhianuis a thug Dia air le guth o neamh; le mìltibh
 mhìorailtean mòra ann dianhair agus 'am folluis, le
 ais-eiri on a marbhuibh, agus le tiolacuibh an spioraid.
 Agus uime sin, nach 'eil thu fèin a' togbhail fianuise,
 gur ann rèir tomhais do chreidimh ann an CRISD,
 a tha dàimh agad ri Dia? Am bheil do chridhe
 uair air bith co glan as 'nuair a tha do chreideamh
 beo

beo agus làidir ? An tog DIA suas mata a rioghachd le brèig ? an gnàthuich e cealg a dh'ath-nuadhachadh a dhreacha fèin air an anam ? An ann le inleachduibh agus meadhanuibh malluichte a tha e sgrios oibre an deamhain ? Ma tha do chreideamh fann agus air udal, 's iad ganlas do nàmhaidhe agus truailleachd do chridhe 's coireach. C' air son a tha dian-thogradh mo nàmhaidhe agus mo chridhe truailli a cathachadh co cruaidh ann an aghaidh mo chreidimh ? Mur b' è obair Dhè e, cha bhiodh naimhdé Dhe co dìchiolach g'a bhacadh; dh'àruicheadh an deamhan a suas a chreatair fèin; bheireadh an saoghal spèis d'a nithibh fèin; agus mar biodh nàdur an t-soisgeil spioradail agus naomh cha deanadh an fheoil spairn co cruaidh 'na aghaidh. Ach, o mo Dhia, pill mi, a' d' haimh tha mo chridhe, 's urrain thu buaidh a thoirt air neart mo naimhdean iomarcacha. Cuir air aghaidh, le cumhachd, obair mo chreidimh. Fosgail mo fhùilean, chum, air dhamh creidsin annsan nach 'eil mi faicin, gu'n deznainn gairdeachas le aoibhneas do-labhairt, agus làn do ghloire.

Gun amharas tha fulangais CHRIOST co lionmhor, co do-thomhas is co eag-samhail, 's nach comasach neach bàsmhor air an tuigfin no 'n eur 'an cèill. Uime sin na bithibh ann am barail gu bheil mi cur romham, an t iomlan do na dh' fhuiling CRIOST, a chur gu mion mu'r coinne; no nach d' fhuiling è tuille na tha 'n fo air a chuir sìos; no gu bheil mise cuir romham eachdruidh a bheatha air fad a sgrìobhadh. Cha labhair mi ach mu thimchial irrisleacha agus ffulangais. Bheir sinn fainear irisleacha agus fulangas CHRIOST. 1. 'Na bhreth. 2. 'Na bheatha. 3. Gu h athghearr roimhe a bhàs. 4. Re am a bhàis. 5. Ni sinn cleachdadh no fòdhnadh do'n iomlan. 6. Bheir sinn fainear a chrìoch mu'n

d' fhuiling Cnosd, maille ris na geallainibh a tha filte a lùgh ann sna briathruibh fo. 'Sé fo mo chorp-
' fa,' agus ni fìnn fòdhnadh iumchaidh dhiu araon.—
'Tòisichidh fìnn le labhairt mu a irisleacha 'na bhreth.

I. Ghineadh è. Bu mhòr an irisleacha fo, gu'm biodh an DIA a bh' ann a fhuorruidheachd air a ghintin ann aimfir, agus gu'n ginteadh ann am broinn na h òighe efan, a tha a' lìonadh neimh agus talaimh, 'Rinneadh am Facal 'na fheoil,' Eoin i. 2. 'Is mòr diamhaireachd na diadhachd, dh fhoillsicheadh ' DIA san fheoil,' I Tim. iii. 16. Bu mho an irisleachd fo na ge d' bhiodh ainglean air an tiundadh gu cnuimhean dìbli an duislaich, no na h uachdaran a 's àirde gu losganna fcreatuidh. 'Tha càil-eigin do shamhladh eadar cnuimhean agus ainglean, chionn nach 'eil ionta ach creatairean araon. Ach ni bheil samhladh air bith eadar DIA agus duine, eadar an creatair agus an Cruith-fhear, eadar bith crìochlach agus bith neo-crìochlach. Co 's urrain crìoch gliocas fhuorruidh a làn thuigsinn? Co 's urrain oibreachd iongantacha a ghràidh a chuir ann céill? 'Their gràdh dha le d' uile chridhe agus uachlachd le d' uile thoil, gidheadh cho 'n 'eil ann an fo ach neo-ni ann coi meas do'n ghràdh, a thug rìgh na sìthe dhuitfe. 'Eidid, o neamha, gabh iongnamh, o thalaimh, bithibh air ur lìonadh le iongantas, o Ainglean, a tha cuartachadh a charach, thainig mac fhuorruidh an De bheo, a tha co'-ionan ris an Athair ann gliocas, ann cumhachd, ann diadhachd, 'a'm mòrrachd, ann glòir agus ann sonus fhuorruidh, a nuas o a'luich an Athar, agus fgeatuidh fe e fein ann an truiscan feola!

II. Bha è air a' bhrèth. 'So earraim eile d'a irisleachd. B' eigin dha-san, a bha gun toiseach làithean agus gun deireadh aimfire, a bhi air a bhreth, agus dha-san a bh' ann o fhuorruidheachd fàs 'na naoidheim ann.

ann am bliannuibh. O diambaireachd nan iongantais! B' èigin do'n Chruith-fhear a bhi air a' bhreth 'na chreatair, ceisbail ri naoidhein bàsmhor eile. Fèudaibh iadsan, a tha siofrach cionnas a tha naoidhein a' teachd a dh' ionnsaidh 'n t-saoghail, a lhi làn iongantais gu'n deanadh aon mhae sìorruidh Dhe e fèin fhègail co fuarrach, 's gu'n zontaicheadh è, a bhi air a bhreth. Rugadh an ti, a tha gun toiseach làithean, gun deire aimfire, mar chiòchran maoth, a chur crìch air a' chogadh naimhdeil sin, a dlùisg ar peacadh suas cadar DIA agus duine, a dhaingneachadh na sìthe gu sìorruidh agus a dh' fhoillsachadh Triath na beatha do rosguibh bàsmhora. Ge do bha è àir a chuartachadh le creatairibh peacacha, rinn è neamh do'n talamh agus Pharras do'n stàbul. Thairig ainglean a nuas o neamh a thoirt aoraidh dha air thalamh; do'n choigreach neamhuich so thug iad glòir, agus chualas òran binn-cheolach nan Spioradan beannuichte ana an gleann so nan dèur a' fèinn glòire do DIA ann sna lìonadaibh a 's àirde, sìth air thalamh agus deagh-ghean do chloinn nan daoine.

III. Bha mhàthair 'na mnaoi aim-beartaich, mar a chi sinn o ah iobairt, Luc. ii. 24. 'Nuair a' bha làithean a glanuidh air an ceilicheadh, a reir lagha 'Mhacis, b' i, 'n iobairt a thug i suas paidhir 'thurtuir, no da cholman òga, agus, b' i fo an iobairt bu lugha a bu ghràth leis na daoinibh bochda a thairgfeadh, Lev. xii. 8. Bha i pòsdadh ri fear-ceaird bochd, a bha 'na shaor. Mat. xiii. 55. 'Nach 'è fo mac an t-saor, nach è ainm a mhàthar Muire?' 'Nuair a bha i ann am Betlèhem cha d' fhuair i ionad tuineachais a b' fhearr na stàbull, ann an robh daimh agus afail a' gabhail còmhnuidh. Nam biodh i beartach, gheibheadh i àite còmhnuidh a b' urramach, Luc. ii. 7. Bu dearbhadh làidir air a bochduinn, nach

ach robh luchd frithealuidh ga coi'-deachd, 'nuair a bha i ann am Betlèhem, mar a chi sinn o Luc. ii. 16. O cia iriosal a bha CRIOST 'na bhreth! Cha'n ann le neach ard inbheach ann faibheas, no ann am mios faoghalta, a rugadh rìgh na glòire, ach le neach aim-beartach agus iòsal ann inbhe. Faic ann an fo 'm Facal a rinneadh, 'na fheoil, gliocas an De fhèrruidh 'na thofd fo sgaile na feola, agus air a phaisgadh ann am brat-spèilidh * eadar lamhan bhan. Ghlaodh efan, a tha 'n tairneineach uamhasach a' coi lionadh iartuis, agus le ghuth a lèum an cruinne gu bith, le guth fann naoidheim mhaoth ann an grìbe Bhetlèheim 's le guth laidir a' bhais air a' chraun chum gu'n gleùfadh e guth a chreatairean gu co-fheirm binn-cheolaich nam flaitheas.

IV. Rugadh è ann an aite † fuarrach, Luc. ii. 1—8. Cha d' rugadh e ann an cathair rioghail h Ierusalem, ach ann am baile beag fuarrach Bhetlèheim. Cha 'n ann an lùchairt ach ann an tigh staibleir. Cha 'n ann an feomar snasmhor, sgiamhach, ach ann an stabull; gun neach ard-inbheach gu frithealadh dha ann an am a bhreathna ach daimh agus afail ga chuartaich. Ge d' bha ‡ tuill aig na fionnuich, brocluinn aig na leomhuinn agus nid aig eunlaith an aidheir, cha ro aig an tì, a rinn iad uile, goireas faoghalta no ionad taimh air thalamh.

V. Chuireadh e, 'na luidheadh ann am prasuich, Luc. ii. 7. 'Agus rug i a ceud-ghin mhic, agus phaisg, 'i e ann am brat-spèil.' Agus chuir i 'na luidhe' ann am prasuich e. Cha ro leaba shaimh aige r'a fhaotuin, ach b' eigin do CHRIOST a leabadh a ghabhail ann am prasuich air béul-thaobh nan damh agus nan afal, a miosg cònlach agus mùill. Cha robh lochroin no coinlean laiste, 's an ionad an d' rugadh e, ach

* Crios.

† D'bli.

‡ Garuidh.

e ach duibhre dorchadais na h oidhche g'a chuartachadh air gach taobh. Rugadh e ann dorchadas, agus bhafaich e ann dorchadas, chum sinne a thearnadh o d'orchadas fìorruidh! Rugadh ann dorchadas an tì, a tha 'n comhnuidh ann solus dealrach, do nach feudar teachd 'am fagaig! Rugadh 'an itabull an tì fin, 'na lathair nach tèil na neamha fein glan! Rugadh tobar gach saibhais le mnaoi' gun saibhreas. Chuireadh 'na luidhe' ann an grìbe, an tì a tha riaghladh nan reul dealracha, a tha os ar ciønn! Luidh fios gu h iosal an am prafuich nan ainmhidhean, efan a tha 'na shuidhe' air a chathair agus tha beo fad saoghail gun chrìch. Efan, a tha na seraphim a foluch an gnuise le 'n fgiathuibh 'na lathair, chuartaicheadh le daimh agus afaill na machrach!

Dearc air a ghradh gun tomhas a thug CRIOSD d'ar n-anamuibh, 's bi air do lionadh le mòr-iongantas! Dh'irish DIA e fein gu fas 'na dhuine, a chum gu'm biodh daoine ann an tomhas còlach ri DIA, ann naomhachd agus ann sonus. Dh' fhas CRIOSD mac DHE 'na dhuine, a chum gu'n deanadh e clann nan daoine, 'nan cloinn do DHIA trid uchd-mhacachd. 'Cha do ghabh e d'a ionnsui' fein na 'dur ainglean, ach siol Abraham.' Eabh. ii. 16. Dh' fhas an DIA neo-bhasmhor 'na dhuine basmhor, air a fgeudachadh le'r n-anfhainneachduibh neo-lochdacha. Dh' fhas an Cruith'-fhear neo-chrìochnach, 'na chreatair crìochnach, chum ar tearmuinn! chum gu'm biodh e comasach air basachadh agus fulang air ar son. O mata biodhmid toilichte le bhì 'n itaid iofail san t-saoghal so. Na deanadhmid tair air neach air bith d'ar braithribh air son neo-inbheadh a bhreatha. Bha CRIOSD iosal 'na bhreath fein, agus leis a fo naomhaich e ar brethne. Thigeadhmid a dh' ionnsuidh abhuird naomha tromluchdaichte le teas-

ghradh agus irilleachd, co minic 's a bhitheas an cothram aguinn, a' tasgaidh suas 'nar criadhachuibh le mor-speis, ar shlanui-fhir bheannuichte, a bha roimhe air a thasgaidh ann am prafuich air son ar peacaidh.

Ciod am feum a ni e dhuinne gu'n do ghabhadh 's gu'n d' rugadh CRIOSD leis an Oigh, mar gabhar agus mar deilbhear e 'nar criadhachuibh le Spiorad DE? A Thighearna, biodh CRIOSD air a dheilbh ann am anam, mu'n tig mi dh' ionnfuidh a bhuird naemha, chum 's, mar a ghabhas mo lamh an t-aran agus am son, gu'n gabhainn CRIOSD le creidimh. 'S e fo 'Aran DE, a tha teachid a nuas o neamh, 'agus tha tabhairt beatha do'n t-faoghal.' Tarruing mo chridhe gu brath o nithibh diamhaine an t faoghail fo, dlu'-cheangail mi ri m' Shlanui'-fhear, faigheam blas airnithibh spioradail agus triallam ann an foehur uain Deguerich mo chuairte. Loisg a suas an droigh-in agus na dreisean, a tha tacadh an t fil mhath, a chuir thu ann am anam; fosguil ionmhas do ghraidh; mosguil mo chridhe agus fuidhich teas-ghradh dhuit fein ann, teoidh fhion-fhuaireachd agus gabh feilbh air gu h iomlan, cum comhdhail ri 'm anam 'an draft le grafuibh do spioraid, agus comhdail sholafach fa dheoidh ann an rioghachd na gloire.

C A I B. II.

Mu Fhulangas CHRISD 'na Bheatha.

CHA 'n e amhain gu'n d' rugadh CRIOSD ann an staid iosail, ach mar an ceudna re uile laithean a bheatha, 'Bha e na dhuine do-bronach agus 'eolach air doilghios,' Isa. liii. 3. Mar a chi sinn gu foilleir o na nithibh fo a leanas.

I. Bha

I. Bha e air a dheanadh foi' 'n lagh, Gal. iv. ' Ach 'nuair a thainig coi'-lionadh na h-aimfire, ' chuir DIA a mhac fein uaithe, a ghineadh o mhnaoi, ' a rinneadh fo'n lagh.' S mor an tomhas irisleachd fo, gu'm b' eigin do dh' ùdhdar an lagha a bhi ùmhal do'n lagh. Rinneadh efan, a bha an-ard os-cionn an lagha, fo lagh nan deas-gnatha, nam breithean 's na modhannan. Dhoibhsan uile thug e ùmhlachd iomlan, agus sheafmhach, fad uile laithean a bheatha. A rèir lagha nan deasghnatha, bha e air a thimchiol-ghearradh mu'n rò e ach òchd laithean adh' aois. Luc. ii. 2. ' Ghleidh e chàisg? Rèir lagha nam ' breithean dh' ioc e cis.' Bha ùrnuighcan minic, oibreadh feirce, a shearmainean agus a thriall gach la mu'n cuairt a dheanadh matha, 'nan dearbhadh cinnteach air umhlachd sheafmhach do lagh na modhannan. Bhrisf mas an duine an lagh gu h-iomlan 'an smuaintibh 'am briathruibh, agus ann gnìomh, agus uime sin b' eigin d'ar Slanui-fhear beannuichte an lagh gu h-iomlan a choi-lionadh; feadh, cha b' urrainn e a bhi 'na Shlanti'-fhear, nan tigeadh e goirid air làn umhlachd a thoirt do gach puinc do 'n lagh. ' Oir bha a shamhail sin a' dh' ard fhagart ' iumchuidh air ar sonne, neach ata naomha, neo-lochdach, neo thruaill, air a sgaradh a pheaca-chuibh,' Eabh. vi. 26. Nach bu mhòr an tomhas irisleachd do mhac DHE, a bheatha a chaitheadh 'san t-saoghal fo tuille 's tri bliadhna'-dèug thair fhichead, mar dhuine do-bronach agus eolach air doilghios, air a dheanadh fo 'n lagh?

I. Ma rinneadh CRÌOSD fo 'n lagh, cha 'n fhéud sinne a smuainteachadh gu bheil e ceadaichte dhuinn ar beatha a chaitheadh os cionn an lagha, ach feumaidh sinn a bhi umhal dha co fad 's a tha 'nar comas agus mathanas iarruidh trid CHRÌOSD ann sna

h-uile nithibh, air am bheil sinn a' tighin goirid. An robh mac DHE umhal do'n lagh, is am bi neach air bith do chloinn nan daoine co an-dàna 's am beatha a chaitheadh as eugbhais lagha, ach a' lean-tuin mar lagh, an an-tograidh chlaoin andiadh-aidh agus an an-mianna fheolmhora fein? Mo thruaighe cia lionmhor iad, a tha caitheadh am beatha gu follaiseach calg-dhireach ann aghaidh lagha DHE?

2. Choi'-lion CRIOSD an lagh air ar sonne. Ge d' nach 'eil sinne dhinn fein murrach air umhlachd iomlan agus fheasmhach * a thoirt do'n lagh, a reir an iartuis a 's teinne ann an cumhnanta nan gnìomha, gidheadh mar so thug CRIOSD umhlachd iomlan d'a; agus ma bhitheas aguinne creideamh flainteil, miosar na rinn CRIOSD air ar son, mar gu'n deanadhmid fein e. Na tugadh ar peacunnadh, a chaidh feachad, mi-mhifneach dhuinn (ma 's fìor aithreachain sinn) gu teachd a dh' ionnfuidh buird an Tighearna. Choi' lion CRIOSD an lagh air ar son, agus miosfuidh e dhuinne na rinn agus na dh' fhuiling e, agus faoraidh e sinn o mhallachadh agus o dhite an lagha. Cha 'n e mhain gu bheil ar Triath uile-chomasach agus uile-thoileach, cha 'na e mhain gu bheil a thoilltneas lan-dhiongmhalta, eadar-mheadhanaireachd uile chumhachdach, ach coinnichi' a throcair gu luath am fìor aithreachan. Ge d' nach d' iarr am mac struidheil ach gu'm buinteadh ris mar an t-oglaach bu fhuarruiche ann an teaghlaich Athar, gidheadh mharbhadh an laogh biata air a shon, chuireadh uime an truscan a b' fhearr 's ghabhadh ris mar mhac gradhach.

II. ' Bhuaireadh e leis an diabhal san fhafach re 'da-fhichead latha,' Mat. iv. Luc. iv. Bha efan da

* Bhunaiteach.

da nach b' aithne peacadh agus 'na bhèul nach d' fhuaradh riabh cealg, air a bhuaireadh gu' na peacannadh a bu ghràineile, iodhain an-earbfa a' freasdal DE, agus iodhal adhradh. Bhuaireadh efan, a tha solar lòn air son a theaghlaich mhòir air neamh, air thalamh, 's ann-sa chuan, gu an earbfa a dheanadh a' freasdal DE, le àithne thoirt do na clachuibh fàs 'nan aran. Bhuaireadh an tì sin, a tha riàghladh nan uile nithe le fhreasdal, gu freasdal DE a bhuaireadh, le è fèin a thilgeil a sìos o bhinnein an teampuill. Bha 'n tì sin, d'an eigin do dh' ainglibh neimh air fad is do dhaoineibh, ùmhlachd a thoirt, 'na làthair an eigin do gach glùn làbadh 's do gach teanga aibheil a dheanadh, air a' bhuaireadh gu tuiteam sìos ann làthair an Diabhal, an Drèagain dheirg, na sean mathraich, a bhuair ar ceud sinistr, a chum adhradh a dheanadh dha. Gun ag air bith, ge d' is iad so na buaireanna fònraichte, leis an tug an Diabhal ionnsuidh air CRIOSD, chuir è fèachuinn air le iomadh buaireadh eile nach 'eil sgriobhta. Oir rè da fhichead latha bha è buaireadh CHRISD san fhàsach. Seadh thug e oidhirp air a bhuaireadh gu mì-chreideamh, gu chuir ann ag am b' è mac DHE, 'Ma 's tusa mac DHE', afa-efan. Cha 'n iongantach, ge d' robh creidmheach bochd fann air a bhuaireadh leis gu a chòir air CRIOSD, a chuir ann-teagamh, 'nuair a dhoidhirpich è mac DHE a bhuaireadh gu neo-chreideamh. 'Air chor 's gun robh è air a bhuaireadh 'air gach uile dhòigh mar ata sinne, gidheadh as 'eugbhais peacaidh,' Eabh. iv. 15. 'Oir a mhèud 'gu'n d' fhuiling è fèin, air dha bhi air a bhuaireadh, 'is comasach, è air cobhair a dheanadh orrasan a tha air am buaireadh,' Eabh. ii. 18.

Faic cionnes a bha CRIOSD air a bhuaireadh san fhàsach, cha'b ann rè la no dha, ach rè da fhichead

latha, far nach ro tigh aige gu còmhnuidh a ghabhail ann, no lòn gu acras a chafadh, gun chuideachd ga cò'-radh ach fiadh-bheathaichean na machrach agus deamhain, ach gabh fealladh le mòr-ghàirdeachas mar a thug CRIOSD buaidh air uile bhuaireannuibh nàmhaid mi-runaich ar n anmanna.

Mar fo chaidh CRIOSD a bhuaireadh chum gu'n deanadh e co'-fhulang linne 'nuair a bhuairear sinn. Chìofnuich e an nàmhaid le ùghdarras facail DE; a chur eiseimpleir romhainne feum a dheanamh do chlois-theamh an spioraid, eadhon facal DE; a chathachadh 'an aghaidh ghathan millteacha, fuil-eachdacha Shàtain, agus a theagasg dhuinn amharc fuas le fùil creidimh air CRIOSD gu gràfan f haghail, a chum lamh an uacar fhaotuin air buaireadh, mar a dh' amhairc clann Israeil fuas air an nathair umha, Air. xxi. 9. a chum an leigheas an uair a lotadh iad leis na nathruichibh loisgeacha. Ma bhuaireadh mac DHE air an dòigh fo, cha 'n ion duinne fiuthair a bhi aguinn ri dol as gun bhuaireadh. Na gabh ion-gantas an uair a thig buaireadh a' d' charabh. Oir ma bhuaireadh do mhaighifdir, cionnas is urrainn thusa dol as faor uaithe. Ma bha a dh' an-dànadas aig an diabhal ionnfuidh a thoirt air naomhachd gun smal, ge d' nach robh comas aige buaidh fhaotuinn; ma thug e oidhirp air neo-chiontas neo- chriochnach, neart uile-chumhachdach agns subhailc gun fal; ma chuir e 'an aghaidh an rùin fhìorruidh a bh' aig TRIATH na beatha a thearnadh fhliochd Adhaimh, ciod an dìchiol nach dean è 'an aghaidh chreatairean co anfhann ruinne, a tha air ar breth'an truaighe, a tha làn do thruilleachd agus air ar'n eabradh ann an clàbar a' pheacaidh. Ach gidheadh, deanamaid gàirdeachas, oir bhrìst mac DHE gial rìghe an uamhais agus cha leig e le'r nàimhdebh ar buaireadh-thair

thair ar comas, mar ann aguinn fèin a bhitheas a' choire. Le neart gràis ar Slanui'-fhir bheir sinn buaidh fa' chònrag, teichidh ar nàmhaid uainn gun a chobhartach agus bichidh sinn tèaruinte fuidh sgàile fgiathan ar DE. Ge do bhuairear thu, o chreidmhidh, gus na peacanna as gràineile, n'a tugadh fo mì-mhifneach dhuit gu tighin a dh' ionnfuidh bùird an Tighearna Oir ma chathaicheas tu 'n aghaidh gach buàiridh, cha chuir Ard-cheannard do shlainge, a thug buaidh amach, t fhaillinnean as do leth. Oir tha sinn a' faicinn gu'm feud an neach, a's mo anns ambheil do ghràfuibh DHE, a bhi air a bhuaireadh chum na'm peacannadh a 's ro ghràineile, ma bha DIA nan uile, air a bhuaireadh leis an diabhal. Cha 'n 'eil amharas air bith nach robh CRÌOSD air a bhuaireadh gu minic rè a bheatha. Oir tha Luc ag ràdh, "Nuair a chrìochnuich an diabhal a 'bhuaireadh gu'n d' imich e uaithe rè tamuil amh-
'àin," Luc. iv. 13. Eabh. iv. 15. agus xiii. 8. Air a' mhodh cheudna feudaidh sinne bhi cìnnteach, gu'n coinnich sinn buaireannan am fad a bhitheas sinn air chèilidh dhiòmbuain na beatha fo. Am fad 's a bhitheas peacadh 'fan t' faoghal, a bhitheas tru-aillachd 'nar nàdur agus gus an nighear air falbh gu glan nìmh na sean narach o ar crìodhachuibh 's gus an aifigear sinn gu cala na sìth, far am bheil naomhachd gun fal agus àrd-shonas ar nàduir, 's èigin dhuinn cathachadh tre fhairge dhoinionnaich na deuchuin 'an aghaidh ar nàimhdean fuileachdach agus an cuir sinn dhinn uchd-éideadh a chreidimh agus clogaide na slainte agus an ruig sinn ar n ionad-comhnuidh àidh.

Cia ceangailte a tha e ort, o chreidmhidh: gràdh a thoirt do Shlanui'-fhear an t' faoghail? Ge do ghràdhaicheadh tu e le gràdh aingle agus dhaoine,
cha

cha bhiodh 'an fo ach neo-ni ann coi-meas do'n ghràdh a thug efan duitse. Ge d' nach robh feum aig ort, ghradhaich e thu o slìorruigheachd. Mu'n d' rugadh tu, b'ha a ghliocas gun mhearachd, gad, chuartachadh, agus bresnuich a thròcair neo chrìoch-nach e gu d' pheacadh, is do thruaighe, a ghabhail air fein. Mu'n do ghineadh tu, mu'n robh colas agad air, mu'n d' rinn thu ùrnuigh ris, dhòirt e deoir gu frasach air do shon ann an lathair Athar agus làn-diòl e cheartas. Chabh e t' ainsheach air fein, agus dhìol se e le ghràdh. Thug e buaidh air do naimhdeibh agus theagaisg e dhuitse cionnas a bheir thu buaidh oira mar an ceudna. Bhuaireadh fhìor-ghlòine gun fal le mì-ran an nàmhaid a's motha, a chur eiseamplair romhainne cathachadh 'na aghaidh. O mo Thighearna, a thug buaidh 'fa chathcuidich mi 'an aghaidh buaireanna mo namhaid; oir tha e ga m' bhuaireadh 's gach am, 'ga fhalach fein air uairibh fo chòllas maithis, agus ag atharrachadh a dhreacha gu aingeal soluis. Tha e ga m' bhuaireadh air gach dòigh, 'am fochur cuideachd agus a m' aonar, amach agus a steach, ann nithibh matha 's ann nithibh olca a'm' fhois agus a'm' shaothair, a'm' ùrnuigh agus a'm' ghnìomh. Tha e gairm diathanais an t' faoghail, truailleach mo naduir agus droch eiseimpleir dhaoin' chum a chòmhnadh anns a'chath. O DHIA a mhaithis, dìon mi o 'n leoghan bheòach, cuir an ruaig air gun a chobhartach aige, teasaig mi o bhuirbe fo sgail do fge. Cog air mo shon, agus their le d' chumhachd buaidh 'fa' chath.

III. Dhian-rugadh e le daoine aingidh. Cha luaithe rugadh Triath na beatha, na dh' iarr Herod, le innleachduibh cuibheartach a chur gu bàs ann an uaigneas, a' seorwich gu dùrachdach do na daoineibh glìce,

glice, c'aite, an d' rugadh CRÌOSD. Ghabh e mar leth-sgeul, gu'n tigeadh e 's gu'n deanadh e aoradh dha ge do b' e run a chridhe a chur gu bas. Agus an uair nach do fhoirbhich inleachdan fuilleachdacha mar a mhiann, ann an diamhair, bhrift a mhiogunn agus fhearg amach gu folluiseach. Mharbh e na h uile leanabh gille fo aois dha bhliadnuidh 'fan chearnuidh sin do 'n duthaich 'an d' rugadh CRÌOSD. Chasgair e 'n toiseach an t' shanabdrim no ard-chomhairle nan Iudhach, a cheum an rioghachd a dh'aingneachadh, gun aobhar gioraig, 'na laimh fein. Agus 'an diaigh sin bha orduil co teann a chur na naoidheachan gu bas, ann an doelus gu marbhtadh CRÌOSD 'na miosg, as gu'n do mharbhadh a mhaic fein. Cha luaithe thionnsguin CRÌOSD air foisgeul na sithe a shearmanachadh gu folluiseach, nadh' eir 'ich a ghnath fuas Iudhaich, Phairisich agus Ard-shagairt ga dhian ruagadh agus ag iarraidh le dian-thogradh e fein agus a chliu a mhilleadh, air thus ann an uaigneas, agus 'nuair nach d' fhoghain fo bhrift an garg-bhoile amach gu folluiseach 's bhagair iad gu h uamhasach le carn eaglais * gach neach, a dh' aidmhicheadh gu'm b' e CRÌOSD am Mèsiach, gus fa dheireadh an do nigh iad an lamhan 'na fhuil luach-mhoir-san, leis an do fhaoradh an cinne daonna. B' og a b' eigin da teicheadh do'n Ephit air son tearmuinn o a naimhdibh mi-runacha. O chreadhail dhian-ruagadh gu bas e le daoineibh agus deamhnuibh. Theich uachdaran an t' saoghail o a chreatairibh fein. Theich Tobar na beatha, a tha riarachadh gach duile air neamh agus air thalamh, an ti a tha 'na sholas do'n aitim, a tha 'n amhghar 's 'na neart do'n mhuintir fhann. Dhian-ruagadh an Cruith-fhear leis a chreatair, TRIATH na beatha le cnuimhibh

* Afcain-eaglais.

ibh dibli na talmhuinne. Gabhamaid gu fuilbhir, toileach ris gach geur leanmhuinn a chuireas freasdal DE 'nar carabh, oir dh' fhuiling ar maighifdir fo romhainn. Cha 'n 'eil sinn ach 'nar coigrich air thalamh, cha 'n e fo ar n' aite comhuidh bunaitheach, is tha sin ag ofnuich a ghnath an deis sonais ar naduir gus an ruig sinn an t' aite 'am bheil sinn r'a mhealtuim. Na gabh iogantas ge do bhitheas daoine malluichte 'an ti air do gheur-leanmhuinn, air d' fhogradh, air do chlaoidh, air do chaineadh, ge do bheir iad uait do choir agus ge do chuireas iad gu bas fein thu; oir mar so mhi-ghnathuich iad do mhaighifdir. Dhian ruag iad gu bas e, 's 'nuair a bha e caochladh air a' chrann agus a dh' iarr e deoch g'a neartachadh fo throm-luchd a phein, cha do thairg iad dha ach domblas agus fion geur. Faic 'an so. o dhuine, nadur an t' faoghail d'am bheil moran a' toirt geille, agus air fon am bheil iad (feudaidh e bith) a' reic an slainte. Bheir an faoghal aingidh 'an comhnuidh fuath do dhaoineibh matha agus do Thobar gach mathais agus d'a sheirbhis. Oir cha 'n 'eil communn aig solus ri dorchadas, no aig DIA ri Belial. Tha nadur naomhachd agus nadur mi-naomhachd calg-dhireach ann an aghaidh a' cheile, agus mar so bidh nadur an luchd-muintir. Ma dh' fhuiling CRISTD moran claidhe air do shonfa, bi cinnteach nach 'eil an t' oglach ofcionn a mhaighifdir. Ma tha nadur DHE agus nadur an deamhain 'an aghaidh a' cheile, bi cinteach nach taitin do nadurfa a us a nadursan r'a cheile, 's uime sin gu'n toir e fuath dhuit.

IV. Dh' oibrich e mar shaor maille ri Ioseph re uine mhoir a' cosnadh arain le fallas a ghnuise, Mat. xiii. 55. 'Nach e so mac an t' faoir, ar's a
' n. imhdean.

‘ naimídean, is nach e ainm a mhath r Muire ’
 Chaidh a leagail mar earran d’a phein air Adhamh,
 gu’m b’ eigin da aran itheadh le fallas a ghnúise gus
 an do phill e dh’ ionnfuidh an duislich. Agus uimè
 sin dh’ fhuiling efan, ‘ d’ am buin an talamh is a
 ‘ lan agus gach spreigh air mhìle cnoc,’ Salm l. 10.
 ‘ d’am buin eunlaith an t’ sleibhe agus beathaichean
 ‘ na machrach, a tha fosgladh a lamh agus a’ ria-
 ‘ rachadh gach uile dhuil a tha beo.’ Salm. cxv. 16.
 a bheatha a chaitheamh mar fhear ceirde bochd a’
 cosnadh arain le fallas a mhaluidh, a chum ar n
 anmanna shaoradh o sgrios sìorruidh. Ge do b’ e
 Rìgh na gloire, ge do bha seabh aige air gach uile
 ionmhas air neamh agus air thalamh, thoilich e fas
 bochd air ar son-ne. ‘An diaigh sin, thionsguin e
 air foisgeul na sìthe a shearmanachadh re thri bliadh-
 nadh agus she-miofa, a’ dol mu’n cuairt o aite gu
 h aite a sìor-dheanamh matha d’a chreatairibh fein
 gus fa dheire an do leag e a bheatha sìos air ar son.

Tha eisimpleir ar Slanui’-fhir a’ teagasg dhuinn,
 nach ‘eil e ceaduichte dhuinn ar beatha a chaitheamh
 ann diamhanas. Cha robh Adhamh r’a bheatha a
 chaitheamh, ann an staid na neo-chiontais, diamh-
 anach. Thug DIA nadur gnìomhach do’n anam.
 Tha glhrian, a’ ghealach, na reukta’s na faoghail lòn-
 nearra os ar cionn, an cuan agus an talamh a tha
 fa ‘r bonn, a’ sìor-ghluasad. Tha aingle a’ frithea-
 ladh do dh’ iartas DE. Tha ‘n cruinne-ce air fad
 agus na bheil ann a ghnath a’ gluasad. Tha mar
 fhiachan oirne ar math fein agus math dhaoìn’ cile
 a chur air aghaidh, frea arrach do’n chrìch m’a
 choinne ‘n do chruthaich DIA sinn.

V. Chaith e bheatha ‘am bochduinn, 2 Cor. viii 9.
 ‘ Oir ‘s aithne dhuibh gras an Tighearna Iosa
 ‘ CHRÌOSD,

‘CHRISTD, ge do bha e faibhir gu’n d’ fhas e ainm-beartach air ar son-ne, chum gu’m biodh sinne faibhir trid a bhochduinn, 2 Cor. viii. 9. ‘Nuair a dh’ iarradh eis air Rìgh nan rìghrean, cha robh air, iod no or aige fein, ach b’ eigin da Peadar a chur a dh’ iarruidh airgid ‘an iasg na mar. ‘Ge do bha tuill ‘aig na sionnuich, brocluinn aig na leoghainn, agus ‘nid aig eunlath an adhair, cha robh aig mac an ‘duine, aite ann an cuireadh e cheann,’ Mt. viii. Cha robh ionmhas faibhris fhaoghalta aig Tighearna nan Tighearnan. Ach re a bheatha bha e air a chumail suas le fhaighantas agus lon a chreutirean fein. ‘Nuair a bha e gu marcad a stigh do bhaile Ierusalem cha robh ainmhidh aige, ach a’ l a ghabh e ‘an isid. Cha robh aig Rìgh na sìthe tigh leis fein, ‘an gabhadh e tumb, no uigh leis fein ‘an amhlidhe e, ach rugadh e ann an st. bull duin’ eile, ghabh e comhnuidh ‘ann an tighibh daoin’ eile agus dh’ amhlaidhe dh’ e ‘an uaigh duin’ eile.

Mar fo ghabh efan, ‘Nach do mbeas mar reubain ‘a bhi co-ionann ri DIA,’ Phillip. ii. 6, 7. dreach oglich ro blochd air fein. ‘Ge d’ is e tob r an t’ faib’ ris nach traogh, agus aig am bheil lòn-sheilbh air na h uile nitibh, dh’ fhas e ainm-beartach, a chum sinne a dheanamh faibhir, 2 Cor. viii. 9. Chuir e dlèth car seal a thruscan gloire, agus f. c. duich se e fein ‘am broineaguibh neo-luchd m’ or ar basmhòrachd-ne, chum gu’n tugadh e dhinne truscan slach ar truailleachd agus ar peacuidh, agus chum ar f. eadachadh le eideadh neo-bhàsmor fhairentachd fhiorghloin fein. Bha gach ni fhaoghalta a dh’ uireasbhuidh air an tì sin, leis an leis an f. oghal. Bha gach co-fburtachd thairbhuidh a dh’ easbhuidh air an DIA sin, aig a bheil ionmhas gach faibhris, a chum, le
 faibhre s

faibhreas pailt a ghrais, gu'n deasfuidheadh e sinn air
 son sonais bhith-bhuain. Chi sinn gu bheil boch-
 duinn o'n leth a muigh agus gràs o'n leth a stigh a'
 co'-sheasamh r'a chèile. 'S e DIA aig a bheil fios
 ciod an staid a 's freagarruiche dhuinn agus bheir e
 gach nì dhuinn, a rèir ar feuma. O b' fhearr gu'm
 biodh bochduinn spioradail air ar n anamuibh, 'an
 sin dheanadh e faibhir sinn le gràfuibh agus co'-
 fhurtachd a Spioraid. Oir 'riaruich e a mhuin-
 'tir, a bha ocrach, le nithibh matha, agus na da-
 'oine faibhiré chuir e uaithe falamh.—O ionmhais
 an t' faibhris fhìorruidh ! o ghliocais neo chrìoch-
 naich, thoir gràsan dhamhsa do chreatair bochd, a
 chum gu'm biodh, agam fealbh annadfa, ge do bhi-
 theas gach nì eile dh' easbhuidh orm. Ciod an
 fuaimhneas a dh' fheudas mi fhaotuinn o'n t' faoghal
 as eugbhaais do ghrais. C'air son a thogradh mo
 chridhe 'n dèis nan nithe, a bhiodh 'nan inneil air
 mo thruailleadh, agus a thàirngeadh do ghràdh o m'
 chridhe, 's a bheireadh uam sonas m' anma ? 'An
 àite mìl fhaotuina fa' pheacadh cha 'n 'eil ann ach
 nimh. O thusa, aig a bheil neart uile chumhach-
 dach, cuidich agus neartuich mi 'n aghaidh gach
 buairidh, a dh' fheudadh mo tharruing d'a ionn-
 fuidh. Thusa, a bha bochd 'an t' faoghal, is aithne
 dhuit m' uireasbhuidh agus mo thruaighe; 's mar an
 ceudna a' chunguidh lèighis, slanuich 'm anam o
 uaill an t' faoghail. O gabh mi stigh a dh' ionnfuidh
 faibhris do ghrais. Tog mi os-cionn an t' faoghail
 agus bitheam air mo bheathachadh le nithibh matha
 do theacha. Tha mi 'gam' thilgeadh fein le m' uile
 pheacadh, thruaighe agus uireasbhuidh ann do gla-
 cuibh caomha, tha mi tiomnadh mo spioraid a' d'
 lamhuibhse, a rinn e rèir do dhreacha fein. Athlea-
 fuich e le d' fhìrinn agus le d' ghliocas. Sgar mi'

anam o gach ni a dh' fheudadh mo sgaradh uaitse, gràdhuicheam an faibhreas sin, a tha r'a fhaotuinn ann ad' bhoichduinn.

VI. Bha beatha CHRISD làn doilghis. Cha 'n e 'mhain gu'n robh e 'na dhuine do-brònach agus eolach air truaighe, ach air doilghios cuideachd, Ifa. liii. 3. 'S e sin, duine air a lionadh le bròn is air a chleachdadh ri mulad. Cha luaithe rugadh e, na thionsguin e air àmhghar na beatha fo a bhlasad. Thimchiollghearradhe air an ochdamh latha, 's dhianruag Herod e. Dh' fhuiling e boichduinn an t' faoghail, masladh o dhaoineibh, buaireadh o'n diabol, ana-càinnt o pheacachuibh, agus corruich DHE. Bha làn-mhothachadh aige ròi'-laimh air gach masladh, claoidh agus guin, a bha e ri fulang. Bu leoir fo a dheanamh a bheatha brònach, mi-shuaimhneach. Ach b' e a mheudaich a bhròn ofcionn gach ni, an roi'-shealladh a bh' aige do'n oidhche dhubhuich sin, ann san d' fhuiling e cruaidh-spàirn anma agus cuirp air a' chrann. Chunnaic e roi'-laimh gu'n robh e ri iomachd 'am fion-fhasgan feirge Athar 'na aonar, Ifa. ixiii. 3. Agus cia mor am bron agus an t' uamhann spioruid leis an do luchdaicheadh anam, le bhi smaoineachadh roi'-laimh air an uair zhuirfich, bhrònaich, dhubhaich sin, ann an robh e ri fulang, agus a thug air a ràdh, ' Tha m' anam ' ro bhronach eadhon gu bàs,' Mat. xxvi. 38. Bha e 'na DHIA, gu fhulangas fhaicinn roimh' laimh, agus 'na dhuine, gu mothachadh trom a bhi aige air.

Mar fo dh' fhàs an DIA sin, a tha 'na thobar gach zoibhnis agus gach solais gun smal, 'na dhuine làn do bhron, air son ar peacaidh, a chum gu'm feuda-maide, a thoill a bhi air ar claoidh a chaoidh ann an lafruichibh bi'-bhuaana, gairdeachas a dheanamh a chaoidh nan cian 'an glòir gun chrìch.

VII. Dh' fhuiling CRÌOSD mor-thair, Ifa. liii. 3. Rinneadh di-meas air agus chuireadh cul risle daoineibh. Thugadh gach eas-urram d'ar Slanui-fhear; cha'n ann amhain le daoineibh ain-eolacha, fuarracha agus gun mhios; ach mar an ceudna, leis na sgrìobhuich agus leis na Phariseich, leis na seanairibh, le na prìomh shagartuibh, le luchd-riaghlaidh a' bhaile agus leis na daoineibh a bu chliuitiche agus a b' ainmeile, cha 'n e 'mhain ann an ughdarras agus 'an faibhreas, ach mar an ceudna 'm foghlum agus an' diadhachd. Bhrosauicheadh iad leis an fharmad mhi-runach, chealgach, a bh' air lasadh an taobh a ffigh dhiubh, gu eas-urram a thoirt do T-riath na beatha. Rinn iad di-mios air fein, chionn gu'n robh an oigh air bheag faibhris. 'Nach e so (ars iadsan) mac Ioseph? nach i a mhathair 'Muire? Nach iad a bhraithrean Seumas agus Iosef 'Simeon agus Iud? Nach e so an faor?' Bha iad a' cur ann ceill gu'n robh iomlaineachd na fìor-ghloine, 'na gheocach, 'na phoiteir, 'na chompanach struidheil, neo-stuama, dona daoineibh a bu chiontuiche 's bu fhuarraiche, Phublicanachuibh agus pheacachuibh. Chuir iad ann ceill, gu'n robh a theagaisg truailidh 'an aghaidh lagha Mhaois; foilleil, ceannairceach, a' bacadh cise a thoirt do Cheasar) agus nach robh 'na mhiorbhuiltibh ach droigheachd. Chuir iad gu mi runach ann ceill, nach ann le cumhachd DHE a rinn e na mhiorbhuiltian sin, air son an tug an sluagh urram dha, ach le innleachdaibh ifrionne agus le comhnadh Bhelfebuib, cheannaird nan deamhan. Thuirt iad ri fìor-ghloine gun fal, gu'n robh e mi-naomha, ris an ti a dh' orduich an t' sabaid, gu'n do bhrìst e i gu minic. Co an dana a bha chreatairean fein as gu'n do chuir iad gach ciunta a bu ghraineile agus a b' uamharra as a

leth, eadhon, dia-niàstadh, 'C air son a tha '■
 ' duine fo a' toirt maillidh do DHIÀ, ars iadfan ;
 Bha gach aon d'a naimhdeibh ag radh, gu'm b' fhear
 mi-ghnìomh agus co'-sheiseadh do luchd-neoghloine
 e gu'n robh e air mhi-cheill agus gu'n robh deamhan
 aige. Thuit iad gu bitheanta nach robh ann ach
 misgeir, fear-cuthaich, Samaritanach agus neach aig
 ann robh deamhan. Ma bha e uair air bith ann an
 cuideachd pheacach, ge do bha a bhriathra a ghnath
 naomha, 's ge d' nach robh e'g iarruidh ni air bith
 ach an flaisie agus an sonus, gidheadh mhios iad
 e mar neach, leis : m bu mhiannach itheadh agus
 o' maille ria. Ma bha domhladas fuaigh 'ga lean-
 tuinn a dh' eildeachd fhacail, no dh' fhaicinn a
 mìorbhuiltean, dhit iad e mar neach a bha tog-
 bhail buaireis agus a'is-flithe.—Air an dòigh fo, do'n
 ti sin, d'an uig aingle mor-urram, thug daine eas-
 urram; dhasan, d'am bheil neamh a' toirt aoraidh,
 thug luchd-aiteachuidh na talmhuinne ana-cainnt.
 Thugadh spid leis an t' sluagh, do'n ti sin, a tha
 armaistean fhlaithis a' glaothuich a bhi airi air
 cunhachd, faibheas, gliocas, neart, urram, gleir
 agus beannacha.

VIII. Dh' fhuiling CRÌOSD acras, Mat. iv. 2.
 ' Bha e'n dìagh sin air acr s.' Bha efan, a tha solar
 loin do dh' eunlaith an adheir, do dh' iasg na
 fairge agus do bheathaichibh allta, e fein gu minic
 air acras 'fan t' faogha. Dh' ith an duine an tuis-
 le ciocras ana-miannach, am mìos toirmisgte agus
 uime sin bha acras air mac DHE, gun lon goire-
 asach g'a chasgadh.

Gabh beachd shealladh air a' ghradh iongantach,
 a thug CRÌOSD d'ar u anmannuibh. Du' fhuiling
 an ti sin, atha beathachadh a' chruinne-che gu
 soir, acras a' chur gu'n fàruicheadh e ar n anman-
 nuibh

nuibh gu fìorruidh le nithibh matha a thigh e gu'n tugadh e sinn a dh' ionnfuidh na staidhe agus an ionaid sin, f. r. nach bi ocras no iota oirn ni 's mo Taisb. vii. 17. far am bi lan-chomas aguinn itheadh do chraoibh na beatha, a tha ann a' meadhan Phàrrais ar DE, Taisb. ii. 7. O gu'm biodh ocras àir ar n anmanna 'n toir air CRIOST, a dh' fhuiling urrad acrais agus chlaoidhe air ar son-ne 'An sin dh' fheudamaid a bhi earbsach is lan-chinnteach, gu'n riaruicheadh è ar n anmanna le grafuibh a spioraid, 'nuair a thig sinn a dh' ionnfuidh a bhuird.

IX. Dh' fhuiling Triath na beatha iota, Eoin iv. 7. 'Deir Iosa ris a mhnaoi, thoir dhamfa deoch. Eoin. xix. 9. 'an diaigh fo deir Iosa, tha iota orm.' Bha iota corparra gu bitheanta air an tobar sin, a dh' fhoisgladh chum iota spioradail dhaoin eile a chasgadh. Bha efan, a tha toirt cuiridh dhoibh san uile, air a bheil iota, teachd d'a ionnfuidh fein agus an diol ol, 'an geall air copan do uisge fuar fhaotuinn dha fein. Dhiultadh deoch do uisge fuar dhasan a tha 'g ràdh, Laoc. v. 1. 'Ithibh, o mo 'chairdean, oluibh, feadh, oluibh gn faibhir, o 'mhuintir mo ghraidh! agus gidheadh thairgeadh domblas agus fion geur dha, ach gidheadh dh' ol e copan fraech-feirge agus dimb DHE, a dhlighear dhuinne air son ar peacaidh. Dhiultadh dha 'n copan sin air an robh mor-fheum aige, ge do dh' ol e 'n-deoch bhàsmhor, nimheil: shearbh sin a bu choir dhuinne ol. 'An aon fhacal dh' fhuiling Triath na beatha iota, chum gu'n tugadh e dhuinne r'a ol, uisge na beatha gu faor, Taisb. xxii. 17.

Chi sinn o'n earrainn fo do eachdruidh ar Slanui-fhir cia meafarra agus neo ailghiosach a bu choir do mhac an duine a bhi 'na bliadh 's 'na dheoch. Ma dh' fhuiling uachdaran a chruinne che ocras

agus pathadh le easbhuidh bidh agus dithie, am math a thig dhuiune, am biadh no 'n deòb, a tha sinn a' faotuinne o laimh fhial, a mhi-bhuileachadh air craos no misg? Agus nach coir dhuinn a bhi faingeil air son ar pailtis, a' toirt do gnath fainear gu'n robh mac DHE air a chlaoidh le tart agus gear-acras air son ar peacaidh? O Thighearna, deonuich gu'm bi acras agus tart air m' anam 'an geall ort fein, ann 's gach àon am, gu sonruichte 'nuair a thig mi ghabhail co'-roinn do d' fhuipeir naomha, a dh' ol do d' fhuil, a tha 'na deoch do rìreadh, agus a dh' itheadh do d' fheoil, a tha 'na biadh do rìreadh, Eoin. vi. 55. a chum gu'm biodh m' anam ciocrach agus iotmhor air a bheathachadh le creideamh anns an t' Slanuì'-fhear bheannuichte, a cheusadh air fàn peacanna a chinne 'daonna. O gu'n raibh ciocras agus tart air m' anam an geall air an DIA bheo. Mar a thogras fiadh le ard-bhuirich ris na fruthuibh uisge, gu'n robh tart air m' anam an geall air an DIA bheo, a 's urrainn amhain mo thart a chasgadh. O c' uin' a nochdar mi a' d' lathair? C' uin a chi mi maife do ghnuise? O ionmhais m' anma ann am fafach lom an t' faoghail fo, na diol orm am fion gear, an domblas agus a' chlaoidh, a thug mi dhuit le m' pheacannuibh 'nuair a bha iota ort; ach gabh sealbh gu siorruidh air mo chridhe.

X. Dh' fhuiling e sgios agus farachadh ro mhor, Eoin. iv. 6. ' Uime sin air do Iosa a bhi sgith le a ' thuras, shuidh e mar fò aig an tobar.' Os-barr air an sgios a dh' fhuiling CRÌOSD, o obair mar shaor mu'n do thoisich e air fòisgeul na fithe a shearmanachadh, 's iomad ceum airfhealach 'n diaigh sin a fhuibhail e eadar h Ierusalem agus Galili, o bhaile gu baile, 's o dhuthaich gu duthaich; uair a' dìreadh, 's uair a' tearnadh bheann, uair a' seicheadh le anam

a naimh-dibh fuileachdach, air uairibh a' triall le
 fallas agus faothair gus am bu bhuidhidh leis fuidheadh
 fios gu fois a ghabhail, Eoin iv. 6. mar a rinn e aig
 tobar Iacoib. Air uairibh eile bha ar Slanui'-fhear
 beannuichte co trom le fgios air tir-mor, as
 gu'm b' eigin da gu bitheanta fecladh air muir, air
 a'chd 's gu'n do choidil e ann am meadhon doininn
 mhoir, 'nuair a bha gaath laidir bhuaireasach agus
 tonna uaibhreach a' bagradh crioich a chur air a'
 bheatha. Cha de mbarcuich e ach aon uair, eadhon
 air anla mu'n do ghlac iad e g'a chur gu bas. Seadh
 bha e gu minic co sgith le triall mu'n cuairt a' dean-
 amh matha, as gu'm bu mhiann leis air uairibh dol a
 leth-taobh o'n cho'-theanal, gu aite uaigneach a
 ghabhail foife. Ach 's tric nach b'urrainn e'n goireas
 fo fhaotuinn le domhladas an t' fluaigh. 'Am bri-
 athruibh aith-ghearr, bha a bheatha air fad lan
 faothaireach, farachuidh, airfneil agus fgis. Agus
 an uair a bha crioich a' chuairte air thalamh a' tarraing
 dluth, bha e co ro sgith a' giulan a chroinn-cheusaidh
 a mach ri sliabh corrach Chalbhari 's gu'n robh e'n
 cunthart failneachuidh fuidhe, gus an do chuidich
 Simon e, Luc. xxiii. 26. Ach bhuanuich righ na
 fithe gu fuilbh'r 'na obair, gus an do ghiulain e eal-
 lach ar peacaidh air an t'sliabh, gus an do lub e a
 cheann a choinneachadh a bhais oir ar son, 's gus
 an d' fhosgail e le iobart f'hala, dorus nam flaitheaf,
 a dhruid sinn oirn fein le 'r cionta. Rinneadh
 buailteach do gach mallachadh agus cradh, d' an-
 robh clann nan daoine buailteach air son am pea-
 cuidh, an ti fin, a tha cumail suas nan uile nithe
 le facal a chumhachd, Eabh. i. 2. ' Anns am bheil
 ' ar bith ar beatha agus comas gluasaid,' Gnìomh
 xvii. 28. A tha toirt beatha a gus loin do gach duil;
 a chum gu'n tugadh e suaimhneas do dh' anmannuibh
 sgith

sgithe, a tha ri faothair fo mhothachadh tron am peacaidh, Mat. xi. 28. agus a chum gu'm faigheam-aid fois mhaireannach air neamh.

Feudaidh tu, o chreidmhidh, co'-fhurtachd a tharruing o staid fo do Slanui-fhir, an uair a tha thu air snealach, sgith 'an anam no'n corp, air muir no air tir. Bha 'n DIA a thug dhuit beatha, 'san staid cheudna. Chaidh e a ghnath mu'n cuairt a ghairm Iudhach agus Gheintileach. Chaidh e dh' ionnsuidh bhailtean Ifracil agus Iudaih, d'an garan- nuibh 's d'an sionagoguibh, a shearmanachadh dhoibh rioghachd DHE; d'an tighibh, a leigheas nan ca- flainteach. 'Am machraichibh agus ri taobh na'n aimhnichean chruinnich e'n sluagh, a thoirt dhoibh facail na firinne is bheathuich se àid air mhodh mior- bhuilteach. 'Nuair a thigeadh e dh' ionnsuidh crich a thurais, thoifich e do ghnath air a chreatai- rean fein a theagasg. 'Nuair a bha dheisciobuill a' smaoineachadh air nithibh feumaile a chuirp, bha e san 'an comhnuidh a' cur air aghaidh slainte an- anmanna. 'An aon aite ghabh iad ris agus 'an aite eile chuir iad air falbh e. Ann an sin dh' imich e air falbh gun ghearan, a' guilang foigidneach, ea-corach na muintir sin, air an robh e gu sial a' buileachadh gach fochair, a bha feumail chum an slainte. 'Nuair a thoifich e ris an t foisgeul a shearmanachadh, dhian-tuagadh e'n comhnuidh. Aig Nasaret, a bhaile- fein ghlac iad e le ain-neart 'nan lamhuibh agus b' aill leo a thilgeadh fìos o mhullach sleibhe chais, air an robh am baile air a thogbhail, a chum gu'm bruthadh iad gu bas e, gun ni air bith 'aca r'a chur as a leth, ach gu'n d' innis e'n cionta dhoibh gu faor, agus gu'n tug e orra comhairle chairdeil an leasa. Mar a bu chliuntaiche a bha e fas le mior- bhuiltibh agus cìbrìbh iongantacha bu mhoide a bha fuath,

fuath, gan las agus farmad dhaoine cumhaehdacha aig
 cirghidh 'na aghaidh. 'S minic a dheilbh iad inn-
 leachd le cheile chum a ribeadh agus a chur ann fas
 Chuir iad maoir g'a ghlacadh. Thog iad clacha
 g'a mhillleadh. 'Thug iad aithné theann, ge b' e
 air bith aig an robh fios e' aite 'n robh e, gu'n inn-
 feadh iad fo, chum gu'n cuireadh iad 'an laimh e-
 Dh' orduich iad gach neach, a dh' ainmicheadh
 ainm CHRISD, a bhi air charn-eaglais. Rinneadh
 e 'na charraig-oilbheim 's 'na chomhara chum gu'n
 labharar 'na aghaidh. Tha fo freagarach do bhriath-
 ruibh a bheoil fein, 'Is fuathach leis an t' saoghal
 'mise, feadh fos thug iad fuath dhamh gun aobhar.'
 ,S tric nach d' fheud Rìgh na sìthe gluasad os-aird a'
 meafg a chreatairean fein, ach b' eigin da e fein fhol-
 ach mar fhogarach, a bha deanamh droch-bheirte
 agus a' teicheadh le anam. Oir 's gann a bha iad
 uair air bith gun inleachd chealgach 'nan aire chum
 a chur gu las. Bu tric a bha ar Slanui'-fhear ann
 an cunthart air muir, 'fan fhafach, 'fa' bhaile, a la
 agus a dh' oidhche, o na seanairibh, na prìomh-
 fhagairt agus luchd-riagluidh an t' sluagh. Ach
 bu neartmhoire 'n ti a bha leis na bha 'na aghaidh.
 Mar fo chaith mac sìorruidh an De bheo a bheatha
 'an cunthartuibh air thalamh, a chum gu'n cofnadh
 e dhuinne ar beatha a chaitheamh ann faorsadh agus
 ann tearmunn sìorruidh air beinn Shìoin, ionad co'-
 theanail aidh nan naomh, far nach druidear gu brath
 an dorus, 'Taisb. xxii. 25. far nach bi eagal gu'n
 toir namhaid gu brath ionfuidh oirn. Ach mar a
 thachair do Shlanui'-fhear an t' saoghail, tachruidh
 dhuinne (ma's sìor-chriosduidhean sin) Bithidh ar
 beatha buailteach do chunthartuibh do dhian-ruag-
 adh agus ghanlas dhaoine, am fad a bhitheas sinn
 'nar luchd-turais 'an gleann na'n deur agus na
 truaighe

truaighe fò. Achannsgach deuchuinns pìoradail agus fheolmhor, ruidheamaid a dh' ionnfuidh CHRISD, agus cuireamaid ar muinghin 'fàn Ti fin, a ni, trid a ghnath-fhiofrachuidh fein, co'-fhulang linn, agus a tha deonach agus comasach air ar faoradh o gach cunthart agus trioblaid. Giulaincamaid le morphoighidin gach feuchainn agus cunthart, agus ma chuireas se e mu'r coinne, biodhnaid ullamh gu ar beatha fein a leagadh fìos air sgat i CHRISD. Agus fa dheoidh, miannuicheamaid le dian-thogradh tighin a dh' ionnfuidh an Nuadh-Ierufaleim, ionaid ar co'-theanail fhola fuich, far am faic ar fuilean Ierufalem 'an comhnuidh f-hòstìnich, Ifa. xxxiii. 20. a Pailium, nach cuirear fìos, far an teid ar cuir ofcìonn cunthart peacachuidh, agus far nach ruig cunthart do broin, geur-leanmhuinne no buaireadh oirn am feafd.

O c'uin a dh' fhagas mi truailleachd na beatha fò, agus gleann nan deur, a'chraidh, na h' aimh-reite agus na truaighe? C'uin a dh' fheudas mi feinn le buaidh-ghair, o uaigh c' àite am bheil do bhuaidh o bhàis c' aite 'm bheil do ghath? C'uin a dh' fhàgas mi a' m' dhiaigh truailleachd mo naduir; agus a bheir mi leam gloine cridhe, dh' ionnfuidh an ionaid fin 'am faic mi mo DHIA? C'uin a theicheas mi o'n ionad fò a' pheacuidh agus na doruinne, a dh' ionnfuidh naomh-chomhnuidh an DE mhoir, agus a ghabhas tu mi stigh a' mìosg nan spioradan beanuichte, a sheinn orain Mhaois agus an uain maille ri ainglibh agus ard-ainglibh air sliabh Shioin gun sgios? C'uin a leanas mi mo Shlanui-fhear gu baile an DE mhoir, a dh' fhaiticheas tu mi ann an glacuibh do ghraidh le guth a' s m'fìe na ceol talmhuidh, O fosgluibh a dhorfa fìorraidh rìgh na gloire,

a chum gu'n rachadh oidhre na beatha a fìgh d'a fhuaimhneas bi'-bhuan?

C A I B. III.

Mu Fhulangas CHRIOSD re uine ghoirid romh' a bhas.

A NN fa' chaibdeil a tha roimhe fo tha caileigin do dh'eachdruidhmufhulangzsagusmuioraflacha CHRIOSD. Bheir sinn fainear ann fa' chaibdeil fo, ciod a dh' fhuiling e re uine gheirr roimh' a bhas, ann san oidhche sin 'an do bhrathadh e, 's 'an d' orduich e sacramaid a fhuipearach.

Ann san oidhche 'an do bhrathadh ar Slanui'-fhear, ghleidh e chaifg agus chuir e far sgaoil i, 's fhuidhich e sacramaid fhuipearach an Tighearna 'na h' aite, Mat. xxvi. 18, 26. Agus air dha laoidh no Salm a sheinn (do bhrigh coslais gur i'n ochdmha-falm-deug thair a' cuig fichead a sheinneadh, chionn gu'm b' i a bu ghnath leis na h' Iudhachuibh a sheinn 'an deis na caifge) 'an am na caifge agus fhuipearach an Tighearna, thoifich CHRIOSD air na nithe sin fhulang, a bh' air an ciallachadh leis an da sacramaid. 'An diaigh dha 'n tus an t' fearmain fo, a tha lan comh-fhurtachd, a thoirt seachad, mar a th' air a chur fios ann Eoin xiv. xv. xvi. dh' fhuiling e mar a tha sinn a nis r'a thoirt fainear.

I. Dh' imich e thairis air fruth Chedroin, Eoin xviii. 1. Chaidh iad amach gu sliabh nan craobhan ola, a bha astar la fàbaide no da mhile o Ierusalem, gu ionad d'an goirear Getsemane, far 'an robh garadh 'am bu ghnath le Iosa imeachd agus air an robh Iudas cealach fìor colach. Choifich Iosa tre uisge fuar Chedroin ann an oidhche fhuair ghail-linn. Leis a fo tha cuid ag radh gu'n robh an fhaidheadaireachd

dheadaireachd fo air a coi'-lionadh, Salma. cx. 7. 'Oluidh e d'och as an t' fruth air an t' sli he.' Bha e 'g innseadh d'a dheifciobluibh air an t' sli he, gu'n robh an uair a tarruing dluth ris, ann san robh e r'a bheatha a leasail fìos air son a chinne-daonna, agus gu'n treigeadh iad uile e 's gu'm fagadh iad e ann an lamhuibh a namhdean. Chuir an co'-radh fo iad uile fo mhor ionantas, Mat. xxvi. 30. Ach air do Phedar a bhi ni b' earbsuiche as fein na cach, gheall e nach treigeadh e san e agus am bas. Tha sinn a' leughadh ann, 2 Sam. xv. 23—30. gu'n do thriall Daibhi le chuideachd thair fruth Chedroin casruifgte 's gu'n robh iad a' gul air an t' sli ghe. Ach anis tha CRIOSD fein, a tha' air a chiallachadh leis an t' samhlaidh fo, ag imeachd thairis casruifgte agus a' gul maille r'a dheifciobluibh.

Mar a thriall CRIOSD, roimh' a bh's agus mu'n deachadh e steach do ghloir, thair fruth Chedroin, air an amhail cheudna 's ei in duinne dol th'air fruth Chedroin ar trioblaidean a us am fulan le morfhoi hidin ma'n teid sinn a sti' h gu' ghloir shierruidh. 'S eigin dhuinn, dol tre fhair e ruaidh nan cruaidh-dheuchuin, tre fhasach dhubhach a bhuairidh, tre lordan d' ian-chuifileach nan deuc' uinn mu'n teid sinn a stigh do'n Ctanaan f' ior. 'S eigin duinn dol tre ghleann tioram tartm' or Bhacai, mu'n noch dar sinn 'an iat' air DHE an Sion.

II. Dh' fhuiling e bron agus doilglìos do labhairt anns a gharadh mar a chi sinn.

1. O bhriathruibh nan ceithir foisgeulaichean, 'Tkoifich e air blith ro-bhronach agus trom,' arsa Mat. xxvi. 27. 'Tkoifich e air bhith crith eag-alach, agus fuidh bhron ro m' or,' arsa, M. rc. xiv. 33. Ma'n d' imich CRIOSD do 'n gharadh, thromlachduich roi'-smainteachadh air an uair fo e, le trioblaid

triblaid anma, mar a tha Eoin 'an fo a' cur an ceill. 'Tha m' anam ro bhronach eadhon gu bas,' Mat. xxi. 28. Cha 'n e 'mhain gu'n robh e bronach ach bha e ana-barrach bronach, agus cha 'n e 'mhain fo, ach bha e ana-barrach bronach eadhon gu bas. Gu cinnteach cha ni fuarrach a dh' fhag mac Dhe ro bhronach, ro throm, crith-eagalach agus fo chruaidh-ghleaca spioraid. Chionn gu'm bu neach neo-chriochnach a bha fulang, bu ni neo-chriochnach a luchduich mar fo a spiorad. Ge d' nach b' urrainn nadur na diadhachd fulang, gidheadh mar biodh fo a' cumail naduir an duine suas, dh' fhailnicheadh e fo eallaich thruim peacaidh fhliochd Adhaimh. Chionn gu'n robh a phian a thoill iad, fionnuidh. Cha b' urrainn a naimhdean a chur fo amhghar co mor as fo, oir bha 'n gradh a thug efan do'n chinne-daonna, ni 's mo na 'm fuath a thug iadfan dhasan Dh'imich e do dh' aite 'am faigheadh a naimhdean amach e gu fuasta. Cha 'n urrainn briathran meud an troim luchda, a bh' air anam CHRIOSD 'an am fin, a chur ann ceill, cha 'n urrainn cridhe thuigfin, oir tha e na dhiamhaireachd air ainglibh.

2. O 'n urnuigh a chuir e suas. 'Thuit e air aghaidh agus rinn e urnuigh,' Mat. xvi. 39. Tha Marc ag radh gu'n do thuit e air aghaidh, agus Luc, gu'n do lub e a ghlun. Agus mar fo rinn e urnuigh; 'Abba Athair, tha na h uile nithe fo dheantadh dhuit-
' fe, cuir an copan fo seachad orm, gidheadh ni b' i
' mo thoilse, ach do thoilse gu'n robh deantadh,' Mat. xxvi. 39. 'Chuir CRIOSD ann an laithibh fheola suas
' urnuigh agus ath chuinge maille ri ard-eigheach
' agus deuruibh ris an 'Ti, a bha comasach air efan
' a shao radh o'n bhas, agus fhuair e eisdachd ann san
ni tre 'n robh eagal aige, Eabh. v. 7. Ach cionnas
a fhuair e eisdachd? Cha 'n ann 'aa cur a chop-

ain seachad air, oir dh' ol e suas an t' iomlan dheth;
 zeh ann an toirt an dochuinn fhadaluich, nimheil,
 fhearb, as a' chopan so. Oir ge do dh' fhaig a'
 mor-chradh, a bha 'san chopan so, fallas fala, 'na
 bhraonuibh mora amach as a chridhe gradhach: ge
 do chlaoidh fe e gu' ro mhor le goimh do innseadh,
 ge do thug e air, 'na nadur mar dhuine, glaothuich,
 ' Mo DHIA, mo DHIA, ciod uime threig thu
 ' mi? Ge do chuir e Triath na beatha 'na luidhe
 marbh ann an leabuidh fheicheanta a' bhais, is ge
 do dhruid e san aite sin e re seal, gidheadh ann
 an uine thri laithean, bhrift e cuibhreachan righ
 an uamhais. Mhosgail a mar leoghan as a shuain.
 Agus 'an sin chaidh an copan fearbh seachad air 'an
 uine ghoirid, mar a ghuidh e, agus leis a bhas aith-
 ghearr sin, choisinn e beatha bhi-bhuan d'a threud.
 Bha urnuigh Rìghe na sìthe, treibh-dhireach, iorasal
 durachdach, lan graidh agus muinghin mic, Abba
 Athair, arfa CRÌOSD. Bha urnuigh dian-thogarrach
 agus minic, oir rinn e urnuigh tri uairean agus ni
 bu duraichdiche an uair mu dheireadh 'nuair a bha
 goimh ghuineach ar peacaidh ri cruaidh-spairn r'a
 anam. Ciod an eiseimpleir air an cualas riamh iom-
 radh, ann a measg a chinne-daonna coi'-meas da fo?
 Och! cia do innseadh, cia do thuigfin ro mhead an
 amhghair sin, a thug air Iosa, 'an oidhche fhuair,
 'an aimfir fheicheanta, 'na luidhe air an talamh fo
 anail nan speur, an diaigh dol cas-ruisgte tre uisge
 fuar Chedroin, fallas fala, gun leth-sgeul air bith
 eile o'n leth amuigh, a chur dheth 'na bhraonuibh
 mora? Ciod a bu chion fath do'n spairn, do'n
 chrith-eagal, do'n amhghar gheur, do'n chruaidh-
 ghleac, do'n bhron so gu bas? Cha robh e faicinn
 san am so mu chomhair, nan faighd-fheara, nan
 ghrìobhach, nam Pharasach, nam fianuisean breige,
 Judas

Iudas fealltach, no'n luchd millidh, na 'n t' fiat a
 fguirs e, no 'n coron droighine, na tairngean guin-
 eacha, no' 'n t' fleadh, gu druthadh air a chorp co
 trom. Ciod mata a chuir air anam agus corp Rìghe
 na sìthe co mor 'fan am fo? Och! B' e 'n copan
 fearbh, a bh'aige r'a ol, an trom mhothachadh agus
 an roimh'-bhlas a bh'aige air feirg DHE, a bha ri
 tuteam air a cheann, agus an cruaidh-chath a bh'
 eadar anfhainneachd a naduir mar dhuinne, is a
 neart agus a ghradh mar DHIA, a bu fhior-chion-
 fath do'n ghleaca chruaidh fo. Thoisich fan am fo
 fearg DHE ri tuiteam air a cheann.

O g bh beachd air mor-dhoruinn a' pheacaidh
 agus cia do-fhulang fearg DHE. An do chuir ar
 Slanui'-fhear dheth foilas fala, 's an d' fhuiling e
 cruaidh-spairn anna air son ar peacaidh 's nach bi
 bron oirn fein air an son? An gabh ar n anman-
 na tlachd ann an naimhdibh ar n anmanna, air
 son an robh CRIOSD fo mhor-chradh? An do
 thaomaich fearg DHE amhghar co goirt air anam
 CHRISD air son ar peacanna? Cionnas is urrainn
 thusa, a tha caitheamh do bheatha ann neo-gloine,
 'am poit, 'an fiant, ann an craos, am foir-eigin no
 'm peacadh air bith, an fhearg sin a ghiulan, an uair
 a thaomar amach ort i gu sìorruidh. Ma bha
 CRIOSD car seala, trom crith-cagalach, ro bhronach
 gu bas, ann cruaidh-spairn agus fo fhallas fala 'nuair
 a bha geur-mhothachadh aige air feirg DHE, ciod
 a tharlas dhuitse mar dean grad-aithreachas agus
 ath-leasachadh beatha do thearnadh o leir-sgrìos? An
 ni faoin a bhi mothachadh feirge DHE gun fhu-
 arachadh gun fhuasgladh gu futhainn. O gradh
 gun choi'-meas an t' Slanui'-fhir bheannaichte, a
 chunnaic roimh' laimh 's gidheadh a dh' ol suas gu
 toileach copan na feirge. Bha anam an 'Ti sin, a tha
 D. 2 tabhairt

tabhairt suaimhnis agus solais do dh' anmannuibh dhaoine, fuidh mhor-amhghar air son ar peacaidhne. Bha 'n Ti' sin, is beatha a dheagh-ghean, ro bhronach gu bas. Chuir Rìgh na sìthe urnuigh dhurachdach suas ris an Athair le ath-chuingibh agus deuruibh. Bha aoibhneas na neamha air a luchdachadh le bron agus ann an cruaidh-ghleac fad thrì uairean. Ach ann a meadhan fhulangais cha d' dhi-chuimhnich Aodhaire ar n anmanna a threud, Chaidh e a dh' fhaicinn a dheisciobuil trì uairean. a griosadh orra, 'nuair a fhuair e 'nan cadal iad, faire agus urnuigh a dheanamh. Ach an treas uair, 'nuair a bha efan a bha gus a bhrath dluth do laimh, thuirt e riu 'caidlibh a nis agus gabhuibh foie,' agus tacan beag 'na dhiaidh sin, 'cirghibh agus 'imicheamaid; feuch tha 'n ti a bhrathas mi 'am 'fagas.' Cha b' urrain a ghradh dail a chur ann san fhulangas ana-barraich ni b' fhaide. Cha d' fhuirich e gus na cheangail na faighd'-fheara e le cuibhreachuibh, gus an do reub an luchd-millidh an-ìochdmhor fheoil as a cheile 's gus an do sparr iad ris a chram e, ach fhiubhail e gu toileach a mach a giulan callaich mo pheacaidh. O co mise, a Thighearna, d' an gabhadh tu na h urrad shuim? Cia mi thaingeil a' bhithinn nan di-chuimhnichinn ga brath an gradh, a bu choir dhamh a thabhairt duitse, 's nan caithinn mo bheatha ann fa' pheacadh a chuir thusa fo bhron co mor? Ciod air son nach sluigeadh an talamh a suas mi, na'n amhaireinn, gun mhothachadh, ort a' caoidh le deuruibh goirte air son mo chiontai; agus a' dioladh le amhghar co guineach air son gach suaimhnis pheacaich, d' an tug mi mi fein thairis? O Dìte na trocaire, dean ormfa trocair, air son a' bhroin a dh' fhuiling aon mhac do ghraidh, air son na fala a dhoirt e gu frasach.

frasach, air son a ghraidh a nochd e dhamh. Thoir dhamh frad * do'n ghradh sin, leis am bheil anam mo Shlanui'-fhir air lafadh air mo shon. Fosgail mo chluasan, a chum gu'n cluinnin do ghuth; fosgail mo shuilean, a chum gu'm faicinn t' eiseimpleir, fosgail mo bhile, chum gu'n feinnin do throcair gu siorruidh; Maothuich mo chridhe, chum gu'm biodh e mothachail air do bhron agus gu'n tugainn fuath do gach ni, a cheusadh tu ath-bhuailt. O gu'n deanainn caoidh air son m' uile sheacharana, mar a rinn thusa, gu'n iarrainn thusa le dian-thogradh, mar a dh' iarr thusa mise. Tha mi ga m' thabhairt fein suas do d' ghradh, stiur mi le d' ghliocas, muth mo nadur, ceangail mi le d' ghradh, glan mi le d' spiorad, deilbh mo chridhe a reir do thoile, 's na fuiling dhamh a bhi air mo sgaradh uait a chaoidh nan cian.

III. Bhrathadh e le Judas, Mat. xxvii. 49. ' Agus ' air dha bhi fos a' laibhairt, feuch thainig Iudas aon ' do'n da-fhear-dheug agus maille ris cuideachd mhór ' le cloidhibh agus batuibh o na prìomhshagartuibh ' agus o sheanairibh, an t' fluaigh A nis thug an ti, a ' bhrath efan, comhara dhoibh, ag radh, ge b'e neach ' a phogas mise, 's e sin e, deanuibh greim air gu ' daingean, agus air ball thainig e chum Iosa agus thu- ' bhairt e, failte dhuit, a mhaighifdir, agus phog se e.' 'Nuair a bha CRÌOSD, an diaigh a shuipearacha teagasg d'a dheisciobluibh flighe na firinne, agus a toirt dhoibh comhairlean, a bha lan do ghradh agus do chaomhalachd, 'nuair a bha e ri urnuigh ann sa' gharadh, 's 'nuair a bha e air aoirneagadh 'am fallas-fala, cha robh Iudas cealgach a smuaineachadh air ni air bith ach cionnas a gheibheadh e cothram air a bhrath. 'An diaigh dha cordadh ris na h Iudhaich

agus gealladh cinnteach a thoirt dhoibh gu'm brath-
 adh e CRIOST air son beagain airgid, thug e eòmh-
 airle orra, gun ghuafad gus am pilleadh e, agu-
 dh' iarr e orra a bhi deas chum a ghlacadh. Chomha-
 araich è' mach dhoibh an t' am agus an t' aite, 'an
 bu ghnath le Iosa dol a leth-taobh a dheanamh urn-
 uighe. 'An diaigh fo dh' imich e agus shuidh e
 maille ris air a' bhord. Agus 'nuair a dh' innis ar
 Slanui' fhear dhoibh gu'm biodh e air a bhrath, air
 an oidhche sin fein, le aon d'a dheifciobluibh, ge do
 bha fios aig Iudas air a' chionta ghraineil, a bha 'na
 chridhe fein, bha e gu dian a' feoruich d'ar Slanui'-
 fhear co an cealgair a bha gus an t' ana-ghnìomh
 malluichte fòa dheanamh; dh' fhuiling e d'ar Slanui'-
 fhear a chafan a nigheadh, agus dh' eisd e ri theag-
 aig neamhuidh. Le cridhe foilleil, cealgach, ghabh
 e comhara cuirp agus fòla a mhaighfidir; agus cha
 do chuir uan macanta*. DHE eadar-dhealachadh air
 bith eadar e 's na h apstòil eile; 'nuair a bha e toirt
 dhoibh a fhochairean. Ach air d' ar Slanui'-fhear
 fhaicinn, nach robh cruas ainneanta a chridhe tru-
 ailli air a mhaothachadh leis. gach comhara air a
 ghradh agus air a chaomhalachd, a thug e dha, agus
 air dha a bhi dian-thogarrach gu fulang, thuirt e ris
 'An ni a tha thu a dianamh. dian gu h' ealamh e.'
 'Shaoil na deifciobuil eile do bhri' coillais gur ann a
 chuir CRIOST e dh' ionnsuidh aite eigin; ach dh'
 imich Iudas a chlisge† agus chuir e fhoill 'an gnìomh.
 Agus am fad as a bha Iudas air falbh, bha mac DHE ag
 innseadh d'a dheifciobluibh gu'n robh an uair a nis
 a' tarruing am fogus, ann san robh e ri bhi air a
 bhrath thairis gu lamhan fuileachdacha a naimhdean
 Agus mar ghaifgach treun, a tha 'ga nochdadh fein
 'an ar-fhaich gu feitheamh air a naimhdibh, nochd
 mac

mac DHE, e fein a chomhdhalachadh catha air peac-
 aidh. Cha b' ann le Sgriobhach, no Phairiseach, le
 ardfhagart, no le Herodianach, no namhaid folluif-
 each air bith, ach le neach a bha 'ga leantuin, a
 bhrathadh CRIOSD le aon d'a dheifciobluibh, le aon
 do'n da-shear-dheug a thagh e gu bhi 'nan apstoil,
 neach a dh' ith agus a dh' ol maille ris fein air an
 aon bhord, a bha gleidheadh an ionmhais, a bha 'na
 chuideachd corr agus tri bliadhna, d' an tug e comas
 mhiorbhuiltean, agus a chualadh iomad fearmain o
 bheul na firinne. Ach dhi-chuimhnich Iudas gach
 fochair agus gean-math, a chaidh feachad. Ge do
 bha caomhalachd 'na bheul bha ganlas 'na chridhe.
 Ann an eiric a chairdis, agus 'an lorg na comaine
 a chuir CRIOSD air, dh'imich Iudas fein air thoiseach
 nan faighd'-fheara, 's-threoruidh se iad a dh' ionn-
 fuidh Iosa, 'thainig e fein 'na cho'-dhail agus phog
 se a Mhaighifdir le faite. Ach fhreagair Righ na
 sithe e ann am briathruibh ciuine agus cha tug e dha
 ach an t' achmhafan fein fo, 'A charaid c'ar son a
 'tha thu tighin, am bheil thu le poig a'brath mhic
 'an duine.' Ghradhuich mac DHE a chairdean le
 fìor theas-ghradh, a naimhdean foilleile le feirc, agus
 ghiulain e leo le mor-fhoighidinn. Tha a chairdeas
 bunaiteach. Tha e faicinn ar cealgairachd, ach
 gidheadh tha e 'gar'n iarruidh a ghnath, 'gar tar-
 ruig le ghradh, 'gar buithinn le fhochairibh, 's a'
 taifeachadh cruais ar criodhacha le unga a ghrais—
 Cia math air bith a' chuideachd 'sam bi sinn, ge do
 shearmanuicheamaid an foisgeul, ma bhitheas gràs
 a dh' easbhuidh oirn, tilgear air falbh sinn. Ma
 bhitheas fo againn, ciod air bith ar crannachar, tha
 gach ni, a tha chum ar matha, againn. O sholuis
 dhealruich, fosguil mo shuilean; teagaisg dhannh gun
 ghearan a dheanamh, no dioghaltas air neach air
 bith

bith. Spion a m' chridhe gach fuath agus gradh, a dh' fheudadh mo chumail uaitse. Na leig le fannt mo chridhe mo Shlanui'-fhear a reic. Gu'm feud mi radh le m'uile chridhe mar a thuirt Pedar, 'a Thigh-earna, tha fios agad air na h' uile nithibh, tha fios 'agad gur toigh leam thu.' O a Throcair gun chrich, a ghnathuch iomad meadhan gu cridhe cruaidh t' apstoil a mhaothachadh, is gu thoirt a rithist a' d' ionnfuidh fein, thoir an gradh ceudna dhamhsa, a tha 'nis a' pilladh riut le treibh-dhireas. 'S e do chairdeas, o charuid dhilis m' anma, a tha 'mhain seafinrach agus buan. Gabh feilbh air mo chridhe gu siorruidh. Nochd dhamh dealradh glan doghnuise 's lion m' anam le d' ghradh.

IV. Ghlac na faidhd'-fhearà e. 'An diaigh do Iudas a bhrath, an uair a bha na faighd'-fheara cur 'an ag am b' e CRIOSD, thuirt e riu, 'Co a tha sibh 'ag iarraidh,' fhreagair iadfan, Iosa o Nafaret.' Thuirt Iosa riu 's mise e, le cumhachd a ghutha thuit iad air an ais air an lar. Leis a fo leig e dhoibh fhaicinn, ge do bha iadfan fo 'n lan-armuibh, gu'n robh e uile-chomasach, le cumhachd a dhiadhachda, e fein a shaoradh uatha agus an leir-sgrios gu tur, 's gur ann le lan thoil a strìochd e do'n bhas. 'An diaigh dhoibh cirghidh a rithist, thuirt Iosa, co à tha sibh ag iarraidh, thuirt iadfan, Iosa o Nafaret, thuirt efan, dh' innis mi dhuibh gur mis' e, uime sin ma tha sibh 'g m' iarraidhse leigibh leo sin falbh, a' ciallachadh a dheisciobuil. Ge do bha e fein 'an laimh, cha do dhi-chuimhnich e curam aruid a ghabhail d'a dheisciobluibh. Cha do leig e seachad fath riamh air solas a thoirt dhoibh agus air urnuigh a dheanamh air an son. Ge do bha Iudas cealgach 'ga bhrath, gidheadh, bha fuilean uain neo-chiontaich DUE' fan am sin fein, air an lionadh le deuruibh agus fallas,

fallas, agus a chridhe air lasadh le gradh do'n chinne-
daonna 's a' deamamh a fuas co' cheangail ris an
Athair, chum flainté fhuirridh a chosnadh dhoibh.
Ge do ghlac iad e le foill, ge do cheangail iad a
lamhan mar ghaduich 'an aghaidh lagha na Roimh,
(oir bha e 'na chionta mhor neach air bith a bhuin-
eadh do'n Roimh ach meirlich agus trallian a chean-
gal air an doigh fo) ge do spionadh e air falbh
ceangailte mar fo le maoruibh, faighd'-fhearuibh agus
ceannard nan Iudhach, ge do bhuail iad e le 'n dor-
nuibh baotha air fon na'm briathran, a bha teachd
o a bheul, gidheadh cha 'n fhuilingeadh e do Phedar
a chloidheamh a tharruing g'a chomhnadh. Oir an
uair a ghearr e chluas do dh' oglach an ard-thagairt
leis a chloidheamh, leighis ar Slanu'-rhear e air
ball, thoirnig e do Phedar ain-neart a ghnathachadh.
'Nach ol mi 'n copan, a thug m' Athair dhamh,
'ars esan,' Eoin. xviii. 2. Agus ciod a thig ris a'
chinne daonna, mar faor mi iad le m' bhas? 'Cuir
' fuas do chloidheamh 'na aite fein,' agus cuimh-
nich gu'm basuich iadsan uile, a ghabhas an cloidhe-
amh, leis a' chloidheamh. Na'm b' i mo thoilse mo
chumhachd o'n leth a muigh a chur 'an gniumh gu
m' dhion fein, 'Am bheil thu 'm barail nach urrainn
dhamh farruidh air m' Athair, agus bheir e dhamh
na miste do armailtibh nam flaitheas. 'Ach chaidd
Pedar a stigh, agus theich na deisciobuil eile air fast.
'An sin tnuindaidh Iosa ris na Phairisich, ag radh rin
'S i fo ur 'n uairse agus cumhachd an dorchaduis.
Ge do bha e 'nis 'am builsgin a naimhdean fuileach-
dacha, a mhi-ghnathuiche, cha d' rinn e casaid agus
cha chualas lide gearain o bheul na fithe. Ge do bha
iad a taomachadh air a cheann am fuath sin a ghleidh
iad 'nan criodhachuibh, cha do chuir e 'nan aghaidh
Ge do bha e 'nis a' meafg na mauidh-alluidh, air
an

an robh ciocras gu fhuil a dhortadh, bha a chridhe air neamh. Le ofnuichibh thrice chuir e ath-chuinge suas ris an Athair a dh' iarruidh trocaire do na peacachuibh sin fein. Cheangladh suas lamhan a chumhachda le ghradh do chreidmhuich bochda, air achd as gu'n d' fhuiling e d'a lamhuibh corparra a bhi mar so air an ceangal le cuibhreachuibh teanna, a chum gu'n ceangladh e sinne ris fein le ceangluichibh neo-chaochlaideacha graidh.

V. Thug iad air falbh e gu Annas agus o Annas gu Caiaphas, Eoin xviii. 17, 14. Thug iad leo 'n t'us e gu Annas (oir b' efan Athair-ceile Chaiaphais, neach a bha na ard-shagart air a bhliadhna sin) Nis chuir Annas ceangailte edh' ionnfuidh Chaiaphais an t' ard-shagairt. Tharruing iad e gu dian thar fruth Chedroin gu h Ierusalem, 'ga mhi-ghnathachadh le 'n teangannuibh agus le 'n lamhuibh. 'S e 'n t' aobhar mu'n do chuir iad an toiseach e dh' ionnfuidh Annais, chionn gu 'm b' e Athair-ceile Chaiaphais, is g'ua robh a thigh air an t' flighe air an d'v thug iad leo CRIOSD ceangailte. Air an aobhar sin an uair a bha iad a' dol seachad air tigh Annais, bha 'n ganlas co mor as gu'n do nochd iad le buaidh-chaitheam agus greadhnachas folluiseach gu'n robh Iosa air a ghlacadh. B' ait a bha iad chionn gu'n robh CRIOSD aca 'am bruid. 'Nuair a fhuair iad an diol taire agus fochuide a dheanamh air, thug iad leo e gu Caiaphas ceangailte le eanguich theann.

Ann an sin chruinnich na hard-shagairt, na sgrìobh-uich agus na fearaichean 'an tigh Chaiaphais a' feitheamh agus am pilleadh na faighd-fheara le Iosa. Co luath as a thugadh 'nan lathair e ceangailte, bha iad co dian-thogarrach g'a chur gu bas, as gu'n do shuidhich iad air ball comhairle; a thabhairt breithe air-fan, a tha 'na bhreitheamh air beothuibh agus marbhuibh.

An

An urrainn thu sealladh a ghabhail do aon mhac DHE, do Ghrian na firinne, Naomhachd gun fal, an Ti a tha an cruinne a crithneachadh 'na lathair, le ordudhatha na h'uaighean a' tilgeil a nios nam marbh, a tha na deamhain a' teicheadh air faibh, tha 'n cuan beucach, cuisleadh a' fas ciuin; an 'Ti sin a tha leigh-eas gach eugbhaile, d'am bheil neamh, talamh agus ifrinn a' tabhairt geille, a tha mhaife agus a mhaitheas a' dealradh 'am boilsgin cheanglaichean agus gheimhlean, an urrainn thu amharc air an Ti so, tha mi 'g radh, le a lamhuibh ceangailte, air a tharruing ann an lathair Bhreitheacha mar chiontach, gun mhor-iongantas a ghabhail do dhiomhaireachd gliocais DE!

VI. Cheasnuich an t'ard-shagart e mu thimchiol a dheisciobuill Eoin xviii. 19. B' e 'n run CRIOSD a ribeadh 'na chainnt le ceisdibh conspuideacha, a chum gu'm faigheadh iad, le dreach no coslas ceartuis, a chur gu bas. Chuir iad mar cheisdean air, c' air son a ghairm e r'a cheile na h' iochdairain gun cheadnan uachdaran. Agus mu dheibhin a theagaisg, co as a fhuair e 'n teagasg nuadh so, no ciod an t' ughdarras leis an robh e teagasg, agus cionnas a bha dhanadasaige an teagasg a dheilbh e fein, a chur suas 'an aite nan deasghnath buana sin, a dh' orduich DIA. Cionnas a bha dhanadas aige cainnt ladarna, shearb, a labhairt 'an aghaidh nan sgriobhach agus nam Phaireasach. Air na ceisdibh a chuir iad air mu a dheisciobuill, cha tug e freagradh air bith. Air na ceisdibh mu dheibhin a theagaisg, thug a freagradh, gu'n do theagaisg e gu folluiseach 'san teampall, agus dh' iarr e a luchd-eisdeachd fhiosrachadh m'a dheibhin.

Cheasnuicheadh mar so ard-cheannard na h'eaglaise a luchd teagaisg thruailli. Sheas Breitheamh neo-chlon

chlaon aingie agus dhaoine ann an lathair breitheimh claoin bhreithich talmhuidh. Thugadh dulan eadar-mheadhanair an nuaidh cho'-cheangail air son a theagaisg. Bha na teanganna sin, d'am bu choir cliu agus urram a thoirt dha, a' toirt oidhirpe air a ribeadh 'na f'reagradh, a' deanamh grama air focal air bith, leis am feudadh iad fhagail shios, no toill-tineach air a' bhas.

Gheur-cheafnuicheadh ard-shagart mor agus trocaireach ar slainte, a tha naomh, neo-lochdach, neo-thruailli, Eabh. vii. 26. a tha deanamh eadarghuidhe air ar son, Rom. viii. 34. air deas-laimh an 'Ti a 's airde le ard-shagartuibh, mi thlufimhora, e a-trocaireach, anacneafda an t' faoghail fo. Is iad luchd teagaisg mi-naomha cas-cairdcan a 's naimhdeile a th' aig CRÌOSD. Cheafnuicheadh ann an lathair ard-shagairt do orduidh Aroin 'an Ierusalem thalmhuidh TRIATH nabeatha, chum gunochdadh e 'an Ierusalem neamhuidh mar fhear-tagruidh as ar lethne a reir orduidh Mhelehifedeic.

VII. 'Nuair a bha e 'na sheafamh 'an lathair an àrd-shagairt, bhuail aon do na maoruibh e le bhois, Eoin xviii. 22. 'Nuair a chualadh aon do na faighd'-fhearuibh freagradh Iosa, bhuail se e ag ràdh, 'An ann mar fo a fhreagras tu 'n t' àrd-shagart.' 'An sin thuirt Iosa, gun ghluaidh inntine air bith, 'Ma l' bh'ir mi ole, tog si n'uis air an ole; ma 'labhair mi m' th, e' air son a tha thu 'ga m' bhualadh.' Cha d' fhuiling i d do bheul na firinne, an fhirinn a labhairt. Ge do mhi-ghnathuicheadh air an doigh fo e, cha dubhairt neach facal as a leth, ni mo a chronuich a h aon do na bha 'nan seafamh a l' thair, an neach a bhuail e. Ach bha tofd nam breitheachan a' nochdadh, gu'n robh iad ciatfach do'n mhi-ghnìomh. 'Thug Rìgh na sìthe mar fo a
 'ghiall

' ghiall do'n ti a bhual e,' Tuir. iii. 30. Faic mac siorruidh an DE bheo air a bhualadh le laimh peac-aich; a ghnais sin, a tha ni 's maifiche na clann nan daoine, air at agus air caochladh neoil; an leoghann do threibh IUDA air a leagadh sìos gu lar; an ti, aige a' bheil gach cumhachd, air a bhualadh le creatair gun chumhachd.

VIII. Dh' iarradh fianuisean breige agus thairng-eadh iad 'na aghaidh, Mat. xxvi. 57, 60. Ach cha robh am fianuis a' cordadh r'a cheile, Marc. xiv. B'iad na breitheacha an luchd-tagruidh, agus shuidh gach fianuis agus fear-tagruidh air gach taobh 'am binn le cheile 'an aghaidh CHRISD. Bu leoir fo a thilgeadh an cuis-thagruidh bun ofcìoan. Dh' iarr a' chomhairle uile fianuise breige, oir cha b' urrainn iad fianuisean fìora fhaotuinn. Cheannuic na breitheachan fianuisean, a dheanamh foirneirt air an neo-chiontach. Bha a chomhairle gu h' aon-sgeulach 'na aghaidh. 'Na measg air fad cha robh a charuid ri fhaotuinn. Ach cha d' fhosgail e a bheul, agus lub e a cheann gu toileach fo eallaich ar peacuidh. A dh' aindèoin a mi-ruin cha b' urrainn iad cuis-dhitidh fhaotuinn amach 'na aghaidh, a bha còmhail ris an fhirinn. An ni a bha 'n dara fianuis ag radh bha 'n fhianuis eile cur 'na aghaidh, is cha robh lide, a thainig as am beul, a co' fhreagradh d'a cheile. Mu dheireadh 'an diaigh iomad oidheirp a thabhairt air a dhiteadh, thainig dihl is dhacine a thogail fianuis-bhreige 'na aghaidh. Bha 'n dara aon ag radh, gu'n tuirt CHRISD gu'n raibh e comafach air an teampall a leagail; bha 'm fear eile dhiubh ag radh, gu'n dubhairt e gu'n leagadh e gu cinnteach an teampall. Cha do fhreagir am fianuisean a cheile, agus cha d' innis a h' aon dhiubh an fhirinn. Oir cha tuirt CHRISD ach sgrìosuibh an teampall fo, agus togaidh

mise suas e rithist ann an trì laithibh. Laibhair CRIOST mu theampall a chuirp, ach iadsan mu theampall Ierusalem. Thuir fianuisean eile, gu'n do ghrab e cis iocadh do Cheasar, ge do thuir e 'gu'm bu choir na nithe a bhuineas do Cheasar a 'thoir do Cheasar.' Dh'it cuid eil' e mar neach a bha 'ga dheanamh fein 'na righ, ge do dh' fholuich fe e fein, an uair a bheathuich e 'n cuig mìle fear 'san fhasuich, chionn gu'm b' aill leo righ a dheanamh dheth. Ach mar is neo-chiontaiche a fhuair iad amach a bha e, 's ann bu mho 'n dian-thogradh g'a sgrios. Ge d' nach b' urrain iad fal fhaotuinn ann an solus co dealrach, no a' chionta bu lugha 'na ghuimharruibh naomha, thug iad oidheirp air a ribeadh 'na chainnt. Dh' eirghich an t' ard-shagart agus thuir e ri Iosa, Mat. xxvi. 62. 'Nach 'toir thu freagradh air na nithibh sin a tha na 'fianuise 'g radh a' t' aghaidh.' Is cosmhail gu bheil thu ciontach, agus nach 'eil ni air bith agad r'a fhreagradh. Ach dh' fhuirich Iosa 'na thofd Cha ro feum dha ann an labhairt, agus cha deanadh e ni air bith a bhacadh e o'n iobairt sin a thoir suas, air son an d' thainig e dh' ionnfuidh an t' saoghail. Bha 'n coguisean ag innseadh, gu'n robh am breùgan co foilleir as nach b' fhiudh iad freagradh fhaotuinn. Bha fios aig CRIOST gu'm bu bhreitheamh leth-bhreitheach, ris an robh a ghnòthach, agus nach gabhadh e fuim do ni air bith a dh' fheudadh e a radh 'na leth-sgeul fein. Ach oscionn gach ni bha 'na run basachadh, agus uime sin cha b' am fo gu e fein a dhion ach gu fulang. Chuireadh nithe as a leth air nach b' fhiosrach e riamh. Dh' fliar, agus fhuair iad gu feadh cearr agus mearachdach, a bhriathran caoine, a bha a foillseachadh slainte do dhaoibh. Chuir iad as a leth gu'n robh e briste

e briste na fabaide, a' toirmeasg trosga, a deanamh taire air sean-ghnas nan aithrichean, a' gabhail ugh-darrais DHE d'a ionfuidh fein, chionn gu'n robh e toirt maitheanuis do dhaoineibh 'nam peacannuibh. Cha d' ob- iad mionnan eithich a thoirt, a chum trom-luchd bhreug, dhroch alluidh: mhafluidh agus thuailis, a thilgeadh air mac DHE. Ach ge do dh' fheudadh mac DHE na truaghana sin a sgrios gu tur le anail a bheoil, ghiulain e le mor-fhoighidin leo, agus thairg e fuas, na bha e fulang mar iobairt-reite air an fion. 'An diaigh do 'n ard shagart, ' a 'mhionnachadh air an DIA bheo, gu'n innseadh e 'dha am b' e CRIOSD mac DHE, Mat. xxvi. 63. Marc. xiv. 64. thubhairt Iosa, Is mi, gidheadh, a deiream ribh 'na dhiaigh fo chi sibh mac an duine 'na shuidheadh air deis-laimh cumhachda DHE agus a' teachd ann an neuluibh neimh. 'An sin shrac an t' ard-shagart fhalluing, ag radh, gu'n do labhair e cainnt dia-mhaflach. 'Ciod tuille feuma a th' againn air fianuisibh, ars efan, ciod i ur barail. Thuirt iad uile, gu'n robh e toilltineach air bas. Bha 'm breitheamh ea-corach fo a' cur roimhe, ciod air bith a fhreagradh CRIOSD, fhagail fhios. Ach ge do bha cinnt aig mac DHE gu'n cailleadh e bheatha ris, dh' aidmich e gu'm b e breitheamh cothromach an t' faoghail. Air ball thug an t' ard-shagart a bhinn amach roimh' an chomhairle, a' nochdadh nach robh feum air tuille fhianuisean, chionn gu'n do labhair CRIOSD cheana briathran maflacha, 'an aghaidh DHE. Dh' iarr e 'n sin air a chomhairle am breith a thoirt amach. Labhair iad gu h' aon-sgeulach a reir a thoile-fan, gu'n robh e airi air bas. Ge do bha 'n t' ard-shagart a gabhail es-laimh a bhi co dian, dealasach a ghleidheadh an lagha 'an aghaidh CHRISD, thug se e fein a nios

leis an fgeimh leth-fgeil fo, 'nuair a bhrís fe e gu folluifeach. Mar fo thugadh breith chlaon air breitheamh neo-chlaon nam beo agus nam marbh. Dhiteadh Tobar na beatha agus na firinne, ge nach d' fhuaradh riamh cealg 'na bheul, mar neach eiontach do bhreuguibh, agus do dhia-mhafladh, am péacadh a bu ghraineile.

O mata leanamaid eiseimpleir CHRÍOSD, agus na feanamaid * an fhirinn, ge do chosnadh fo dhuinn ar beatha. Ciod e an faoghal agus na bheil ann? Ciod am math a's urrainn e a dheanamh dhamh? Ciod air son a bhíodh nair' orm mo THRIATH a leantuinn, chum an faoghal a thoileachadh. Tha 'n faoghail a' toirt breithe dhoill, chlaoín; tha e a' dite 's a' toirt a níos gun ríafan; tha e a' míos oglacha DHE mar naimhdibh; tha e do ghnath a' toirt géalluidh, is cha 'n 'eil e co'-ghealladh; cha 'n 'eil e ach a' deanamh míoduil amhain, chum gu'n fgríofadh e mí; agus cha toir e dhamh ach deatach dhíomhain urrainn, a sgapar air falbh ann an gradaig; ach tha a' ghloir, a bheir DIA feachad, fíorruidh mar nadur an anma.

IX. Dh' aicheadh Pedar e trí uairean, Mat. xxvi. 69, 71, 73. 'Nis thuidh Pedar amach 'san talla, agus 'thainig cailín aruid d'a ionnfuidh, ag radh, bha 'thusa mar an ceudna maille ri Iosa o Ghalilí; ach 'dh' aichsheun é san 'nan lathair uile, ag radh, ní 'm fíos damh creud a deir thu.' Ge do mhionnuigh Pedar roimhe fo, 'nuair a dh' innis ar Slanuífhear dhoibh, gu'n treigeadh gach aon aca e air an oidheche sin, gídhedh nach treigeadh e fein e, ach gu'm bu luaithe bhafuicheadh e air a shon, dh' aichsheun e 'nis e le mionnuibh. 'Nuair a thuirt iad ris 'na dhiaigh fo da uair eile gu 'm buineadh e do Iosa

IOSA o Nàfaret, thoifich e air mìonnachadh le guidheachuibh malluichte, nach b'aithne dha riamh e. Bha Pedar tuille's earbsach as a neart fein, ach leis a fo bha e mothachail cia lag mac an duine dheth fein as eugmhais neirt DHE. Gealladh air bith a bheir sinn, cha 'n urrainn sinn, a cho'-ghealladh 'nar neart fein. Chi sinn nuair a ghlac a naimhdean ar Slanui'-fhear, gu'n d' fhag an t' iomlan d'a luchd leantuinn e. Bhrath aon dhiubh e; dh' aicheadh aon eile dhiubh e; theich cach agus dh' fhag iad 'na aonar e 'am boilsgin a naimhdean. Threig a chairdean air fad e, agus a mhuintir air an do chuir e a' chomain a 's mo. Ach ge do threig iadsan efan, oha do threig efan iadsan. Bha a ghradh tairis gus am bas. Oir an uair a ghlacadh e fein, dh' iarr e air a naimhdibh leigeadh le dheiscioblubh dol as.

X. Mhi ghnathuich iad e gu h an-ìochdmhor, garg, Mat. xxvi. 67. 'Ghabh iad do sheilibh 'na 'aodann, agus bhuail iad le 'm bosuibh e, ag radh, 'dean faidheadaireachd dhuinn, a CHRISD, co a 'bhuail thu.' Tha Marc ag radh, gu'n do chuir iad comhdach air a ghnuis, agus Luc. xxii. 63. 'Gu'n 'do labhair iad moran do nithibh gu toi'-bheumach 'na aghaidh, agus gu'n d' rinn iad fanaid air,' freagarach do dh' fhaidheadaireachd, Isa. li. 6. 'Cha d' 'fholuich mi m' aghaidh o mhasladh agus o sheilibh,' arsa CRISD. Rinneadh 'na cuspair do sheilibh breuna falacha dhaoine aingidh, gnuis ar Slanui'-fhir. Ge do tha e air a radh, gu bheil i ni 's ailli na clann nan daoine, 's ge do tha earrann mhor do nuadh Jerusaleim, a' co'-fheasamh ann an amhare orra. Cha 'n e 'mham gu'n do thilg iad feile air, ach leig iad air a bhualadh mar an ceudna; ge d' nach robh ni air bith a bu mhasluiche leis na h Judhaich na gu'm buailteadh iad le basuibh, agus gu'n tilgteadh

feile orra. Gabh fealladh mar fo air Uan neo-chiontach DHE air a chuartachadh le tairbh Bhafain! Maduidh, mar leoghannibh garga, beucacha, fuil-eachdacha, a' fosgladh am beoil ris! Faic an ti, d'amb fhurasta an cruinne-ce a thiunnadh gu neo-ni le focal a chumhachda, a fulang le mor fhoighidin gach spide agus taire, air son do pheacaidh! Faic oglaich agus uachdarain, ard-shagairt agus trailleam, le gaire fanaide, ag amharc air iobairt-reiti na sithe a' fulang! gun charaid a lathair gu co'-fhulang leis. Oir bha a luchd-gaoil agus a chairdean air am fogradh fada uaithe. Chuir iad dalladh air a fhuilibh, ag radh ris le sgallais, 'Dean faidheadaireachd, co a' bhuail thu.' Mheas iad e neo-airi air solus na greine. Agus le dhalladh, dh' fheudadh iad, leis an tuille ladarnuis, agus le ni's lughe naire agus iochda, a bhualadh air aghaidh. Feuch gnuis mhic an De fhioraidh air a foluch le daoinibh aingidh, ge do tha na Cherubim agus Seraphim a' foluch an gnuis 'na lathair, le 'n sgiathuibh, 'nuair a tha iad ag amharc air dealradh a mhorrachda! Faic grian na firinne, a tha soilseachadh gach neacha, a tha tighin a dh' ionnsuidh an t' faoghail, air a mheas neo-thoilltineach air solus na greine nadurra 'fan iarmailt. Faic truaghana aingidh gu ro ladarna, gun naire, gun iochd, a' bualadh na gnuise sin, a tha neamh agus talamh a' teicheadh air falbh 'na fianuis.

XI. Air tighin do'n mhaduinn, thug iad CRIOST ann an lathair na comhairle, agus cheasnuich iad e, Mat. xviii. 1, 2. Cha robh a' chomhairle mhaidne fo ach air a gairm sa' mhaduinn amhain. Ann sa' chomhairle* so chuir iad an cinn r'acheile, chum gu'n cuireadh iad gu bas e; ach ann an comhairle an theasgair chuir iad rompa, gu'n cuireadh iad gun teagamh gu bas e. Agus co luath 's a thainig an la, chruinnich seanaireau

feanairean a' phobuill, na h ard-shagairt agus na
 fgriobhuich, is thug iad e chum na-comhairle. Tha
 fo a' dearbhadh gu'n robh eadar-dhealachadh eadar
 a' chomhairle mhaidne agus a' chomhairle fheascair.
 Moch fa' maduinn chruinnich iad, agus thug iad
 CRIOSD a lathair agus dh' ath-cheafnuich iad e.
 Ann fa' chomhairle mu dheireadh thug iad a bhreith-
 dhithidh amach, gu'n robh e ciontach do dhia-mha-
 ladh. Bha eagal orra a nis gu'n aicheadh e an ni
 sin, a dh' aidmhich e roimhe, eadhon, gu'm b' e
 mac DHE. Dh' ath-cheafnuich iad e a dh' eigneach-
 adh aidmheile uir uaithe, 's achum gu'm faigheadhiad
 amach e as ur ciontach do dhia-mhailadh. Luc.
 xxii. 67—70. 'An tu CRIOSD, innis dhuinn. An
 ' tusa, ma' feadh mac DHE, agus thuirt e riu, their
 ' sibhse gur mi.' Ann fa' mhod mhaidne fo, chuir
 iad rompa a chuis-dhithidh a tharruing, agus a thoirt
 thairis ceangailte do Philat, g'a cheusadh. Bha a
 naimhdean co fuileachdach, as gu'n do fhuaidh iad
 gu gairm-choilich no tri uairean fa' mhaduinn Agus
 mu she, 'nuair a b' e 'n lae, chruinnich iad gus an
 lochd, a bha 'na 'n aire, a chur 'an gnìomh. Cha
 'n ann gu mairnealach, mi-fhunndach, a tha ogleach
 an diabhair, ag oibreachadh ann an flighe a pheac-
 aidh, ach gu togarrach, dealasach, aig eiridh moch
 agus a' luidhe ana-moch.

XII. Thug iad thairis ceangailte e do Philat, Mat
 xxvii. 2: 'An sin air thus ghlac agus cheangail iad e.
 Mar fo thug iad leo 'n leoghann do threibh Judaih
 ceangailte le bannuibh. Le ro mheud a dheigh air
 ar n anmanna truagha a thearnadh, dh' iorasluich se
 e fein co iosal as gu'n d' fhuiling e dodh' aingeach-
 uibh peacach a lamhan a cheangal le slabhruibh, ge do
 tha a lamh uile-threun a' cur stad air mi-run dhaoine
 drochmhuinte, agus a' ceangal fios dheamhan
 isinne

ifrinne air fad, le geimhlibh an dorchaduis. Feuch lamhan naomha an ti sin, a chruthaich neamh agus talamh, ceangailte le lamhuibh pheacach; na lamhan, a tha faoradhanmanna truagha o bhruid a pheacaidh; na lamhan siughantaicha, a tha riarachadh † miann gach duile bheo, air an ceangal le lamhuibh a chreatairean fein! Faic le cridhe creidmheach is le fuil dheuraich, daoine truagha moisguineacha, a tarruing breitheimh neo-chlaoin-bhreitheich nam beo agus nam marbh mar dhuine droch-mhuint, gu lathair breith-cimh claoim-bhreitheich talmhuidh, a chum gu'n dìteadh se e air son ar peacaidh! O faic ceartas DE! teas-gradh CHRISD! doruinn a pheacaidh! an cunthart ana-barrach 'an robh sinn! meudan luacha, a dh' iocadh air ar son! ar mi thaingcalachd ghraineil fein!

XIII. Dh'it iad gu'n ea-corach e, Eoin xviii. 23. 'Ann sin thug iad Iosa gu talla a bhreitheanuis o 'Chaiaphas.' Chionn gu'n robh a' chaisg 'am fogus, cha deachadh iad fein do thalla a bhreitheanuis 'fa mhaduinn, an teagal gu'm biodh iad air an falachadh, agus mar so gu'm biodh iad neo-iomchuidh air a' chaisg itheadh. Shiolaidh na cealgairean so a' mheanbh-chuileag agus shluig iad an camhull. Ma b' fhior dhoibh, cha leigeadh agartas an cogaise leo dol do thalla a bhreitheanuis maille ri Pilat, chionn gu'm bu Gheintileach e, ach gun agartas cogaise b' urrainn iad Slamui'-fhear neo-chiontach an' faoghail: a chur gu bas. 'Chaidh Pilat amach d'an ionnsuidh agus thuirt e, ciod a chuis-dhiti a tha sibh a' cur as 'leth an duine so? fhreagair iad fan gu spideil, m'ar 'b' fhear droch-ghniomh e, cha tugamaid thairis 'duits' e' Mar gu'n abradh iad, Am bheil a' bharail agadfa, mar biodh e'na dhuin' aingidh agus toilltin-each.

† falachadh

each air bas, gu'n tugamaid thairis dhuits' e. Nach leoir aon fhocal uainne. Nach leoir ar'n ughdar-raí-ne gu fo a dhearbhadh. Nisheadh, arfa Pilat, cha 'n 'eil an lagh Romanach a' diteadh duin' airbith gun eifdeachd, gun dearbha, agus mar toir sibhse cuis-dhiti' air bith 'na aghaidh, thuguibh libh e agus cuiribh gu bas e. Oir as eugmhais cuis.dhiti dhiong-mhalta 'na aghaidh agus dearbhaidhlaidir air a' chuis sin, cha chuir mise gu bas e. Cha 'n 'eil e laghail dhuinne duin' air bith a chur gu bas, oir thug sibhse a's Romanuich, an comas † sin uainn. Ach tha lagh aguinne agus a reir ar lagha-ne, 's coir a chur gu bas, agus uime sin tha sinn a' tighin a' t' ionn-fuidhse, breitheimh gach cuise chiontuich, a chum gu'n cuireadh tu gu bas e. Ge do chuir iad tri cuisean diti as a leth, eadhon, 1. gu'n robh e ciontach do bhuaireas, a mealladh an t' fluaigh is a' claonadh a chinnich, 2. gu'n robh e foilleil agus mi-rioghail, 3. gu'n robh e ciontach do bhreith-air-eigin, ar-amach agus easontas, gidheadh cha do cheasnuich Pilat e ach mu thimchiol na treas cuise amhain, ' Air dha dol an tus a stigh do thalla a bhreitheanuis, ' agus Iosa a ghairm d'a ionnfuidh, dh' fheoruich ' e dheth, an tufa righ nan Iudhach. Phreagair Iosa ' cha 'n ann do'n t' faoghal so tha mo rioghachd fa, Eoin xviii. 35, 26. Leis a so dh' aithnich Pilat nach robh 'an run CRIOSD breith-air-eigin, ceannairc no ar-amach, a dheanamh 'an aghaidh Cheasair, agus air an aobhar sin, b' aill leis a leigeadh as. Faicbreith-eamh neo-chlaon an t' faoghail air fhagail fuidhe le ana-cainnt thruaghan aingidh; teagasg mearachdach, buaireasach air a chur as leth an ti sin, a theagaisg flighe DHE 'am firinn, mar nach do theagaisg neach riamh i; agus leis am b' aill a chreatairean a theanal,

a theanal, r'a cheile, mar a chruinnicheas a' cheare a h alach fo a sgiathuibh; an t iochdaran a bu tairisè 's bu luachmhoire a bha riamh air thalamh nam beo air agradh air son foille agus foir-neirt; Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tighearnan, air agradh air son easaontais, ceannairce agus ar-amacha, ge nach d' fhuaradh riamh cealg 'na bheul.

XIV. Chuireadh CRÌOSD a dh' ionnfuidh Heroid, Lub. xxiii. 7 'Nuair a chualadh Pilat gu'm bu Gh...
 ' lileanach Iosa, 's uime sin, gu'm buineadh e do
 ' fhlaitheachd* Heroid Tetrairch Ghalili, chuir e
 ' CRÌOSD a dh' ionnfuidh Herod, neach a bha 'fa'
 ' cheart am sin 'an h Ierusalem, a chum gu'n rachadh
 ' fheuchunn leis.' Bha Heroid lan aitis air son an
 urraim fo, a thug Pilat dha, oir bha deigh aige re
 uine fhada air Iosa fhaicinn, do bhri' gu'n cualadh
 e moran nithe uime, agus bha dochus aige gu'm
 faiceadh e miorbhuilt eigin air a dheanamh leis. An
 diaigh moran cheisdean neonacha, neo-tharbhacha,
 a chur m'a choinne, air nach tug ar Slanui'-fhear
 freagradh air bith, mheas fe e mar dhuine focharach,
 chionn gu'n robh e 'na thofd. Agus 'nuair a rinn
 e fein agus na faighid-fheara fanaid air, sgeaduidh
 iad e 'an truscan fanaideach. Feuch 'an fò neo-
 chiontas, mor-luach, oirdheirceas a chruinne, air
 a mheas le a chreatuiribh mar pheacach, dhuine faoin,
 agus amaideach, ge do labhair e mar nach do labhair
 neach riamh, ge d' is e a thug tuigse agus eolas do
 gach neach, agus ge do b' eigin d'a naimhdibh a bu
 mho aidmheachadh, gu'm b'e mac DHE! Cheas-
 nuicheadh e da uair le lagh na h eaglaise, agus
 chaidh 'an sin fheuchunn le lagh na rioghachda.
 Chuireadh 'an sin a dh' ionnfuidh Heroid e, a chum
 gu'n rachadh fheuchinn le lagh an airm ann an
 comhairle.

* Ughdarras.

comhairle-choguidh. Chuireadh e fa dheoidh air ais le Herod a dh'ionnfuidh Philait. O aite gu h'aite, o mhod gu mod, thairngceadh CRIOST tre na fraidean a b' fholhuifhe agus a bu mho tathuich, a bha 'n Ierufaleim, a chum gu'm biodh e 'na bhall-maguidh aig sluagh a bhaile 's na abhachd aig gach amadan. 'Nuair a bha 'n t am a' dluthachadh ris, is 'nuair a thainig an la a bu shona a fheillfich no dhealruich riamh air thalamh, 'nuair a bha e air bheul a bheatha a leagadh fios, buaidh a thoirt air ifrinn, agus neamh agus talamh ath-reiteachadh agus ionmhas a throcaire fionnuidh fhoisgladh. Ghabh an sluagh iongantas 'nuair a chunnaic iad ceangailte air a tharruing tre shraidean a bhaile, an neach sin, ris an robh iad a gabhail mar a' Mesia, la na dha roimhe sin. Ach nuair a chunnaic iad e toisdach, na ceanglaichean leis an robh e air a cheangal, na h uachdarain, agus na hard-shagairt, smuainich iad gu'n robh e ciontach. A mhuintir, a bha 'nan cairdibh dha dh' fhas iad a nis 'nan naimhdibh, agus a' mhuintir air an do chuir e roimhe comain, bha iad 'nis a' measg a luchd geur leanmhuinn. Faic, gliocas an Athar, air a mheas mar amadan! Ceannaird dibhli, thalmhuidh, a' deanamh sgeige air ceannard neimh! 'Righ fionnuidh neo-bhasmhor 'na bhall-fochuide aig righ basmhor! An ti, a sgeaduich na flatheis le neuluibh agus reultuibh, air a sgeadachadh ann an truscan amadain. Cha b' iongantach ge do chrìothnuich an talamh, is ge do sheas na neamhadh le iongantas!

XV. Ghabh na h Iudhaich Barabas, a bha 'na mheirleach agus 'na ghaduich, a roghainn air CRIOST, Eoin. xvii. 39. Bu ghnath leis an uachdaran 'an am cuirme na caisge, aon chiemach a bu toileach leis a' phobull a chur fa sgaoil; agus uime sin air do Philat a bhi

a bhi toileach CRIOSD fhuafgladh, dh' fheoruich e do'n tfluagh, co is aill libh mise fhuafgladh dhuibh? Co ac' is roighniche libh Barabas, a tha 'na ghaduich, 'na fhear spuinne, 'na mhurtair agus ughdar easaontuis, no righ nan Iudhach, a chur fa sgaoil duibh. Fhreagair iad uile, gu h ard ghuthach, a' nochdadh an dian-thogruidh mhirunaich fhuil-eachdaich a chur CHRISD gu bas, ni h e m fear so ach Barabas. Cha robh e mar chleachduinn aig na h Iudhaich, ainm ni air bith a mheasadh iad mal-luichte, a luadh 'nam bilibh. Uime sin cha dubhairt iad, ach an duine so. Bha dearbh-chinnt aig Pilat, gur an air son farmuid a thug iad thairis Iosa, Mat xxvii. 8. ' Agus 'nuair a chunnaic Pilat, gu'n do chuir Herod air ais e gun dite, thug e oidhirp air CRIOSD fhuafgladh, agus thuirt e riu. ' Ciod mata a ' ni mi ri Iosa d'an goirear CRIOSD,' Mat xxvii. 2. Ge do b' ann do na cinnich Pilat, ghabh e tuille truais d'arSlanui'-fhear na ghabh na h Iudhaich uile Ach thuirt iad uile ris, biodh e air a cheusadh. Bhris ammi-run, a bhaid roimhe so a' ceiltinn, a nis amach 'an dian-bhuirbe*. Cha 'n fhoghnadh bas gnath-uichte† a thoileachadh an ganlais ana barruich, ach bas a bha trailleil a measg nan Romanach; bas mallaich, fadalach, buan a chroinn-cheufuidh. 'C'air 'son, ciod a' choire a rinn e, arsa Pilat, an ceusar e 'gun chionta air bith r'a chur as a leth. Ach is 'mothaide gu mor a ghlaodh iadfan, Ceus e ceus e.' Cha 'n urrainn ri'asan air bith, ach amhain boile agus cuthach, teachd o ghanlas naimhdeil, fuileachdach. B'aill leo gu'n ceustadh mac DHE, ach cha tugadh iad ri'asan air bith feachad air a ghnìomh mhalluichte so. Agus 'nuair a thuirt Pilat riu an treas uair, c'air son, ciod an lochd a rinn e, Luc. xxvii. 22. ghrios iad

* bhoile.

† coitcheanta.

iad gu dian, le aird-eighich, gu'n rachadh a cheusadh. Ge do thog Pilat fianuis gu folluiscach, gu'n robh e neo-chiontach, bhuadhuich guth an t'fluaigh agus nan ard-shagart, gun fuim air bith do riasan, air Pilat. Shaoil e gun amharas gu'n iarradh iad CRIOSD a leigeadh a' a' roghoinn air Barabas. Ach 'nuair 'nach do bhuadhuich e bheag air bith, agus a dh' eirich tuille buaireis, dh' fhuasgail e Barabas a murtair, agus thug e thairis doibh Slanui'-fhear neo-chiontach an t' saoghail. Cha bu leoir leo a' murtair a chur 'an coi'-meas ri CRIOSD ach a thogbhail mar roghainn. Ge do bha Pilat ag tagradh as leth neo-chiontais CHRIOSD agus ag iarraidh a chur fa sgaoil, bha priomh-luchd dreuchda na h eaglaise ag eigheach gu'n robh e ciontach. Bha 'n leigh tiom-chrìodhach, trocaireach fin, a tha leigh-eas chreuchda chrìodhacha bruite, 's a tha taomadh fiona agus ola aoibhnis annta, air fhagail fhios, agus am fear-spuinni ana-cneasda, a bha murt luchd-fìubhail, air a thoirt a nios. Ghabhadh a' murtair mar roghainn air an t Slanui'-fhear, a' madadh-alluidh mar roghainn air an uan, an ciontach a roghainn air an neo-chiontach.

XVI. Ruifgeadh CRIOSD, Mat. xxviii. 27. ' An ' fin thug faighd'-fheara nan uachdaran leo Iosa, ' do'n talla choitcheanta, agus chruinnich iad mu ' thimchiol a' chuideachd air fad, agus thug iad ' air seasamh lomnocht' 'nam fianuis uile.' Dh' fhagadh falamh do aodach, ann am fochur mhil-tean d'a chreatairibh fein, an ti a tha sgeadachadh nan aingeal le gloir, naomh le flainte, nan neamha speur-ghlana le reultuibh dealracha, agus an talaimh le luibheannuibh*. Dh' fhuiling tobar na maltachd, gach tair agus masladh air ar son-ne. Thugadh

F

dhera

* Iuis-bheo.

dheth a thruscan talmhuidh a chum gu'n fgeaduicheadh e sinne le truscan fireantachda agus gloire ann an rioghachd DHE.

XVII. Sgiursadh CRIOSD, Eoin xix. 2. Bha Pilat ro dheonach a ghnath air Iosa a chur ta fgaoil, agus uime sin thug e fainear a fgiursadh thair tomhas, 'an dochus gu'n taifeheadh fo criodhacha nan Iudhach. Cha 'n e 'mhain gu'n robh am peanas fo craiteach agus guineach, ach bha e mar an ceudna co mormhaflach, as gu'n do shaor na Romanuich muintir an duchadh fein uaithe, Gnìomh, xxii. 25, 26. Cha robh am peanas fo air ordachadh, ach do ghaduichibh agus thraillibh. Cha 'n 'eil ag air bith nach robh an fgiursadh, a dh' fhuiling CRIOSD ro ghoimheil, ma bheir sinn fainear lionmhoireachd nam buillean, agus an ganlas agus an neart, leis an do bhuaileadh iad, agus gu'n robh na h Iudhaich fo ghlorag mor gu'n leigeadh Pilat as Iosa. Ach cha bu leoir fo. 'An diaigh a bhinn a thoirt amach, fgiurs iad e gu goirt a ris, mar a tha Matta agus Marc ag innfeadh dhuinn. Mar fo fgiursadh e da uair; uair chum gu'n leigteadh as e, mu'n d' thainig a bhinn amach, agus uair eile an diaigh d'a bhinn teachd amach, chionn gu'n robh iad a' meas gu'n tug e masladh do DHIA, freagarach d' an reachd. Oir bha luchd diamhafluidh air an clochadh gu bas, leis gach neach a chluinneadh iad. Ruifg iad e, chum gu'm moth-aicheadh e guin an fgiursaidh le barrachd naire agus claidhe. Lotadh, bhuaileadh agus bhruthadh gu goirt, uan DE; Isa. liii. 5. air son ar n easaontais cheannaircich ne agus chum ar leigheis. Bhuaileadh ar Slanui'-fhear le lamhuibh dhaoine chum sinne a shaoradh o bhuillibh bi-bhuana corruiche neo chriochnuich DHE. Ge do cheangail iad e ri carrgha, gun fuim do'n lagh, a bha 'g ordachadh gun bhuille thair da-fhichead a bhyaladh, ge do bhròfnuich an dian-bhuirte

bhuirbe iad gus a bhualadh gun tomhas, agus a reubadh gu h-an-ìochdmhor, gidheadh fo gach cradh, cha chualas riamh gearan as a bheul, 'is cha do labhair e lide neo-fhoighidneach. Bha fhuil 'an comhnuidh a' geur-bheachdachadh air ar slainte, air an aoibhneas o chuireadh roimhe; agus uime sin, 'Bha e mar chaora balbh ann an lathair a fear-bearthuidh; mar sin cha d' fhosgail e a bheul.' Thug e suas mar iobart, fheoil neo-chiontach, a bha 'n uime ghearr ri bhi air a reubadh, agus fhuil luachmhor, a bha e miannachadh co fada, a dhòrtadh air ar fon. Cha do thiunnaidh e air falbh, a sheachnadh nam buillean; ach ghabh e gach aon dhiubh co sìochail, as ge d' nach biodh mothachadh aig orra. Ge do tha e iochdmhor, trocaireach, feirceil agus macanta dhuinne, gidheadh bhuin ar peacanna gu craiteach an-ìochdmhor ris-san. Thug e fhuil agus fheoil fein seachad a chumbhi air am mi-ghnathachadh, ach 'nuair a tha e a smachdachadh chloinn nan daoine, tha gach buille, a tha e teirt dhuinn, air aireamh, gach smachdachadh air a thomhas a reir ar n' anfhainneachda. O gu'm beannuicheadh neamh, talamh agus uile chrcatairean DHE, e gu sìorruidh. Feuch mo cheann, mo lamhan, mo thogradh, mho mhianna, mo thoil mo thuigse, m' oibre, mo smuainte, m' aigneadh cheudfatha o n' leth a muigh agus a stigh; ionluid iad uile; oir tha iad uile neo ghlan; leighis iad uile; oir tha iad uile tinn.

XVIII. Sgeaduich iad e le falluing sgarlaide agus chuir iad coran droighine air a cheann, Eoin xix. 2. Mat. xvii. 29. Tha Eoin a' gradh gur falluing chro-dhearg a bh' ann, agus Mat. gur sgarlaid a bh' ann. Do bhrìgh coflais gu'n robh an da ghne dhatha fo san fhalluing. Tha 'm facal ann fa' Ghreigis a' ciallach

'adh truscain gheirr fhuaosgailtich, leis am bu gnath,
 le righribh agus Iompairibh, a bhi air an sgeadach-
 adh. Chuireadh fo mu CHRISO mar fhannaid air a
 dhreuchd-rioghail. Bha na casan, a bha ghnath a'
 dol mun cuairt a' dheanamh matha, a nis air an
 rufgadh, agus righ na cruinne air a sgeadachadh le
 truscan fanaide. Agus nuair a rinn iad an toil fanaide
 air, agus a bha iad sgith d'a sguirfadh, dh' fhuaosgail
 iad o'n charrgha e air cabradh 'na fhuil. 'An diaigh
 sin dh' fhigh iad coran droighine agus chuir iad
 m'a cheann e. Bu ghnath le daoinibh, 'fan am sin
 agus ann fan duthaich sin, ceroin a dheanamh suas
 do nithibh luachmhora, do chlochuibh, do dhuilleach
 agus bhlathuibh. Ach chuireadh air 'Tighearna nan
 flogh coron do dhroighin, geur, scaiteach, mar thair
 air a dhreuchd rioghail. Agus co luath as à chuir
 iad aire e, bhuail iad a cheann le slait chuilce, Mat.
 xxvii. 38. chum gu'm biorradh an droighin deilg-
 neach, fheoil leis an tuille guine. Ge do bha mac
 DHE ann an staid, a bu leoir a mhaothachadh nan
 criodhachan a bu chruaidhe agus a thlathachadh* an
 fhuaith a bu mhioguiniche, cha robh na maduidh-
 alluidh an-iochdmhora fo air an taifeachadh. Mar
 bu mho a bha iad a' dortadh do fhuil an Uain
 neo-chiontaich fò, bha 'n ciocras air a gheurachadh.
 Ach ghiulain mac DHE le 'n tair, mar a ghiulain e le
 'mbuillibh, gu seimh, macantà, ciuin. Bhà a fhuil a'
 beachdachadh air an aoibhneas a chuireadh roimhe,
 agus bha ar slaintene aige do ghnath 'fan amharc, air
 son an do chuir e ann an neo-brigh fhulangas agus
 an do dhi-chuimhnich se e gu tur. Chaith an 'Tigh-
 earn' Iosa coran droighine air thalamh, chum gu'n
 caitheadhmaide coron fireantachda agus gloire air
 namh. Chuireadh coron goirt, craidh air ceann Iosa
 ann

* thiomachadh,

ann an Ierufaleim thalmhuidh chum gu'm faigheamaide coron aitis agus aidh'an Ierufaleim neamhuidh. Siuluibh amach, Ingheana Shioin, agus faicibh am fìor Sholamh air a fgeadachadh leis a choron dhroighine a chuir a naimhdean air, ann an la fulangais agus doilghis ro mhoir a chrìdhe. Faicibh an ceann sin, a tha geal mar oluinn agus mar shìneachda, 'nis air fhagail trom-dhearg le fhuil fein! na fuilean sin, a bha mar lafair theine, a nis air an dalladh le fhuil luachmhoir fein! Rìgh na cruinne a' caitheamh coroin droighine! An ceann glormhor sin, air an do thursuing an spiorad naomh mar chalman, a nis air a bhiorradh air gach taobh le droighin scaiteach, deilgneach! A naimhdean a' bualadh a' choroin agus 'ga shathadh * 'na cheann. Leonadh a cheann naomh chum grafa a chosnadh d' ar n anmannuibh. Dh' fhosgladh cuislean a chuirp chum creuchdan ar n anmanna a leigheas. O thusa, a 's maifiche a measg chloinn nan daoine, o cheile ghradhuich m' anma, cliu' gu fìor-ruidh gu robh do t' ainm, air son an etda agus a' ghraidh abha air lasadh a' d'anam air son mo-shlainte. O DHE uile chumhachduich, biorr mo chridhe le faighdibh corranacha do ghraidh! Pill mo shuilean mu'n amhaire mi air diomhanas. Socruich m' aigne agus m' anam ort fein. Leir-sgrios annam gach ni a tha thu faiciinn 'an aghaidh do thoile, a dh' aindeoin catha na feola. Tarruing mi, mar ruidh mi le m' thoil. Smachduich mi, ma chuireas mi a' d' aghaigh. Thoir gu crìch t' obair, gun fuim do m' an fhainneachd.

Ach osbar, cha b' urrainn gach ana-gnathacha, a rinn iad air mac DHE, am mi-run a thoileachadh. Chaidh iad ni b' fhaide air an aghaidh na fo uile. Chuir iad slat chuilce 'na laimh, Mat. xxvii. 29.

F 2

Chruinnich

* theannadh.

Chruinnich na faighd'-fheara, a bha'ga ghleidheadh m'an cuairt air, an t' eagal gu'n tugtadh air falbh e, agus lubiad an glun, gach aon 'an diaigh a cheile, ag radh failte dhuit, a rìgh nan Iudhach. An sin ghlac iad a' chuile, a bha 'na laimh, agus leis a fo bhuail iad ann fa' cheann, agus ann san aghaidh, e. Bha gach aon a' toirt oidhirpe air barrachd a thoirt air an t'aon eile ann am mor-chradh a thoirt do rìgh na gloire. Ach nach iongantach an ni, gu'n robh gach tobar truacantais agus iochda a tha' an nadur a' chinne-daonna, air tiormachadh anns na crìodhachuibh cruaidhe sin, co mor as nach d'rinn staid thruagh ar Slanui'-fhir druthadh air bith orra, ach amhain an seideadh suas gu tuille an-ìochda. Ach tharruing Uan De air fein uile fhearg Shatain, a thoill ar peacadh-ne, agus ghleidh e fa'r comhairne a throcair air fad, air nach robh sinn airi. Rinneadh fanaid air Rìgh na sìthe, a tha a' cumail suas neimh agus talmhuinn. Cheil e a mhorrachd, chum gu'm biodh e comasach air fulang air ar son-ne. Bha a ghradh dhuinne co mor as a bha fuath a naimh-dean dhasan. Bhrosnuich am fuath iadfan gu inn-teachdan ura a dhealbh a chum a chraidh, agus bhrosnuich a theas-ghradh ar Slanui'-fhear, a dh' fhulang air ar son-ne. Agus mu dheireadh, chaidh fuath a bhristeadh 'na bhloideibh air a' charruig sin, is thug gradh buaidh. Bithidh CRÌOSD 'na Rìgh gu sìruidh a' dh' ain-deoin sgeige nan-Iudhach. Deanadh na truaghana aingidh sin urrad as a thoilicheas iad, deanadh iad fanaid air co fad as a tha 'nan comas; tha iad a' labhairt na firinne'n aghaidh an toile, 'nuair a tha iad ag radh ris Rìgh nan Iudhach. Cia' ana-cneasda air bith a bha cridhe Chaiaphais, is firinneach a bhinn a thug e 'mach an uair a thubhairt e, 'Tha e freagarrach air bhuir sonfa
 ' gu'm

‘gu’m basuich aon air son an t’ sluagh, chum nach rachadh an cinneach uile a’ muthadh.’ Thugadh dha flat chuilce ‘na laimh, chum gu’n tugtadh dhuinne suaicheantas buaidhe ‘nar lamhuibh fein. Dh’ ungtadh le fhuil Rìgh na sìthe, chum gu’n ungtadh sinne leis an Spiorad naomh. Dh’ fholuich na h Iudhaich le feilibh Rìgh Shìoin, ge do tha na h Aingle a’ foluch an gnuise fein ‘na lathair. Chuir-eadh flat chuilce air son coilbht† ‘an laimh an Ti sin, a tha mion-bhristeadh nan cinneach le flait iarunn. Lubadh gluinean le fanaid dhasan d’ an eigin do gach glun air neamhagas air thalamh lubadh le umhlachd. Rinneadh fochuid le teangannuibh sgallaiseacha a naimhdean, air an Ti sin, d’ an eigin do gach teangadh aidmheil a dheanamh, ‘s do gach beul moladh a thoirt. Leis an aitim sin, a tha gabhail d’an ionnfuidh dreuchda Shìoin, thugadh urram fanaideach do ‘n Ti sin, a shocruicheadh leis an Athair, ‘na Rìgh air tulaich naoimh Shìoin.

Ach cha do chrìochnuich an fhanaid a rinn iad air dreuchd CHRÌOSD mar Rìgh, leis a son e; ach thugadh binn a bhais amach, Eoin xix. 5. Ghairm Pilat amach a boillsigin an t’ sluagh e, agus ‘nuair a chunnaic e ‘n staid ‘san robh e, bha a chridhe air a lionadh le oillt agus iongantas. Ach smaoinich e gu’m bu leoir an eubaineachd, a rinn iad cheana air g’a shàoradh o’n bhas. Cha robh teagamh air bith aige nach gluaifeadh, aon sealladh do’n staid dheistinnich ‘an robh e, na crìodhachan a bu chruaidhe. Uime sin chuir e roimhe gu’n nochdadh e do ‘n t’ sluagh e. Thug e mach e ‘s nochd se e gu folluiseach ‘an lathair na cuideachda sgallaisich, agus an coron droighine air a cheann agus an fhalluing scarlaide uime. Thuirt Pilat ris an t’ sluagh, ‘Feuch

‘ an

‘ an duine,’ mar gu’n abradh e, faicibh efan, a tha sibh a’ diteadh, chionn gu’n dubhairt e Rìgh ris fein, faicibh, o Iudhacha, an duine truagh, a tha sibh a’ dian-ruagadh, faicibh an staid ’am bheil e agus cia eacomafach a tha e air bhith ’na Rìgh, faicibh a cheann cheana air a throm-leon leis an droighin, a chorp air a bheubaincachadh le buillibh, agus a ghnais air a h eabradh le feilibh, nach gabh sibh truas dheth, agus nach leig sibh air falbh e? Nach d’ fhuiling e ni’s leoir cheana. Ach cha robh feura ann an ni air bith, a dh’ fheudadh Pilat a radh no dheanamh, a mhaothachadh an crìodhachan no chur iompaidh orra. Oir cha luithe chunnaic na h ard shagairt agus na maoir e, na ghlaodh iad amach, gu h’aon-sgeulach, Ceus e, Ceus e. Bha Pilat a ghnath neo-thoileach air CHRISD a chur gu bas, agus uime sin thuirt e, gabhuibhs’ e agus ceusuibh e; oir cha ’n’eil mise a’ faghail coire air bith ann. Ciod! an ceus mi duine neo-chiontach, ceusuibhs’ e, ma thoilicheas sibh, ach air mo shonfa, cha bhi lamh air bith agam ’na bhas. ’Nuair a chunnaic iad, gu’n robh e cruaidh le Pilat, binn a bhais a thoirt amach, thug iad trì oidhirpean air a bhrosnachadh d’a ionnsuidh. B’ e cheud riasan a ghnathuich iad g’a dhiteadh, gu’n do bhrìst e’n lagh. ‘A reir ar reachda-
 ‘ ne’s coir a chur gu bas,’ ars iadfan, Eoin xix. 17. Agus an uair a chualadh Pilat so, bu mhothaide a bha dh’ eagal air. Uime sin dh’ fheoruich Pilat do CHRISD, co as a thainig e, agus o sin suas dh’ iarr e fhualgladh. Ach ’an diaigh sin, luidh na h Iudhaich air, gu trom, le argumaid eile. Ma leigeas tu an duine so as, ars iadfan, cha charuid do’n Iomp-
 aire thu, agus bithidh tu ciontach ann am foill, ’na aghaidh, chionn gu bheil e deanamh Rìgh e dheth fein. Oir co air bith a their gur Rìgh e fein, tha e
 labhairt

labhairt 'an aghaidh Cheafair, agus bi cinnteach nach dean sinne dearmad air do chionta a leigeadh ris do Cheafar. Bha geilt-chridhe agus uamhann roimhe fò a' lionadh cridhe Phileit, air son neo-chiontais CRIOSD, air achd as nach d' thug e a bhinn amach, ach a nis tha eagal gruaimhe agus dimbe an Iompaire 'ga bhrosnachadh gu a bhinn a thoirt amach, ge d'is ann le spairn cridhe agus agartas coguife. ' Uime sin ghabh ' e uisge agus dh' ionluid e a lamhan ann am fianuis ' an t' sluagh, ag radh tha mise neo-chiontach do ' fhuil an fhirein fo, faicibhfe sin.' Agus bha e ni's deine gu e fein a shaoradh o fhuil mar fò, air son reodhaidh* a fhuair a bhean ann am brудар mu thimchioll CRIOSD. Ach air eagal gu'n grabadh mor-uamhann ogluidh na ciontai fò, Pilat, o bhinn bais ar Slanui'-fhir a thoirt amach, chuir iad argumaid eile air chois, a dheanamh a' ghnìomha ni's fasadh do Philat. Oir thuirt iad, biodh fhuil oirne agus air ar cloinn, Mat. xxvii. 25. 'Se sin r'a radh, Thoir thusa a bhinn amach agus ma tha eagal ciontai air bith ort, gabhuidh sinne oirn fein i air do fhon; gu'n robh dìoghaltas DE air son fhola oirne 's air ar sìochd gu sìorruidh. Dh' iomain aon pheacadh iad gu peacadh eile, gus an do chaill iadam mothachadh agus an robh an criodhachan air an cruadhachadh, agus an robh ana mianna ciocrasacha a' dalladh an tuigse agus a' clàonadh an toile, gu ruidh gu togarrach ann an fruth-chlaife a pheacaidh.

Ge do bha Pilat lan-deirbhte, gu'n robh ar Slanui'-fhear neo-chiontach, ge do ghabh e iongantas mor d'a thoisd, d'a mhacantas, d'a fhoighdinn fò gach claidh an iochdmhor a dh' fhuiling e, gidheadh cha b' urrainn e a thoirt a lamhuibh na h urrad doluchditi ea-coracha. Ach 'nuair a chualadh e mac DHE
air

air ainmeachadh, ranfuich e ni bu mhiona e; agus an uair a gheur-smuainich e, cia featimbach agus ciuin a bha e ann an slighe na firinne, thoifich e air amharas a chur, gu'n robh tuille agus nadur duine ann san, m'a thimchiol an cualadh e iomad sgeul iongantach; agus bha oillt air gu'n do pheacaich e cheana 'an aghaidh fhlaithis, chion gu'n tug e binn a fgiurfaidh amach. Uime sin chaidh e dh' ionnsuidh tallaidh a bhreitheanuis, a dh' fhaotuinn tuille eoluis mu dheibhinn. Dh' fhiosruich e d'ar Slanui'-fhear gu diamhair, co dhiubh is ann o neamh a thainig e le cumhachd, no rugadh e air thalamh mar dhuine. 'Nuair nach tug ar Slanui'-fhear freagradh air bith air na ceisdibh sin, ghabh Pilat mi-thlachd, agus dh' fhas e frionasach, 'Nach labhair thu riumsa, ar's 'efan, nach 'eil fios agad gu bheil aganfa cumhachd 'gu d' cheusadh agus gu d' fhuasgladh.' Gun ag air bith dh' fheudadh Pilat ceartas a dheanamh 'an so, ach cha d' rinn se e. Fhreagair Iosa e uime sin, 'Cha bhiodh cumhachd air bith agad a'm' aghaidhse, 'mar biodh e air thoirt dhuit os-aird.' Agus mu dheireadh an uair a chunnaic Pilat buaireas an tfluagh, chuireadh iompadh air gu a bhinn a thoirt amach. Dh' eisd a naimhdean ri guth ne binne le aoibhneas, agus a chairdean le crith-eagal; ach a dh' aindeoin cruaidhghleaca naduir agus gach amhghair, a dh' fhuiling e, bha uan De a' toirt fuas, mar iobairt air son flainte a chreatairean, a bhinn ea-corach, a thug Pilat amach, agus ghabh e ris a' bhas le umhlachd thairis agus gradh togarrach. Ge do cheil e a dhiadhachd fo sgaile naduir duine a measg gach taire agus claidhe, gach spide agus maflaidh, bha maife na diadhachda a' dealradh 'na chorp reubtadh. A dh' aindeoin a thoifidh, iorastachda, a chiuinis agus na itaide.

staide iofail ann san robh e, bha driolainean a ghraidh a' fradadh amach air gach taobh dheth.

Ach mu'n tug Pilat a bhinn amach, thug e aon eidgeirp eile air CRIOST a shaoradh o'n bhas. Chaidh e 'mach agus shuidh e 's a' chathair-bhreitheanuis, d'an goirear an leachd-urlar, Eoin xix. 13. ionad a thogadh fuas, gu h'ard, le clochuibh, air taobh a muigh tallai a' bhreitheanuis, chum gu'm faicadh an sluagh e. 'An sin thuirte ris a' chuideachd, faicibh blur righ, 'an diaigh a dhroch-laimhfeachadh, co an iochdmhor, o mhullach a chinn gu nuig bonn a choise, le feilibh, leonuibh agus droighin guineach, geur. Ach mor mar a bha Righ na sìthe 'na aobhar truais, ghlaodh iad amach gu h'ard-ghuthach, air falbh leis, air falbh leis. Fa dhcoidh mar so a reir an toile thug e bhinn amach, gu'n cuirteadh Uan DE gu bas, maillach, craiteach, tuaileasach, a ehroinn-cheufuidh.

Gabh fealladh, o chrìosduidh, air an doigh air an do thairngeadh CRIOST amach a talla a bhreitheanuis, 'an sealladh a naimhdean fuileachdacha, an coron droighine 'an fas 'na cheann, an fhuil a' bruchdadh amach air gach taobh dheth, aodann comhduichte le feilibh neo-ghlana, agus a cholunn naomh uile lan leon.

'So an Ti air an do labhair am Faidh, 'a thainig 'a nios o Edom,' Isa. liii. 1. le truscan daithte 'na fhuil fein, a bha dearg 'na earradh, agus a thruscan cosmhuil ris fan, a tha saltuirt ann am sìon fhaigan fraoich-fheirge Athar, gun neach do 'n t'sluagh maille ris. Mo thruaighe doille inntinne nan creataircean bochda! Nach feudadh iad am Mesiach, a bha iad a' cur gu bas fhaicinn air a chomharachadh amach le 'm faidhibh, agus a bheubaineachd, d'an robh iad 'fa cheart am so ciontach, air a roimh-innfeadh leo gu

gu mion. ‘Thainig e dh’ionnfuidh a mhuintireach
 ‘fein, ach chuir a mhuintir fein cul ris.’ Bha Pilat,
 ge do bu Gheintileach e, ni b iochdmhoire na na h
 Iudhaich. Ach ge d’ nach b’ ann d’a mhuintir fein e
 dh’ eisd Righ na fithe gu farasta ri binn a bhais agus
 ghabh e rithe le aoibhneas, chum sinne a theasfarguin
 o bhas fionnuidh. Ge d’ nach toiliche ni air bith
 mi run nan Iudhach, ach fuil a chridhe, cha robh
 fios eig na truaghana bochda, gur ann leis an fhuil
 sin, a bha peacadh an t’ faoghail air a nigheadh air
 falbh, no gu’n do mheas iad mar chealgair caraid
 dileas an anma.

Ach cha do stad mi-run a naimhdean ’an so.
 Ceart co luath as a dhiteadh Righ na fithe, ghrad-
 ghluais a naimhdean co dian as a bha ’nan comas,
 gu a fgrios. Dheafuich iad cheana an crann
 ceufaidh, thug iad air ball e dh’ ionnfuidh tighe
 Philait, chum gu’n cuireadh iad do dhragh air ar
 Slanui’-fhear a ghiulan. Shocruich iad faighd’-
 fheara air iomad bealach, air eagal gu’n tugadh am
 pobull oidhirp air a thoirt uapa. Ach chum gu’n
 aithnicheadh iad e, thug iad dheth an fhalluing scar-
 laide agus chuir iad aodach fein uime. Mat. xxvii.
 31. Cha ’n ’eil air innseadh dhuinn leis na foisgeul-
 uichibh, gu’n tugadh dheth an coron droighine.
 A dh’ aon ni a’s fionnach sinn, ghleidheadh an coron
 air a chean re na h uime a bha e air a’ chrann, gus
 ’an diaigh a bhais an tug Ioseph dheth e, ’nuair a
 dh’ amhlaic e fein agus Nicodemus e.

Thugadh a chrann-ceufuidh fein dha r’a iomchar
 Eoin xix. 27. Bha a naimhdean co an-iochdmhor
 ri Righ an iochda, agus na trocaire ’s ge do bha
 fhuil agus spionnadh a chuirp a’ failneachadh le
 fgiursadh faire agus trom-bhuillibh, gidheadh nach
 do

do fhin Iudhach na Romanach amach a lamh g'a chomhnadh. Bha Iosa ni bu toiliche an crann a ghiulan, na bha na h Iudhaich g'a thogbhail air a ghuaillibh. Tre shraidean h Ierufaleim cha robh naire air bith air, air son gach mafluidh agus taire, a thugadh dha, chionn gu'n d fhag a ghradh iad uile taitneach dha. Ge do bha neart a chuirp air caitheamh, le diobradh na fala, a dhoirt e gu frasach, cha do ghabh e leth-sgeul air bith nach b' urrainn da an crann a ghiulan. Bha e 'g amharc air mar cheile gradhach, mar thearmunn a chairtean, a bha ri 'n stiuradh 'am boiligin charraigean an t' faoghail fo, gu cala an aidh agus na fithe, mar bhuaidh-chaiream air a ghloir, agus mar shuaicheantas fionnuidh air a ghradh neo-chriochnach. Uime sin ghiulain se e, gu togarrach, gu beinn Chaibhairi, eadar da ghaduiche, air a chuartaich leis na faighd'-fhearuibh, a bha 'ga mhi-ghnathachadh air an t' flighe; agus na sagairt, luchd-teagaisg an lagha, na Phairisich, na Sgriobhaichean 'ga leantuin 'nuair a chaidh ar Slanu'-fhear amach as a bhaile, dh' fhailnich e fo 'n chrann, agus thuit e air an talamh. Agus an uair a chunnaic na h Iudhaich nach robh neart aige air son a ghiulan, dh' eignich iad duine o Chirene, d'an goirear Simon, a bha tighin o' n duthaich, a ghiulan a chroinn gu Calbhairi. Ach ghabh mac DHE ris a chrann gu toileach, ge do dh' fhuiling e do Shimon a chuideachadh 'nuair a threig a neart e. 'Nar 'n uile amhgharuibh tha CRIOSD fuidh amhghar maille ruinn; 'nar n' uile thricblaidibh tha CRIOSD a' guilan cinu thruinn a chroinn-cheufuidh air a ghuaillibh fein, mar a rinn e maille ri Simon. Ann am measg a gheur-chlaoidhe air son ar peacaidh, tha sinuante ar Slanu'-fhir ni 's durachduiche air ar slaintene na

Bha iad air a staid fein. 'Nuair a bha e dol a sìgh do bhaile h Ierufaleim le buaidh-ghair, a' measg gach cliu, hofannah agus laoidh mholuidh, a bha 'n sluagh a' feinn dha air gach taobh, ghuil e gu goirt oiseinn a' bhaile thruaigh sin, 'nuair a chunnaic e ciod an truaighe a bheireadh doille an luchd-aitich air, agus nach robh fios aca air la an flainte. Bha sinne a ghnath aige 'san amharc; bha a smuainte air an focrachadh air ar feum. Cha robh 'na chradh fein d'a chridhe gradhach ach neo-ni ann an coimeas r'ar truaighene. Cha b' urrainn neach air bith eile, ach Rìgh na sìthe amhain, smuaineachadh air staid neache eile, 'nuair a bha e fein a' fulang craidh co mor. Ach 'am boillsin gach trioblaide a bu mho riamh a dh' fhuiling e, nochd e 'n curam aruid, a bh' aige d'a chreatairibh fein. Lean mnai chrabhacha e, le truacantas agus deuruibh, a dh' ionnfuidh Chalbharui. Lionadh iad le bron 'nuair a chunnaic iad e a' fulang; is chionn nach cluinnadh iad ni b' fhaide reagasg o bheul. Ach thainig iad roimh' 'n t' sluagh d'a ionnfuidh a dh' eifdeachd a bhriathraibh deireanach; thiunnaidh e riu, agus thuirt e, a' toirt dhoibh solais, 'Ingheana Ierufaleim, na guilibh air mo thonfa, ach air ur son fein agus air son ur cloinne.

Faic, o chreidmhidh, Rìgh Shìoin air a tharruing amach mar thraill, le ceangal mu mhuineal, 'an diaigh a dhitidh, gu sliabh Chalbharui, chum gu'n ath-reiticheadh e neamh agus talamh, agus gu'n cosnadh e dhuitse saorsa ghlormhor chloinne DE! Faic an sluadh malluichte 'ga chuartachadh, a' dil-bheachdachadh agus a' fochuid air an Tì sin, d' am bheil na h aingle a' toirt aoraidh agus umhlachda, le guilibh foluichte! Faic efan, a tha sluagh gun aireamh a' glaothuich airi air cumhachd, faibhreas, gliocas, neart, urram, gloir, agus beannacha, Taisb.

v. 11, 12. ann an h Ierufaleim neamhaidh, a nis air a ghlaodhuich ann an h Ierufaleim thalmhuidh, air air buillibh, fgiurfa, feile, fochuid agus air bas craiteach, maflach a' chroinn-cheufuidh! Amhaire air an Ti naomh sin, a tha cumail fuas na cruitheachd le focal a chumhachda, a' fannachadh agus a' tuiteam fo 'n chrann, caum gu'm biodh co'-mhothachadh aige linne, gu'n comhnadh agus gu'n neartuicheadh e sinn fo chrannuibh-ceufuidh ar trioblaidean! ' Leag Dia ' ar n' aingeachd uile air Rìgh na sìthe,' Isa. liii. Ge do bha fios aige, gu'n robh an eallach trom, ghabh e air a ghuaillibh i gu'n fhocal 'na h aghaidh. Ge do dhiobair a neart e, le call fala, ge do dh' fhuiling e cradh, agus ge do rinneadh beubaineachd air a chorp, le leonuibh, cha robh ni air bith eacomasach d'a ghradh. Ghiulain e air a chrann sin peacadh an t' faoghail. 'Nuair a bha mac Dia ag imeachd, chaidh ofnuich a stigh do na slaitheafuibh agus bha e gabhail ieth-fgeil pheacach bochda ann an lathair Athar nan uile. Dh' fhosgail e 'n t' flighe dhoibh gu gloir. Chiofnuich e'n diabol, an faoghal, an peacadh, agus thug e buaidh air cumhachduibh an derchaduis. Dh' fhoillsich e ionmhas diamhair a ghraidh, agus dhaingnich e, le eifeimpleir, gach ni a theagaig e le bhriathruibh. ' Cha 'n airi ortfa o ' Iosa an ti nach tog a chrann-ceufuidh agus nach ' lean thu.' Naomhuich e deoir, faothair agus fulangas oglach. Tha e foillseachadh na h inntinne, a' teodhadh a chridhe, a' leigeil ris diomhanais an t' faoghail, agus a bharrail mhearachdaich, a' teagaig flighe na slainte, a' daingneachadh na firinne, a' taruing anama d'a ionnfuidh agus a' sparradh ris a chrann gach dolais, a tha a mhuintir ionmhuinn fein a fulang.

O DHE a ghraidh, cia faibhir agus sona iadfan a tha 'ga d' leantuinn a' guilan an croinn fein. Cha deachaidh Simon romhad, ach lean e thu; theid thusa a ghnath air thoiseach, chum gu'm faiceadh iadfan, a tha giulan an croinn, thu rompa, chum gu'm biodh iad air an stiuradh agus air an foillseachadh le deigh eiseimpleir. Ach, o sholuis neimh, am bheil thu do ghnath fa chomhair ful an duine fin, a tha 'g im-eachd ann do cheumnuibh? Ciod a chi e? ciod a ghradhaicheas e? ciod a gheibh e, agus ciod a shealbhaicheas e? Tha e 'giulan graidh, agus air a ghiulan le gradh; 's e gradh a shlighe agus crìoch a thuruis, 's e gradh obair agus a shuaimhneas. O gu'n gradhuicheams' thu air an doigh so, O mo DHIA, gu'n robh mo cridhe air lasadh le gradh do 'n DIA a chruithaich mi, do 'n tSlanui'-fhear a shaor, agus do'n Spiorad naomh, a tha 'nis a' cur rium fochair na faorsaidh, a choisinn mo Slanui'-fhear.

C A I B IV.

Mu Fhulangas CHRIOSD re am a bhais.

SHAOILEADH' duine gu'n robh a nis ganlas naimhdean tulchuifeacha CHRIOSD air fuarachadh, agus am boire air tradhaidh. Ach tha 'n earrann a 's mo d'a fhulangas fathast romhainn, eadhon, fulangas anma, treiginn spioradail agus ceusadh. Cha toilicheadh ni air bith iad, ach a bhas. Gabhamaid sealladh gu riaghailteach do fhulangas CHRIOSD, re am a bhais.

'Nuar a thainig ar Slanui'-fhear a dh' ionnsuidh mullaich an t' sleibh, far an robh e ri crìoch a chur air iobart, agus ris a' chomhara a bu shoilleire air a ghradh a thoirt dhuinn, cha do luathaich iad dha uine gu anail a leigeil. Rinn iad deas, gu luath, gach
ni

ni, a bha feumail gu a sparradh ris a' chrann. Thug iad dheth a cheangluichean agus aodach. Ach fo gach cruaidh-chas, bha Rìgh na sìthe umhal agus macanta, do bhrìgh nach robh anna ach inneala a chuir orduidh an Athar 'an gnìomh. 'Nuair a bha a naimhdean a' deasachadh a' chroinn, ag iarraidh nan tarang, agus nan inneal eile, chum a mhillidh, cha robh iomann ar Slanui'-fhir 'na tamh; bha a chridhe agus a fhuilean an togail suas gu neamh, a' dortadh dheur frasacha, goirte, air son ar peacaidhean, 's 'ga thoirt fein suas do'n Athair fhiorruidh, mar iobart-reiti air ar sonne, agus 'Fhuair urnuigh 'agus ath-chuingean eifdeachd,' Eabh. v. 7. 'Nuair a fhuair an luchd-millidh gach ni a dhèanamh ullamh, thainig iad a dh' ionnsuidh CHRISD, agus thug iad dha fion-geur air a mhiogadh le domblas, Mat. xxvii. 34. Bha e gnathuichte a' measg nan Iudhach agus nan Romànach, deoch fhiona a thoirt do gach neach, a bhiodh fui' bhinn bais, chum an neartachadh, agus a thogail cail-cigin do shunnt agus do fhuilbhearrachd 'nan crìodhachuibh. Ach 'an àite fo, cha tug iad do CHRISD ach domblas agus fion-geur. 'Nuair a bhlais e do'n deoch fo, cha 'n oladh e dhith. Oir bu roighniche leis basachadh air a' chrann na le nimh. Cha robh deoch air bith a bu mhi-fhreagarruicheadh, do staid CRISD, na 'n deoch fo. Oir cha-mhor nach do chaitheadh spionnadh a chuirp cheana, le faire, buillibh, file fala, agus gach mi-ghnathachadh an-ìochdmhorcile. Buo mhor fheum air deòch, a neartuicheadh a chridhe. Bu ghnath leo deoch neartachuidh a thoirt do na trallibh, a bu chionaireiche, roimh' am bas. Ach cha do luasfuich a naimhdean mirunacha, miosguineacha, deoch cridhe air bith, ach domblas agus fion-geur, air Tobar gach ioc-shlaiphte, 's TRIATH

nan uile. Shincadh e air leabaidh a' chroinn 'na luidhe, gun adhart air bith a b' fhearr na 'n coron droighine, a bh' air a cheann, ge do bha a shuil an togail suas a dh' fhosgladh doruis nam flaitheas, a dhruid sinn oirn fein le'r cionta. Cheangail iad CRIOSD gu teann ris a' chrann, ge do bha ghairdein caomh finte 'mach 'ga 'n gairm agus a' deanamh cadar ghuidhe asan leth 'am fianuis Athar shiorruidh. Ge do bha e 'fa' cheart uair sin a' reiteachadh pheacach ri DIA, a' dluthachadh neimh agus na talmhuinne r'a cheile, is a' deanamh dhiubh aon teaghlaich, d'an Athair is d'am maighifdir DIA nan uile, thairngich iad a lamhan agus a chasan ris a' chrann, chum a bheatha fhineadh amach le bas ruighin, craiteach, fadalach. Air thus leag iad a nuas an crann air an talamh, gus an do cheangail iad CRIOSD ris gu teann agus 'an sin thogadh mac an duine suas, mar a thog Maois an nathair 'san fhafaich, a bha 'na samhladh air CRIOSD. Na tairngean mora, air an robh a chorp ri bhi air a chrochadh, cha b' ann 'san earruinn, a bu lugha mothachaidh, a sparr fiad iad; ach ann san earrainn, a b' fheidhicheadh, agus uime sin a bu mho mothachadh, d'a choluinn uile, eadhon 'na lamhuibh agus 'na chasuibh. Chi sinn, o bhriathruibh Dhaibhi, cia ana-cneasda agus guineach a bhuin iad ris annta, 'Threachuill iad mo lamhan agus mo 'chasan.' Thairngich iad aon lamh, ri dara adhaire a chroinn, agus an lamh eile ris an adhaire eile agus a chasan ri calpa a' chroinn. 'An sin thog iad 'an aird an crann agus fhocruidh iad e s 'an talamh, is an uair a thuit e fios gus an ionad 'an robh e roimhe, cha 'n 'eil ag air bith nach do chraidh an criothnacha dian, ana-barrach so, corp ar Slanui'-fhir. Ann a meadhon gach claidhe, nochd, Uachdaran a' chruinne, inn-
 ann ni bu sheasmhaiche na clann nan daoine. Air
 a' ghnuis

a' ghnais sin, air an do luadh bron, bha foighidinn, gradh, feirc agus treabhantas anma, a' dealradh. Ge do bha a naimhdean a'deanamh gairdeachuis, le ard-iolaich, 'nuair a thogadh ar Slanui'-fhear suas eadar neamh agus talamh, bha mac DHE ri faothair, mar eadar-mheadhanair cumhachdach, trocaireach, chum ar 'n ath-reiteachadh ris an Athair, agus a' fineadh amach ghlac a ghraidh, gu'r gabhail d'a ionn fuidh. Cha robh-is cha bhi-fagart a's taitniche, do'n Ti a's airde. Oir 'b' e fo a mhac gradhach ann fan 'robh a mhor-thlachd.' Cha chualas, agus cha chluinnear iom-radh, air iobairt a's iomlaine 's a's naomha Oir b' e fo 'Uan DE a tha toirt air falbh peacaidh 'an t' faoghail.' Ann am boilsgin gach claidhe, a bha e fulang, mur gu'n di-chuimhnichheadh e a thruaighe fein, bha a smuainte, n' eomhnuidh, air ar slaintene, 's thog e suas a ghuth, ag ath chuinich air Athair, gu'n deanadh e trocair, cha 'n e 'mhain air a luchd-millidh, ach mar an ceudna air uile pheacachuibh na talmhuinne, do bhrigh gu 'm b' iad am peacanna a bu chionfath d'a fhulangas, 'Athair, 'thoir dhoibh mathanas, oir cha 'n 'eil fios aca ciod 'a tha iad a' deanamh.'

Tha sinn ullamh gu coire fhaotuinn do na h Iudhachuibh, chionn gu'n do bhuin iad co an-iochd-mhor ri CRIOST, ach 's tearc a tha sinn a' cnuasachadh ar slighe fein, no gabhail mion-sheallaidh d' ar peacannuibh, a chuir copan, a's feirbhe na fion-geur agus domblas, 'an laimh ar Slanui'-fhir, eadhon copan fearbh do fhion-dearg feirge agus dimb an Ti a 's airde, a b' eigin da, cha 'n e 'mhain a bhlasad, ach mar an ceudna ol suas gu buileach. Faic an fo iota air an Ti, a chruthich na tobruichean uisge, Taib. xiv. agus a tha toirt, as an talamh, fiona, a chuireas criodhachan dhaoine air ghean agus shubhachas, Salm civ.

civ. 15. a tha toirt dithe do dh' eunlaith nan speur,
do dh'acinibh agus bheathaichibh na talmhuinne. An
robh an traill, a bu shuarraiche, a' faotuin deocha
roimh' a bhas, agus am b' eigin d'ar Slanui'-fhear
deoch chaithteach, shearbh, nimheil, ol. O cia fearbh
nadur a pheàcaidh! Tha e air a choi'-meas ri dear-
cuibh domblais, ri baguiltibh fearbha agus nimh
Dhrìgoin, no nimh naimhdeil, gharg, chonspach,
Deut. xxxii. 32. Bha CRÌOSD ri fulang air son guine
sheirbh ar peacanna, agus uime sin thugadh dha
deoch shearbh r'a h ol. Tha clann nan daoine 'gan
ardachadh fein, le uail agus miann-urram *. Air
an aobhar sin leàgadh fios gu h iofal mac DHE, a
tha co'-ionann ris an Athair, shineadh e air a chrann,
agus thairngicheadh e le tairngibh scaiteacha. Chuir
nathruichean teinnteacha a pheacuidh, an gathanna
naimhdeil, nimhneacha, 'nar n anmannuibh. Uime
sin thogadh CRÌOSD an aird air a' chrann, mar thog-
adh an nathair 'san fhafaich, a leigheas ar n an-
manna, 's a sparradh ar peacaidh ris a' chrann.
'Dhubh e 'mach lamh sgriobhuidh nan reachd, a
'bha 'nar 'n aghaidh agus a' gabhail remhainn, air
'dha a sparradh, ris a' chrann cheufuidh sin,' Col.
ii. 14.

Ach osbar, chroch iad Rìgh na fithe ruifgte air a
chrann, oir rinn iad a thruscan eatorra, Mat. xxvii.
35. Tha sinn a' faicinn, gu'n do spion iad dheth an
fhalluing scarlaide, agus 'an sin, gu'n do chuir iad
aodach fein uime. Agus 'san am fo, 'nuair a thairn-
gich iad e ris a' chrann, spion† iad dheth aodach
fein, agus bha iad 'ga leigeadh 'an crochadh fada.
Ach tha Eoin ag innseadh, gu'n do roinn iad a
thruscan 'na cheithir bloidibh, agus gu'n tugadh
bloidh dheth do gach faighid-fhear. Mar a bu ghnath,
le

* mor-bheachd.

* spiol.

le luchd millidh, coir agradh air aodach an neach a rach dh' a mhilleadh, ghabh gach aon do'n chearthar a roinn fein do aodach CHRISD. Mar fo chrochadh e lommocht', a bhuithinn dhuinne fgeadaich na fireantachda.

Cheusadh TRIATH na beatha eadar da ghaduiche, Mat. xvii. 35. Bha aon dhiubh air gach laimh dheth, agus CRISD 'san eadar-mheadhain, mar gu'm b' e am prìomh-spuinneadair, chionn gu'n dubhairt e gu'm b' e fein mac DHE, a' spuinneadh, mar fo a ghloire o DHIA. Mar fo bha ar TRIATH gradhach air aireamh ann a' measg nan ciontach, Isai. liii. 12. agus air a mhios mar an gaduich drochmhuinnt, agus an sloiteir a bu mho, an am fianuis DE, chum gu'm miosdadh sinne mar fhireine 'na fhianuis. Cha 'n e 'mhain gu'n do bhafuich ar n' Urras air ar son, ach, O gradh gnn choi'-meas, dh' fhuiling e 'm bas fo ainm fir-reubainn. Cha do ghabh e naire re a bheatha, cuideachd a chumail ri Publicanaich agus peacaich, is cha do ghabh e naire d' an gabhail mar luchd-comuinn 'na bhas. Oir thainig e a thearnadh na muinntireach, a bha easlainteach. Ge do fhuair Adhamh am bas o chraoibh na beatha, gheibh sinne beatha snior o chraoibh a' bhais, ris an robh CRISD air a sparradh.

Ach tuille eile, ge do rinn iad ni 's leoir a dh' fhanaid air, roimhe so, 'an tighibh Annais agus Chaiaphais, cha do thoilich fo iad, ach chaidh iad air an aghaidh ann an aingeachd. Thug gach uile ghne dhaoine, a bhuineadh do 'n eaglais, no aig an robh ughdarras 'san rioghachd, armait* nan Iudhach agus nan cinneach, ana cainnt da. Rinn a' mhuinntir, a bha siubhal feachad, aon do 'n mhuinntir a cheusadh maille ris, na sagairt, luchd-riaghluidh an t'fluaigh, agus am pobull uile, fochuid air an Tì naomh sin a bha 'fa'

'fa' cheart am fin a' tairgfeadh iobairt reiti ar son an
peacaidh. Bha fios aig na h Iudhaich gu'n d' fhuair
CRISD, roimhe so, amach grunn an criodlachan,
gu'n robh fios aig air an diamhaireachd, agus ge do
thug iad gu bitheanta oidhirp air a ribeadh na chainnt
gu'm b' eigin doibh, lan amluidh, fhagail. Bha iad
leagta nis ri dioghaltas a dheanamh air, le sgeig.
Chrath, an droing a bha dol feachad, an cinn le
fochuid, 'ga chaineadh le fuar-sgallais, bearradair-
eachd dhiabhluidh, tharcuifeach, ghabhannach, a' tilg-
geadh air gum b' fhear-goid nithe naomha e, neach
a dh' oidhirpich teampall DE a sgrios agus uime
fin ag radh gur ann, gu ceart-bhreitheach, a bha e
fulang. 'Thilg iad air mar an ceadna, gu'm bu
mhealltair e, a bha mealladh an t' fluaigh le miorbh-
uiltibh ioganacha. Na 'm bu mhiorbhuiltean fìora
do mhiorbhuiltean-fa, bhiodh e 'nis, a' d' chomas thu
fein a theafarguinn leo, agus tighin a nuas o'n chrann,
ach fin cha'n urrainn thu dheanamh, 's uime fin is
mealltair thu. Ma 's tu mac DHE, thig a nuas o'n
crann? nach 'eil an faoghail uile a nis a' faicinn gu
foilleir, gu'n tug thu masladh do DHIA, le radh, gur
tu fein mac DHE? Cha do thuig, na h amadain
thruagha so, diamhaireachd an t faorsaidh, no gu'n
do leag CRISD a bheatha fios, le lan-thoil, air son
a chaorach fein, agus-gu'n robh cumhachd aige a
togail an aird a ris.

* Rinn na Scriobhaichean, na Phairisich, na h ard-
shagairt, an dichioll a chlaonadh inntinnean an t' flu-
aigh. Labhair iad a ris-na ceart nithe, a labhair na h
aingich mhalluichte a chaidh feachad, eadhon gu'm
bu mhealltair ioganach e, neach a bha goid' nithe, a
bhuincadh do'n eaglais, dia-mhasladair, a bha 'nis
gu ceart-bhreitheach a' fulang pein, chionn nach b'
urrain fe e fein a shaoadh. 'Thearuinn e daoin'
eile,

‘ eile, ach cha ’n ’eil e comasach dha e fein a thear-
 ‘ nadh,’ Mat. xxvii. 42. Thilg iad air, gu’n robh e
 ciontach do bhreuguibh agus do aramach, gu’n dubh-
 airt e, gu’m b’ e f’n Rìgh Israeil, agus air an aobhar
 sin, gu’n robh e ciontach do fhoill ’an aghaidh an
 Iompaire. Ghabh iad os laith gu’n dearbhadh iad,
 le trì argumaidibh, nach b’ e Rìgh Israeil. ‘ Ma ’s
 ‘ e Rìgh Israeil, thigeadh e ’nis a nuas o’n chrann,’
 Mat. xxvi. 28. ach cha ’n ’eil e tighin a nuas, uime
 sin cha ’n ’eil e ’n comas da tighin a nuas, air an
 aobhar sin cha ’n e Rìgh Israeil. B’ iongantach a’
 ghne riasanachuidh fo. Ciod an co’ dhunadh a bu
 mhearachduiche na, a radh, ‘ Cha ’n eil e tighin a
 ‘ nuas, uime sin cha ’n urrainn e. Dhearb e a DIA,
 ‘ agus chuir e muinghinn ann, shaoradh se e ’nis,
 ‘ ma ’s aill leis e, oir thubhairt e, ’s mi mac DHE,’
 Mat. xxvii. 33. Nam b’ e mac DHE, ’s na’n cuir-
 eadh e mhuighinn ann, shaoradh DIA fein e; ach
 cha ’n ’eil e ’ga shaoradh; uime sin cha ’n e mac
 DHE, agus air an aobhar sin, cha ’n e am Mefias, no
 Rìgh Israeil.

Thug aon do na daoineibh drochmhuinte, a cheuf-
 adh, toibheum dha, Luc. xxiii. 39. ag radh, Ma’s tu
 CRIOSD teafairg thu fein agus sinne, mar gu’n abradh
 e, rinn thu aidmheil gu’m bu tu CRIOSD am Mefias,
 agus gidheadh, cha ’n ’eil thu comasach air thu fein,
 no sinne, a theafairginn, agus uime sin cha ’n ’eil
 annad ach mealltair. Do bhri’gh coslais, gu’n do
 shaoil an gaduich, gu’m buithneadh e, le CRIOSD a
 chaineadh, gean-math an aird-shagairt, agus air an
 aobhar sin, gu’n tugadh e ’nuas beo e o’n chrann.
 Ach ’nuair a shaoil an truaghan bochd fo, gu’n gleidh-
 eadh e a bheatha, chaill e anam. Agus mar fo tarluidh
 dhoibh-san uile, a ghnathuicheas meadhanan cion-
 tacha

tacha a sheachnadh a'bhais, mar dean iad grad aithreachas. Chaineadh CRIOST leis gach gne dhaoine, chum gu'n teafairgeadh e cuid eigin do gach feorta. Rinneadh fanaid air, ann an lathair bhreitheachan na h eaglaise agus na rioghachda agus an airm, an lathair nan ard-shagart, Philait agus Heroid. An aon fhacal, rinn gach gne dhaoine fanaid air TRIATH na beatha, Cham iad am beoil, chas iad am fiacian, chrath iad an cinn, ma'n Ti fin, a bha tairgse na bha e fulang mar iobairt-reiti air son an saorfaidh.

Dh' fhuiling ar Slanuì'-fhear, cha 'n e 'mhain cradh ana-barrach mor, ach ana-barrach fada. Tha na Soisgeulaichean, gu h aon-sgeulach, ag co'-fhreagradh d'a cheile, gu'm b' i'n naothamh uair air an tug e suas an deo, faic Mat. xxviii. 46, 50. Marc. xv. 34, 37. Luc xxiii. 44, 46. Ach chum gu'm faic sinn, naeh 'eil eadar-dhealach baraille mu 'n uair air an do chenfadh e, minichidh mi gu mion eachdruidh nan Soisgeulach mu dheibhinn na h uaire so. Tha Marc ag radh, gu'n do cheusadh CRIOST mu thimchioll na treas uaire agus Eoin, gu'n do theas CRIOST 'an lathair Philait air an t feathadh uair, oir cheusadh e air an treas uair. Bheir sinn oidhirp air a' cheisd so fhuasgladh. Bha na h Iudhaich a' roinn an la sholuis air dha sheol, air thus, 'na dha uair-dheug. B' i 'n feachdadh uair 'fa' mhaduinn againne, a cheud uair acafan. B' i an naothamh uair againne, an tre s u ir acafan; an da-uair-dheug againne, an feathadh acafan; an treas uair an diaigh mheadhan la againne, an naothamh uair acafan; an cuige uair an diaigh mheadhain la againne, an aon-uair deug acafan. 'Son dha h aite, roinn iad an la 'na cheithir cheireannuibh, no 'na cheithir uairibh mora; agus b' i a' cheud uair dhiubh, o she fa' mhaduinn againne gus an naothamh uair; mheadhain

an dara uair, o naoth fa' mhaduinn gu da-uair-dheug;
 an treas uair, o dha-uair-dheug gu tri an diaigh
 mheadhain la. Roinn iad an oidhche mar an ceudna
 'na da-uair-dheug, a toiseachadh na ceud uaire o she
 an diaigh mheadhain la. Rinn iad i cuideachd 'na
 ceithir uairibh no fairibh. Bha an fa' cheud faire,
 tri uairean gnathuichte, o dheireadh an t seathadh
 gu deireadh na naothamh uaire 'n diaigh mheadhain
 latha. B' i 'n uine, a bh' eadar an naothamh uair
 agus an da uair-dheug, an dara faire. B' e 'n
 treas faire, no uair mhor, an uine, a th' eadar tri
 fa' mhaduinn againne gu diaigh fe. Ma bheir sinn
 fainear an roinn aimsire so, feudaidh sinn na
 Soisgeulaichean gu furasta a thuigsinn. 'Nuair a
 thuirt Eoin xix. 14. gu'n do sheas CRISD 'am
 fianuis Philait mu thimchioll na seathadh uaire,
 bha e ciallachadh nan feth uairean gnathuichte a'
 measg nan Iudhach. Mu thimchioll na h uaire so,
 agus mu'n do ruidh an seathadh amach, dhiteadh
 CRISD, agus thugadh amach e chum a cheusaidh.
 'Nuair a tha Marc ag radh, gu'n do cheusadh CRISD
 air an treas uair, Marc xv. 25. tha e ciallachadh an
 treas ceithrimh, no uair mhoir do'n la, a' toiseach-
 adh aig uair nan Iudhach, no mu'n do ruidh an
 da uair-dheug againne amach. Chi sinn, mata,
 gu'm bheil na Soisgeulaichean a' ciallachadh an aon
 ni, ge do tha eadar-dhealacha 'nam briathruibh.
 Tha 'n dara aon a' labhairt mu na h uairean a's
 lugha, agus an t aon eile mu na h uairean a's mo.
 Uaithe so tha e feilleir, gu'n do thairngieheadh
 CRISD ris a' chrann, mu dha uair-dheug, 'nuair
 a bha 'n uair air beul ruidh amach, agus dh' fhan
 e beo air a' chrann gu tri uairean an diaigh mheadh-
 ain la. Bha a bheatha air fad lan de fhulangas,
 ach bha 'n oidhche mu dheireadh lan de chradh

sna-barrach, agus thug na trì uairean mu dheireadh barrachd air an iomlan. B' ana-barrach an cradh do neach, a bhi 'n crochadh air a lamhuibh agus air a chasuibh, air chor as gu'n rachadh a lamhan agus a chasan as an alt le dian-shineadh. Ach cha 'n urrain do dhuine fulang, ach air son a pheacanna fein a mhain. Ach dh' fhuiling CRÌOSD air son peacaidh an t sluagh, agus bha e, fad thrì uairean, fo 'n iomlan dhiubh. Gun ag air bith, cha bhiodh e beo co fada air a' chrann, an diaigh do neart a chuirp faillneachadh, mar gleidheadh fe e fein beo le mior-bhuillibh. Sgith agus craiteach, mar a bha Rìgh na sìthe, air a' chrann, bha gach ni mu'n cuairt dha a' meudachadh a chraidh. Nan leagadh e cheann fios air a chrann, gu focair a ghabhail, sparradh fo na dealga geura a stigh ni b' fhaide. 'Nuair a dh' amhairc e fios mu'n cuairt da, bha gach cuspair a chunnaic e, toirt dha an tuille craidh, cadhòn bròn a mhathar, doilgheas, briste-cridhe agus mulad a chairdean, aoibhneas agus buaidh-ghair a naimhdean. O na ghlacadh e ann an garradh Ghetsemane, thoifich fulangas ana-barrach ar Slanui'-fhir. Bha e 'san am fo ag ol a chopain theirbh, feadh na codach a bu sheirbhe dheth, a chosnadh copain mhilis d'a chreatairibh. Tha 'n droighin air a thiunnadh gu blath, an fearbhadas air a thiunnadh gu mìlsead, faothair ar Slanui'-fhir air a tiunnadh dhuinne gu fois, a chradh gu fuaimhneas, agus a bhas gu beatha lan de shìth. Dh' fhosgail e dorus nam slaitheas; sgrios e cumhachd ar naimhdean; rinn e neamh agus talamh daimheil d'a cheile; choisinn e iomhas neo-chrìochnach graidh dhuinn; dh' ioc e a pheithinn dheireannach, air son ar n' ainseich, air son an robh ceartas DE 'gar n agradh, a chum gu'n ath-seiticheadh e sinn r'ar DIA gu sìorruidh. Dh' fhuiling

ing e, 'fan am fo, an cradh, a thoill sinne fhulang gu siorruidh an ifrinn. Tha e 'nis a' nochdadh dhuinn a chroinn gun uamhann; cha 'n' eil e 'ga leagail oirn ach mar a 's urrainn sinn a ghiulan. Tha e 'gar cuir-cadh gu a leantuinn, agus a' mineachadh na sfighe romhainn. Tha roinnean nan tarang agus nan dealg, leisandobhiorradhe, 'nis air am maolachadh dhuinne. Cha do fguir e gu brath a dh' iarruidh mathanais air son a' chinne daonna, gus an tug e suas an deo air a' chrann.

Ach ge d' bu mhor an cradh, a dh' fhuiling ar Slanui'-fhear, 'na chorp, b' ann 'na anam a dh' fhuiling e 'n dochar mor agus an truaighe anabarrach, a ghabh e os-laimh 'nuair a dhoirt DIA air a' chean, fhearg gu h iomlan, Mat. xxvi. 30. Tha e air a radh, gur e ' saorsadh an duine saothair anma,' Ifa. liii. 10. Bha e feumail, gu'm fuilingeadh CRIOSD air-son ar n' annmanna. Oir tha ana-mianna a' cathachadh an aghaidh anmanna chloinn nan daoine. Ach far am bheil an t ainfhiach a 's truime, 's eigin do roghainn gach dioluidh a bhi. Ach 's e CRIOSD ar n' urras-ne, agus uime sin, b' eigin dha 'n t ainfhiach uil' a dhioladh. Tha mar fhiachadh air an duine gu h iomlan, ach gu sonruichte air an anam, an lagh a choi'-lionadh. Tha 'm peacadh gu h aruid an aghaidh an anma. Oir pheacaich an cinne-daonna an aghaidh an anmanna fein, Air. xvi. agus Micah vi. 7. ' An toir mi mo cheud ghin air son mo sheach-' arain, no tora mo chuirp, air son peacaidh m anma.' Cha leoir fulangas a' chuirp a dh' fhagail duine cuibhte truagh. Cha 'n' eil ann ach aon earrann de 'n duine. Uime sin, cha robh an earrann so comasach air, ainfhiach a' mhallachuidh, iocadh gu buileach. Oir bha 'n duine gu h iomlan fo mhallachadh an lagha, Gal. iii. 13. Uime sin ghabh CRIOSD d'a

ionnfuidh fein anam agus corp maille r'an anfhain-
seachd araon (faor e'n pheacadh) chum leo araon,
gu'n tugadh e iobairt seachad. Isa. iii. 10. 'Nuair
'a ni thu anam 'na iobairt air son peacaidh,' ars am
Faidh.

Mar d' fhuiling CRIOSD ach 'na chorp, dh' fhuil-
ing moran chreidmheach, mar an ceudna, mar so.
Oir ghearradh, moran dhiubh, 'nam blويدibh; fgoilt-
eadh cuid dhiubh às a cheile, gidheadh dh' fhuiling
iad le gairdeachas do bhri' gu'n do lionadh an cri-
odhachan le co'-fhurtachd Spioraid DE. Ach thar-
ruing DIA solus dealrach a ghnuise, agus gach uile
cho'-fhurtachd, o mhac a ghraidh, ge do bha a
mhor-thlachd ann o fhiorruidheachd. Uime sin,
'nuair a tharruing DIA a cho'-fhurtachd uaithe,
thoifich anam CHRIOSD ri fulang reimh' a chorp
ann fa' gharradh, far an robh e 'n cruaidh-ghleac
anma, agus an geur-amhghar. Cha 'n fhiudh ful-
angas a chuirp a chur an coi-meas ri fulangas anma.
Tha gach ni, a 's urradh dhuinn ainmeachadh, no
fmuaineachadh, air an fteidh dhomhain so a' tighin
ana-barrach goirid air an fhirinn. Cha 'n urrainn
aingle, no daoine, a thuigfinn no chur an ceill. Oir
tha DIA an t Athair, a tha leagail an fhulangais air
mac a ghraidh, neo-chriochnach. Tha DIA am Mac,
a tha fulang, neo-chriochnach mar an ceudna. Agus
co mata, ach an DIA neo-chriochnach fein, a 's ur-
rainn an geur-amhghar, agus an trom fhulangas, a
leag an dara aon agus a dh' fhuiling an t aon cile, a
thuigfinn, no chur an ceill? Tha na h aingle fein
ag amharc air so le mor-iogantas. Ach feudaidh
finn a thuigfinn, gu'n do dhruith na nithe sin, gu
ro throm, air anam CHRIOSD. Bha beo-mhothach-
adh aig anam IOSA air gach cradh, a dh' fhuiling a
chorp, air an fgiuradh, air na tuingibh agus air
gach

gach biorradh, a rinneadh 'na cheann leis an droighin ghuineach. Agus chionn gu'n robh a chorp meafarra, glan agus fallain, bu ghoirte agus bu chraitiche a mhothaich anam goimh a chuirp. Dh' fhuiling e 'na cheudfathuibh o'n leth a muigh. Cha robh e a' faicinn, ach gach ni agus neach mun cuairt da, 'g amharc air le gruaim, an faoghal 'ga threigfinn, a naimhdean a' deanamh gairdeachais, cuid d'a chairdean gu dubhach, bronach a' teicheadh air falbh, agus cuid eile a' gul agus a' caoidh timchioll air a' chrann. Cha robh e claisinn ach ana-cainnte, mallachaidh, briathra tarcuiseach tuailleis agus gabhainn an t-fluaigh. Bha 'n feile falach mi-thaitneach d'a bholtrach. Cha do bhlais e ach domblas agus fion-geur. Cha do mhothaich a chorp ni air bith a bu taitniche na guin an fgiurfaidh, nan tarang, agus a' choroin, 'na lamhuibh agus 'na chasuibh 'na dhruim agus 'na uchd. Bha a' clunn ghradhach uile lan leon. Mar fo le guin agus le doilghios ar peacaidhne, bhiorradh anam tre uile cheudfathan. Uaithe fo chi sinn, gu'n d' fhuiling anam, chionn gu'n robh co'-mhothachadh zige le chorp.

Cha 'n e 'mhain gu'n dubhairt an cinne-daonna, nach robh ann ach geocach, poiteir fiona, cealgair lan iogain, no fear-cuthaich agus deamhan; cha 'n e 'mhain gu'n do mhurt iad Uan DE; cha 'n e 'mhain gu'n d'eirich neamh agus talamh, ach dh'eirich mar an ceudna ifrinn, 'na aghaidh. Thug uile chumhachdan an dorchadais ionnsuidh air anam. Chion gu'n robh priomh-uachdaran an dorchadais 'na namhaid dha, agus do'n obair a bha e dol mu timchioll; cha chailleadh e 'm fath, (feudaidh sinn a smuaineachadh) agus an cothrom fo, air oidhirp a thoirt, aon uair eile, air fal ciontach a thilgeadh air anam fìor-ghlan Uain DE, 'nuair a

bha e air beul a bheatha a leagadh fìos air son a chreatairean, agus 'nuair a bha e air a chuartachadh le faighdibh deireannacha, coronacha, uamhasacha a' bhais. Ma thug ar Slanui'-fhéar buaidh orra uile air a' chrann, gu cinnteach chruaidh-chathuich e 'nan aghaidh, 'fan am so. Uime sin chaidh, gun ag air bith, feachd ifrinneach rioghachda an dorchaduis, a leigeadh suasguilte dh' ionnsuidh ar Slanui'-fhir. Oir bha daoine agus deamhain, an Cruith-fhear agus an creatair, comh-luath, ag eiridh suas 'na aghaidh. Ach gidheadh bhuanúich e le foighidinn, gus an do dhiol e 'n t ainfhiach, a bha ceartas De ag agradh air cloinn nan daoine air son an easumhlachda. B' eigin do CHRIOSD cruaidh-spairn a dheanamh ri feachd nan deamhan, agus ri uambann oillteil, og-luidh, a bhais fhiorruidh, a bha gu h-ànsgeulach, a' cogadh ann an cath laidir ris. Gun teagamh air bith, cha bu bheag an cradh agus an camp. Dh' anam CHRIOSD, na miltean dheamhan a thug ionnsuidh air, agus na miltean de ghathuibh loisgeacha buairidh agus ea-dochuis, a thilg iad air co'-luath. Fa dheoidh, rinn uile-chumhachda an dorchaduis ftri, leis gach uile ghanlas ifrinneach agus buirbe mhalluichte, le buaireannuibh eag-samhail, chum na-daoine taghta a leir-sgrìos' 'nan Ceann, an dara Adhamh, air a' chrann, mar a thug iad oidhirp air a' chinne daonna air fad a sgrìos, 'nam freumh an ceud Adhamh, 'fa' gharradh. Ach thug ar TRIATH an dulan uile, agus ge do thilgeadh miltean de ghathuibh teinnteacha air, gidheadh dhion se e fein co uile threun, as nach robh 'an comas do h-aon dhiubh druthadh air. Cha 'n e 'mhain gu'n do dhiosruich e a naimhdean uile, ach thug e buaidh-chaiream air uachdranachduibh agus cumhachduibh air a chrann cheusaidh.

Bha mór champar agus doilghios air Spiorad Josa air fòn peacaidh ghraincil nan Iudhach, agus chionn gu'n robh 'e faicinn roimh-laimh, gu'n aich-sheunadh agus gu'm meafadh iomad neach fhulangas neo-fheumail agus neo-dhiongmhalta gu mathanas a chosnadh dhoibh 'nam peacannuibh. Bha doilghios air a Spiorad, do bhri' gu'n robh e faicinn nan Iudhach, a gheall, ann an coi'-cheangal, a bhi tairis dha fein, agus air an do chaith e na h urrad shaoithreach, a nis ciontach 'am peacadh goirifneach, eadhon, 'am murt Slanui'-fuir an t faoghail. Uime sin ghuidh e air Athair, gu'n tugadh e mathanas-dhoibh, 'Athair, thoir dhoibh mathanas, oir cha'n aithneadh 'dhoibh ciod a tha iad a' deanamh.' Chuir e mor-ghrioblaid air anam, a bhi 'g am faicinn a' ruith an coinneamh * an cinn a dh' ionnfuidh sgrìofa. Air an zobhar sin chuir e ath-chuinge dhurachdach suas air fòn slainte dhoibh, a' gabhail an leth sgeil 'Cha 'n 'eil fios aca ciod a tha iad a' deanamh.' Bha a chridhe air a luchdachadh le trom bhron, do bhri' gu'n robh e faicinn roimh-laimh, mor-aireamh na muintireach sin, an taobh a muigh de'n eaglais fhaicfinich, a dheanadh di-mios air fhulangas, a dh' aich sheunadh feumalachd agus diongmhaltachd a bhaichum an tearnadh, ach a dheanadh earbfa as an toilltineas fein agus toilltineas chreatairean eile, clum slainte a chosnadh dhoibh. Bha a spiorad air a chradh, do bhrìgh gu'm fac e roimh-laimh, gu'n ceusadh moran de chloinn nan daoine e athbhuailt le peacachadh, gu h an toileil, 'na aghaidh. Bha a spiorad air a lionadh le doilghios, do bhrìgh gu'n robh e faicinn roimh-laimh, cia iomad neach, a dhiultadh e fein agus tairgse a chairdis agus ath-reiti, a bha e 'nis a' cosnadh dhoibh co daor. Ge do bha a dhoilghios

hios roimhe fo co mor as gun do ghuil e gu goirt os-cionn baile Ierufaleim, Luc xix. 21. gidheadh bha a dhoilghios ni bu mho 'fan am fo, do bhrigh gu'n robh e roimh fhaicinn, gu'n deanadh clann nan daoine tair air an aon iobairt-reite, agus gu'n cuireadh iad gu tulchuifeach, an-dana, cul rithe.

Os-barr, dh' fhuiling e fraoch-fhearg DHE 'na anam. Cha 'n 'eil ann sgach fulangas, mu'n do labhair sinn gus a fo, ach neo-ni, ann an coi'meas ri treigfinn an Spioraid, agus an trom mhothachadh air feirg DHE, a dh' fhuiling ar n Iobairt reite. Ann fulangas anma bhruthadh e 'am fion amar * feirg Athar, agus b' e 'n luchd craidh fo a bu chionfath do 'n ard eighich sin, a leig e air a' chrann, ' Mo ' DHIA, mo DHIA c' air son a threig thu mi.' Dh' fhuiling CRIOSD air a chrann da ghnc smala, smal † air a' ghrein, agus smal air dealradh gnuife DE. Nach bu ro shearbh do CHRISD gathanna nimheile ar peacaidh? Bha e ro bhronach, fann, agus crith-eagalach, agus dh' fhuiling e guin ifrinne. Bha gnuis DE air a falach air. Threigeadh air a' chrañn e. Bhlaiss CRIOSD roimhe, 'fa' gharradh, copan fearbh feirge DHE air a mhiosgadh le 'r peacannuibh. Ach bha e 'fan am fo ag ol suas gu buileach na dithe nimheil, bhas-mhoir. Tha 'm faidh Isa liii. 11. ag radh ris a' ghoimh, a dh' fhuiling ar slanui'-fhear, ' Saothair anma.' Tha Daibhi 'g radh rithe, ' Goimh ifrinne. Chuartuich dochar geur a' bhaiss ' mi, ars efan, agus ghlac goimh ifrinne mi.' Chuartuich bron agus eangach bais a chorp, agus ghlac goimh ifrinne anam. Agus b' iad sin a dh' eignich uaithe mar dhuine, an dian-ghearan togarrach fo, ' Mo DHIA, mo DHIA, ciod uime threig thu mi.'

An

* Ionad-bruthaidh an fhiona.

† Duibhre dorchadais, sgaile duinealach.

An fo bha e gearan air an ni sin, a bu mò doilghies leis na deich mìle bas; Mò DHIA, mò DHIA, c'air sonatharruing thu uam do lathaireachd ghnathuichte, a bha mi mealtuinn o fhiorruigheachd, agus c'air fòn adh' fhag thu m anam ann an goimh ifrinne? 'Threig gach co'-fhurtachd o'n chreatair agus o 'n Chruith-fhear e. Theich a chairdean, a dheifciobuill agus Apstoil air falbh; bhrath aon dhiubh e, dh' aicheadh aon eile e, agus chuir an t aon, a lean e gu Calbhairi, tuille campair air na thug e dha de cho'-fhurtachd. Chuir bron na bha d'a chairdean mu'n cuairt dha, trioblaid air. Ge do b' iomad neach e leigheis e, a theagaisg, a fhaor agus a bheathuich e gu morbhuilt-each 'san fhafaich, cha tug aon neach oidhirp air comhnadh leis. Cha robh truacantas, cha robh iochd, riasan no ceartas r' am faotuinn 'nan giulan.

Threigeadh ar Slanui'-fhear le ainglibh mar an ceudna. Cha tug, aon de na spioraduibh beannuichte sin, a thainig a nuas o neamh, a thoirt aoruidh dha ann sa' phrasuich, oidhirp air co'-fhurtachd a thoirt dha air a' chrann. Ge do bha a ghaoth roimhe fo umhal da, ge do dh' fhas an fhairge daingean fo a chasuibh, gidheadh bha na tairngean agus an droighin geur a' biorradh a chuirp agus a druthadh air anam. Bhiorr iad a thaobh leis an t fheidh, thilg iad croinn air aodach, dh' fholuich a' ghrian a gnuis air, cha'n fhaigheadh e copan de uisge fuar a chasgadh iota loisgich, an aon fhocal, thug Athair na trocaire seachad aon mhac a glfraidh do dh' fheirg an luchd-millidh, do chumhachd an dorchaduis, chum gu'n taomadh iad amach an garg-bhoile air mar cho'-luath. 'An gath solais, a bha gus an am fo a' dealradh air anam, chaidh a nis a tharruing air falbh, agus mac fiorruidh DHE a threiginn le Athair gu tur. Chaidh goimh ifrinne, a thoill ar
peacanna-

peacanna-ne gu fìorruidh fhulang, a thaomadh air anam neo-chiontach Uain DE.

Tha pian ifrinne air a roinn 'na da earrainn, eadhon goimh callduich, agus goimh geur-mhothachuidh. Chaill mac DHE cairdeas, baidh, agus mothachadh air gradh an DE bhco. Bha trom-mhothachadh aige air guin fheirge, 's air a dhimb. Uime sin chi sinn a-reir an da earrainn ghoimhe fo, 1. Gu'n d'fholuich DIA a ghnuis air CRIOSD 'nuair a bha e air a' chrann, agus gu'n do tharruing e uaithe a ghradh, a throcair agus a chairdeas gu tur, 2. Gu'n do thaom e 'mach fhearg air anam. Thaomadh 'na h aon mheall air Iosa, an fhearg sin, a bha mar fhiachuibh air na daoineibh taghta fhulang gu fìorruidh 'an ifrin. Ach rinn meud agus morluach toilltinis CHRIOSD a suas air son na bha dh' easbhuidh air fìorrugheachd fhulangais. Bha fulangas anma Iosa, re uine-chrìochnuich, co' ionann ri goimh fhìorruidh neo-chrìochnaich ifrinne, do bhri gu'n robh an neach a dh' fhuiling neo-chrìochnach.

Thainig duibhre dorchas agus gruaim dhuì'-nealach air aghaidh na h iarmailte, agus smal air a' ghrein, a mhair trì uairean, ann fa' cheart am sin 'fan robh duibhre spioradail a' folach gnuise DHE air. Bha 'n smal dui'-nealach fo, a thainig air a' ghrein, miorbh-uilteach, no ofcìonn oibre naduir. Oir bha a' ghealach lan, agus uime sin cha 'n fheudadh an smal fo tighin air a' ghrein air mhodh nadurra. Agus ge do tha cuid de dhaoinibh a' smuaineachadh, nach robh an dorchadas fo ach ann an talamh Iudea amhain, tha sinn a' faicinn gu foilleir o Luc xxiii. 44. gu'n robh e air aghaidh na talmhuinne. Chunnais Dennis an t Areopaigiteach e aig baile Aitenfe, tha air innseadh dhuinn, agus air dha aithneachadh, le
colas

enlas speuradaireachda, no riaghailt nan reull, gur ann air mhodh miorbhuilteach a rinneadh e, ghlaodh e 'mach gu h ard-ghuthach, ' An dara cuid, ars efan, ' tha crìoch an t' faoghail 'am fogas, no tha DIA ' naduir, eadhon, Cruith-fhear an t' faoghail a' ' fulang.' Agus tha air imseadh dhuinn, gu'n do thog muintir Aitenfe, air a shon so, altair do 'n DIANCO-aithnichte, agus gur ann air son na h altarach so a thug Pol achmhafan doibh an diaigh laimhe, Gniomh. xvii. 23. Leig an t Apstol fhaicinn dhoibh, gu'm b' e CRIOSD an DIA aithnichte so. Tha daoine eile ag radh, gu'n robh an dorchadas so mar an ceudna 'san Roimh. Dh' fholuich a' ghrian nad-urra, le sgreimh, uamharrachd agus ogluidheachd, a gnuis, 'nuair a bha grian na firinne a' basachadh air a' chrann, agus a' dol foidhe, chum eiri suas le buaidh a ris. Leis a, mhiorbhuilt so, dh' aithnicheadh agus dh' aidmhicheadh, morachd a dhiadhachda, le a naimhdibh. B' eigin do 'n bhreitheamh ea-corach, a thug a bhinn amach an aghaidh agartais a choguisse, aidmheachadh gu'm b' e so mac DHE. 'B eigin do 'n Cheannard, a bh' air na faighd'-fhearuibh, bha 'ga clur gu bas, aidmheachadh gu'm b' fhirein an duine. Thug an gaduich, a cheusadh maille ris, dha urram mar DHIA na firinne. Na faighd'-fhearan fein, a bha 'ga mhillleadh agus a' mhor-chuideachd a thainig as na duhannuibh mu'n cuairt; phill iad dha-thigh a' bualadh an uchda. Theill sinne a bhi air ar druideadh an dorchadas siorruidh air son ar peacaidh. Uime sin dh' fhuiling anam CHRIOSD dorchadas o'n leth a stiùh, 'nuair a dh' fholuich DIA dealradh a ghruise sholasuich air. Dh' fhuiling a chorp dorchadas o'n leth a muigh, 'nuair a dh' fholuich a' ghrian gathan dealracha a soluis o a shuilibh. Bha cail-eigin de phlathannuibh cairdis DHE a' eumail

cumail suas anma CRIOSD 'na uile amhgharuibh roimhe fo. Ach a nis thairngeadh uaithe gu glan gach co'-fhurtachd, le Spiorad DE, 's cha d' fhoillficheadh gath soluis d'a anam. Chuir fe e fein a nis 'an aite pheacach, agus dhoirt DIA an t Athair peacanna an t fluaigh air a cheann. Uime sin ghlaodh nadur an duine le guth gearanach, 'Mo ' DHIA, mo DHIA,' &c. B' e so guth a' chreidimh agus na muinghinn laidir ann an DIA. B' e so guth na feola agus anma, 'nuair a bha e cruaidh-ghleac' ris na buaireannuibh a bu laidire a' gearan, gu'n do tharruing DIA, a bha gabhail mor-thlachda ann roimhe fo, uaithe a chomhnadh agus a chairdeas, is gu'n dolas a chorruih 'naaghaidh air son pheacanna chloinn nan daoine. Dh' fhuiling e gach cradh riamh roimhe fo gun ghearan. Ach 'nuair a threig DIA e, ghlaodh e mach, a nochdadh d'a Athair siorruidh, 'am fianuis dhaoine, meud fhulangais.* Cha 'n 'eil an glaoth fo a' ciallachadh gu'n robh CRIOSD fo mhi-fhaighidinn, no nach robh e toilichte le a staid, ach a leigeadh fhaicinn gu'n robh trom-luchd ar peacaidh a' toiltinn craidh do fhulang. Mar biodh an diadbachd a' cumail suas naduir an duine, dh' fhailnicheadh e fo 'n callaich. Cha do threig CRIOSD obair Athar, ach threig Athair CRIOSD. Cha 'n 'eil finn ri smuaineachadh gu'n do threigeadh nadur na diadhlachda ann an CRIOSD, no bith ar Slanui'-fhir; oir gu cinnteach bha DIA 'ga ghradhachadh 'san am sin co math as riamh. Ach threig mothachadh air cairdeas, gradh agus trocair DHE, e. Threigeadh e re feal; chum nach treigeadh DIA sinne, ach gu'n gabhadh e sinn stigh do tholas siorruidh. Threigeadh e, 'na dheuchuin chruaidh spairneil air a' chrann, chum nach treigeadh sinne 'nar buaireannuibh. Pheacuich ar

n anmaana; dh' fhuiling anam CHRISD. Agus do bhri' gur e 'n t anam an earrann a 's laachmòire de'n-duine, bha fhulangas ni bu mho. Tha moran dhaigine 'gabhail iongantais de fhulangas cuirp CHRISD, nach 'eil a' toirt aire air bith do' fhulangas anma; chionn gu'n robh fulangas a chuirp foilleir do fhuilibh corporra, ach fulangas anma, do fhuilibh a' chreidimh amhain. Ach cha 'n 'eil ag' air bith, nach tug fulangas anma CHRISD barrachd air fulangas a chuirp ann a' meud, co fad as a tha 'n t anam a' toirt barrachd air a' chorp 'an oirdheirceas.

A thuille air a' chruaidh-chath a bh' aige ri cumhachduibh an dorchaduis, O cia do-thuigfinn, cia do-innse', cia neo-chrìochnach an trom-luchd sin de dheirg DHE, a mhothuich e 'na anam! Cia do-ghiulan a bha 'n lot a rinneadh 'an cridhe ar Slanui'-fhir, 'nuair a threig gradh DHE agus dealradh solasach a ghnuise e, agus a bha beo-mhothachadh geur a'ige air corruich lasaruich agus dimb an 'Ti a 's airde, a bha 'na throm-luchd, ullamh gu tuiteam air ar ceann air son ar peacaidh. Is claidh do thuigfinn an tomhas neo-chrìochnach feirge, a tha aon pheacadh a' toilltinn, a mhothachadh; ach ni's do-thuigfinn na fo, tha a bhi mothachadh agus a' fulang na feirge sin, a tha aon pheacadh a' toilltinn air son ciontai a bheatha air fad. Ach O cia mor am fulangas, a bhi mothachadh na feirge ana-barruich, neo-chrìochnuich sin, a dhlighear do na daoineibh taghta gu futhuinn. Air an fhulangas so innseadh 's eigin do bhriathruibh teachd goirid, agus do smuaintibh a bhi air an glasadh suas ann iongantas domhain! Mor mar a bha 'm fulangas so, chaidh ar Slanui'-fhear gidheadh foidhe airson ar peacanna.

A ris, 'nuair a ghlaodh mac Dhe air a' chrann, Eli, Eli, thubhairt a' naimhdean mi-runacha gu'n

do ghlaodh e air Elias, cha 'n ann chienn nach robh fios aca ciod a bu chiall do na briathruibh Eli, Eli; oir bha cinnt aca air fo. Ach rinn iad ceol gaire agus cuis-fhugruidh do na focluibh Eli, agus Elias, chum fochuid a dheanamh air ar Ti sin, a bha 'na iobairt-reite air fon am peacaidh. Bha fios aca gu'n do ghlaodh e air Dia, ge do bhrosnuich am mi-run malluichte iad gu radh gu'n do ghlaodh e air Elias. Bha iad re a bheatha a glaothuich ris, Samaritanach allmharra * agus deamhan, ann an lathair bhreitheachan na rioghachda agus na h caglaife. Agus 'nuair a bha e caochladh, chuir iad as a leth gu'n d' rinn e urnuigh ri Elias, agus mar fo gu'n robh e ciontach ann iodhal-aeruidh. Bha gach nì 'g amharc air le gruaim. Cha 'n 'eil ag' air bith nach bu chruaidh le a chridhe caomhail a bhi faicinn Iudais mhalluichte a' dol a' mughadh. Oir 'nuair a chunnaic Iudas gu'n do dhiteadh ar Slanuì'-fhear, agus nach gabhadh na h Iudhaich air ais an t airgid, air fon an do reic e a mhaighifidh le foill; an aite teicheadh a dh' ionnsuidh trocaire an 'Ti air an d' rinn e 'n brath, thuit e 'n ca-ìochus, agus chroch fe e fein. Chunnaic mac Dia, le mor-dhoilghios eridhe an deiseibuil fò dol 'am mughadh, air an do thacm e mìle fochair mhor. Agus ge do bha a' cheart chothrom aig a' ghaduich, a cheusadh maille ris, air maitheanas fhaotuinn 'na pheacach, 's ge do dh' fheudadh e bhi air a nigheadh leis an fhuil a dhortadh air fon a chinne-daonna, ge do chual' an truaghan bochd CRIOB, le guth na trocaire, a' deanamh eadar ghuidhi air fon pheacach; ge do chunnaic fe e, le foighidinn do thuigsinn, le maircantas do-labhairt, a' toirt dulain gach mallaidh, agus ana-cainnte, a thugadh dha; ge do chunnaic e

amal

finn na greine, a' chrith thalmhuinn, aithreachas a cho'-sheifidh, ge do chual' e 'n gealladh a thug ar Slanui'-fhear dha, gu'n rachadh e maille ris do Pharras, agus ge do chunnaic e fuil luachmhor a Shlanui'-fhir a' fruthadh sìos gu pailt o'n chrann; ge do bha e fa' cheart am fin fo sgaile sgeith craoibh na beatha, gidheadh bhafuich e 'na pheacadh. Mar athair gradhach, mar charaid dileas, mar fhear-faoruidh trocaireach, 's mar aodhaire ìeirceil, cha b' urrainn ar Slanui'-fhear, gun doilghies, amharc air a' chaora thraigh sin a' dol 'am mughadh laimh ri tobar ioch-shlainteach na slainte.

Cha 'n 'eil teggumh air bith-nach do bhuin bron a mhathar ri cridhe tìom, baidheil, trocaireach ar Slanui'-fhir gu ro ghoirt. 'Nuair a chual' i gu'n robh Iosa 'ann laimh, dh' imich i ann an camh-anaich na maidne a' leantuin ar Slanui'-fhir. Do bhri' coisais chaidh i gu h uaigneach roimh shraidean bhaile Ierusalem, le deuruibh goirte agus ofnuibh trona. Thachair mnathan crabhacha orra air an t flighe. Agus an diaigh dhoibh imeachd an co'-chuideachd a cheile, choinnich iad ar Slanui'-fhear, is na h Iudhaich 'ga thoirt a dh' ionnsuidh Philait: Ach bha 'n sluagh co domhail, as nach feudadh iad fhaicinn. Cha chual' iad ach ard-ghlaodhuich agus ana cainnt na muintireach a 'bha m' a thimchioll, agus a bha a' bruchdadh amach ana-cainnte 'na aodann. Cha 'n 'eil ag air bith, a cheud fealladh a chunnaic i dheth 'an lathair Philait, mar van ann am measg mhadadh-alluidh, agus 'nuair a chunnaic i a ghnais dearg le fuil, a choluinn lan leon, agus e air a chomhdachadh le truscan fanaideach, duaichni, an coron air a cheann agus a' chuile 'na laimh, nach robh a cridhe air a shracadh le bron ana-barrach. Cha 'n 'eil ag' cuideachd nach do

dhruidh an fealladh bronach so gu h'ana-barrach air
inntinn theo-chridhich, thiom-chridhich ar Slanui'-
fhir. An uair a chual' i na fianuise breige, agus
na mallachda, a thugaid air, dian bhoile na maintir-
each sin, a bha 'glaodhuich Iosa a cheusadh agus
am murtair a leigeadh as, 'nuair a chual' i guth
an neacha a ghlaodh gu'n tugadh a bhinn amach,
'nuair a chumnaic i 'n crann air a thogaid suas, a bha
ar Slanui'-fhear r'a ghiulan gu e fein a cheusadh,
'nuair a thainig i, fa dheoidh, a dh' ionnsuidh fleibh
Chalbhairi, maille ris na nmathuibh crabhacha eile
a bha leantuin ar Slanui'-fhir, 'nuair a chumnaic i
'n t ullmhachadh an-ìochdamhor a rinneadh fa chomh-
air a mhìlidh air an t sliabh, 'nuair a chual' i
suaim * nan ord a' bualach nan tairngean tre
lamhan agus chafan uain De, 'nuair a chumnaic i e
air a thogail an eileid air a' chrann; cha 'n 'eil teagamh
nach bu dubhach, muladach an staid ann san robh i.
Cha b' urrainn, so gu'n druthadh air Slanui'-fhear
na trocaire gu ro throm.

Fa dheoidh, 'nuair nach mor nach do chaill ar
Slanui'-fhear fhuid, 'nuair a bha a chail air meatach-
adh † an d'fagh cradh co fada fhulang, agus a bha
reoir a bheatha air failneachadh, agus feudaidd e
bith, blas fearbh an domblais agus an fhion-gheir a'
tiormachadh a bheoil, ' Air dha a bhi fìofrach gu'n
' robh na h uile nithe an nis air an crìochnachadh,
' chum gu'm biodh an Scrioprar air a choi'-lìonadh,
' thubhairt e, 'Tha iota orm,' Eoin xix. 28, 29. Bha
fios aig ar Slanui'-fhear nach robh neach a lathair
a bheireadh deoch, a dh' uisge dha, 's nach tugadh
iad dha ach fion-geur; ach chionn gu'n robh toil
aige an t ainfhiach a dhioladh gu h'iomlan, choi'-
lìon e gach ni a bha feumail chum na crìche sin.

Uime

* Farum.

† Mcath.

Uime sin thubhairt e, 'Tha 'iota orm.' An sin thugadh fion-geur dha, chum gu'n claoideadh iad e ni bu mho, 's gu'm biodh an Scrioptar air a choil-ionadh, 'Na iota thug iad fion-geur dha r'a ol,' Salm lxix. 21. Ge do bha theanga leantuinn r'a ghialuibh, Salm xxii. 15. gidheadh dhiultadh gach co'-fhurtachd o'n chreatair agus o'n chruith-fhear d'ar 'n eadar-mheadhanair, 'nuair a bha e air bheul a bheatha a leagadh fios air son a chreatairean. Ach 'nuair a ghlaodh ar Slanu'-fhear, ruidh aon agus lion e falgan * le fion-geur, agus chuir e air slait chuilce e, agus thug e do CHRISD e r'a ol, Mat. xxvii. 48.

Fa dheoidh, 'nuair a bha a chorp air tiormachadh, agus fhuil air bheul teireachduinn, thug iad, aon uair eile, fion-geur dha r'a ol. Oir bha foitheach† de fhion-geur laimh riu. 'Nuair a ghabh Iosa 'uime sin am fion-geur, thubhairt e, 'Tha e crìochnuichte, chrom e cheann agus thug e fuas an deo,' Eoin xix. 30. 'Thug e 'nis buaidh amach, choisinn e dhuinn fonas, ceart mar gu'n abradh e, 'Thug 'mi lan-dioladh air son peacaidh an t saoghail, dh' 'ath-reitich mi 'n cinne-daonna ris an Athair, fhuair 'mi dhoibh gras na slainte agus naomhachd; mar so tha gach ni air a chrìochnachadh.'

Mar so bhafuich an t uan gun lochd, gu toileach, sunntach, togarrach, air son sliochda Adhaimh. 'Nuair a tha daoine basachadh, tha 'n cail a lagachadh, tha 'n uirgheal, 'gan treiginn, tha carrafan gu bith-canta 'na muinealuibh, agus tha iad a' tuiteam ann an fhainneachd a lion beagan agus beagan, gus am bheil an anail 'g am fagail gu tur. Ach 'nuair a bhafuich CRISD, cha do laguich e neart, gus an tug e fuas an deo. Oir ghlaodh e le gath ard. Mar

* Spuing na clàran.

† Soire no eadhar.



fo bhafuich uan DE le a lan-thoil, mar iobairt-reite air son ar ciontai. Chróm e cheann fios. Thoisich na fuilean, a bha 'n an co'-fhurtachd agus 'nan solas do 'n mluinntir a bha 'n amhghar, a nis ri fulang. Dh' fhas na bile, as an d' thainig briathra na beatha mhaireannuich, a nis fuar. Ach a chum gu'n leigeadh e fhaicinn, gur ann le thoil a bhafuich e, 's gu'n do leag e bheatha fios dheth fein, agus nach tug neach naithe i, air dha bhi air a neartachadh le chumhachd fein, thog e fuas a cheann, dh' fhosgail e a shuilean agus dhil-bheachduich e air neamh, agus ghlaodh e le guth ard: 'Athair, a' d' lamhuibh tha mi tiom-' nodh fuas mo spioraid.' An diaigh sin, chróm e fios a cheann, dh' fhosgail e a bheul agus thug e fuas an deo.

Mar fo bhafuich ughdär na beatha, fear-saoruidh a chinne-daonna, mac an DE bheo, prionnsa na sith, ar co'-fhurtair, ar caraid, ar n aodhaire, ar 'n eiseimpleir, ar muinghinn agus ar dochus. Thuit an iobairt, tha ar reite air a deanamh fuas. Theich an Sagart ana-creidmheach o'n altair. Thuit iodhala nan DE breige fios gu lar. Chaidh Maois agus a lagh as an t sealladh air an dara laimh, thainig mac DHE agus foisgeul na sith 'san t sealladh air an laimh eile. Tha sith air a gairm air thalamh agus deadh-ghean do chloinn nan daoine.

An diaigh a bhais chaidh anam air ball do Pharris, (agus cha 'n ann a fios do dh' ifrinn, mar a tha cuid de dhaoineibh a' smuaineachadh) Luc xxiii. 47. agus mar fo cha d' fhuiling anam ni's mo. Ach gidheadh thug a naimhdean oidhirp air dioghaltas a dheanamh air an diaigh a bhais.

1. Lot iad le fleidh e. An sin, chum nach fanadh na cuirp air a' chrann-cheusuidh air an t sabaid, do bhri' gu'm b' e la an ullmhachuidh a bh' ann (oir bu

la mor an la fàbaide sin) dh' iarr na h Iudhaich air Pilat gu'n rachadh an luirgneadh a bhristeadh, agus gu'n tugadh air falbh iad. Ach 'nuair a thainig iad chum Iosa, 'nuair a chunnaic iad, gu'n robh e cheana marbh, cha do bhris iad a luirgne-fan, ach lot fear de na faighid'-fhearuibh a thaobh le sleidh, agus air ball thainig amach as a thaobh fuil agus uisge. Bha am mi-run do CHRISD co mor as, ge do chunnaic iad marbh e cheana, gidheadh nach creideadh iad an fuilean fein; ach a chur na cuise as an ag', lot iad a chridhe, as an d' thainig fuil, agus cochull a chridhe, as an d' thainig uisge. 'S e so tobar nan sacramaide, eadhon tobar ar n uile sholais. An so tha fuil g'ar firinneachadh, agus uisge g'ar naomhachadh. An so tha fuil, aon de na nithibh a th' air an ciallachadh ann an fuipeir an Tighearna, agus uisge, duil a' bhàist.

2. Dh' adhlacadh ar Slanui'-fhear beannuichte ann an uaigh. Dh' imich e trid glinn dorcha sgaile a blas. Mhinich e 'n rathad romhainne, Eoin xix. 38. Mat. xxvii. 57. ' Dh' iarr Ioseph o Arimatea ' corp Iosa air Pilat.' An diaigh do Nicodemus agus do Ioseph a chorp ungadh, breid a cheangal m'a ghialan, a chreuchdan a phasgadh le anart min *, agus a chorp a charadh ann am bra'-lin † ghil, leig iad sìos 'san talamh e, aon dhiubh a' giulan a chinn, agus aon a' giulan a chasan, agus an sin dh' iomain iad clach a dh' ionnsuidh na h uaighe, chum nach ciurradh neach air bith corp CHRISD.

Ann san am so an robh iad a' laimhfeachadh cuirp CHRISD, do bhri' collais reubadh ath-bhuail ‡ e, agus rinneadh eubain de na lamhaibh agus de na casuibh sin, a bha ghnath a' deanamh matha, 'nuair a thairngeadh na tairngean agus

* Grinn,

† Plai-lin,

‡ As ur.

agus a spionadh a nuas an coron droighine bharr a cainn.

3. Bha na h Iudhaich, na h ard-shagairt, agus na Phairisich, air an cruadhachadh co ana-mhor, as ge do bha cinnt aca gu'm b' e am Messiah, is ge do dh' aidmhich iad so le agartas agus u mhann coguise re uine bhig roimh' so, gidheadh, gu'n dubhairt iad mealltair ri Righ na fithe fathaist. Cha 'n fhurasta stad a chur air a, pheacadh 'nuair a theid daoine fada a'ir an aghaidh ann. 'Is cuimhne leinne, ar iadfan, 'nuair a bha am mealltair ud fos beo, gu'n dubhairt e, An diaigh thri laithean, eirghidh mise a ris, Mat. xxvii. 63. Agus dh' iarr iad air Pilat agus fhuair iad uaithe freiceadan, a chur faire agus cuil-choimhid air an uaigh, chum gu'm bacadh iad a dheisciobuil o CHRISD a ghoid air falbh, agus chum nach creideadh an sluagh gu'n d' eirich e le chumhachd fein. Ach thog am freiceadan shaighd'-fheara so fianuis dhoibh-san a dh' fhasdaidh iad, gu'n d' eirich CHRISD o na marbhuibh. Ach chum gu'm biodh meas cealgaire aig na h uile neach air CHRISD, thuarasdaluidh iad na saighd'-fheara le airgiod, chum a radh gu'n do ghoid a dheisciobuil e as an uaigh, ge do bha dearbha laidir aca air atharrach. Thug iad oidhirp air ainm a mhurtadh re a bheatha, agus an diaigh a bhais mar an ceudna.

4. Dh' fhan e san uaigh gus an treas la. Cheusadh e air di-haoineadh, agus dh' adhlaiceadh e air an la sin fein roimh luidhe greine. Dh' fhuirich e san uaigh gu camhanuich maidne dhi-domhnuich, d' an goirear la an Tighearna, chionn gu'n d' eirich an Tighearna air an la sin. Cha robh e ach re earrainn de thri laithibh 'san uaigh. Dh' fhan e 'san uaigh gus an treas la, chum gu'm biodh fios aig gach neach
gu'n

gu'n robh e marbh; ach cha d' fhuirich e ni b' fhaide innte chum nach faiceadh e truailleadh.

Bu shonruichte an ni, ge do bha mor-phathadh air CRIOSD, ge d' is iomad cradh a dh' fhuiling e, nach cualas riamh gearan as a bheul, is nach robh togradh aige a phathadh fein a chasg', gus an robh e cinnteach gu'n robh na h uile nithe, a bhia feumail chum ar slainte, air an coi'-lionadh, agus ceartas DE landioladh air son ar peacaidh. Tha so gu foilleir a' dearbhadh a theas-ghraidh d' ar n anmannuibh, gur ann chum slainte a chosnadh dhuinne a dh' fhuiling e urrad phathaidh, agus nach do ghabh e fuim d'a uireasbhadh fein gus an do sholair e air ar son-ne. Cia deonach bu choir dhuinne a bhi a thoirt umhlachda do thoil ar Slanu'-fhir os-cionn ar fuaimhnis agus feimheineachda fein? Cia mor an ciocras, an t iota spioradail, leis am bu choir dhuinn teachd gu bord an Tighearna, a chumail cuimhn' air fulangas ar Slanu'-fhir? 'Nuair a chi sinn copan na sacramaide, 's coir dha so 'n copan fearbh, a dh' ol mac DHE, a chur 'nar cuimhne, cha 'n e mhain copan an domblais agus an fhion gheir, ach mar an ceudna copan na corruiche agus na feirge, an dioghaltais agus na dimb, na treigfinne spioradail, a' chainidh agus a' mhallachuidh, a dh' ol TRIATH na beatha suas gu h iomlan air son peacaidh a' chinne-daonna.

Fhuair CRIOSD bas chum gu'm biodh sinne beo. Dh' fhuiling ar TRIATH bas aimfireil, a chosnadh beatha shiorruidh dhuinne. Pheacuich sinne gu toileil, air an aobhar sin bhafuich CRIOSD gu toileach. Chul-sleimhnich sinne le'r deoin, o DHIA; air an aobhar sin thug CRIOSD, le uile thoil, lan-dioldadh air son ar peacaidh. Bhuanuich 's e 'nashulangas gus an robh ceartas lan-toilichte, an d' thugadh iobart air son peacaidh, 's an robh ar fàrladh crìoch-

criochnuichte. Agus ann sin, 'nuair a rinn agus a dh' fhuiling e na h uile nithe a bha feumail chum ar faorfaidh, thubhairt e. Tha e criochnuichte. Agus an diaigh sin, thug e fu's an deo. Cha 'n fhagadh e idir an faoghal, cha mho a sheachnadh e fhulangas, cia craiteach agus buan air bith a bha e, gus an do choi-lion e gu buileach ar faorfaidh. O faic an so nimh ar peacanna, nimh mharbhtach ar n aingeachda, a tharruing CRIOSD ar n urras a dh' ionnfuidh a leithide so de fhulangas, agus a thoirt suas anma mar iobairt-reite air son ar ciontù. O gradh iongantach Josa, a ghradhuich sinne mar so gu bas, a thug a bheatha air son ar beatha, agus a dh' fhuiling anam a bhi air a sgaradh o a chorp, chum nach sgairteadh ar n anmanna-ne o DHEA gu fìorruidh.

Air dhuinn a nis cail-eigin a labhairt mu fhulangas CRIOSD an am a bhais, gabhamaid 'san àite a' s faigse ath-shealladh dhiubh.

O m' anam, dearc gu foistinneach air Uan DE a' basachadh air a' chraun, is gabh beachd-shealladh air gach earrain d'a fhulangas.

Faic fion geur agus domblas air a thoirt dha r'a ol! Feuch cruith-fhear nan uile nithe air a thoirt a dh' ionnfuidh staidhe co iofail, as nach builichear copan a dh' uisge fuar air! Gabh sealladh air ar peacannuibh a' miosgadh a chopain sheirbh so; agus copain a bu sheirbhe gu mor na so, de dhicomb 's de chorruidh DHE a dh' ol ar Slanuì'-fhear! Feuch efan, a tha toirt do na creidmheachuibh aimhnichean aoibhnis r'an ol, Salm xxxvi. 8. ag ol deocha sheirbh, cha 'n e 'mhain de fhion-geur agus de dhomblas, ach de fheirg an DE fhìorruidh, a thoill fianne! Nach 'eil e ceangailte oirne mata teachd gu minic, umhal, taingeil, agus crabhuidh, gu bord an Tigh-eanna,

earna, a dh' ol copain sacramaide na flainte, a choisinn ar Slanuì'-fhear dhuinn.

2. 'Thoir fairear cradh ana-barrach a cheusuidh, cionnas a bha casan agus lamhan CHRISD air an tarruing o cheile, air am siaradh agus an fhuimha' as an lathailt ! Feuch a nis air a tairngeachadh ris a' chrann, lamh dheas an ti sin, a tha tomhas uisgeachan na mara an ann dearnaigh * a laimh, Ifa. xl. 12. agus, a tha cumail suas nan reul na laimh dheis, Taibh. i. 16. agus a dhealbh an cruinne-ce ! Faic a lamhan fosgailte agus a ghairdeinean sgaoilte, a ghabhail d'a ionnfuidh gach uile aithreachan treibh-dhireach 's g'an glacadh 'na uchd ! Faic na casan sin, a shubhail iomad ceum sgìth, airfhealach tuirfeach, air muir agus tir, a dh' fhuasgladh † air an ca flainteach, agus a shearmanachadh an t foisgeil, a nis air am fagail gun chomas glideachuidh ‡ le tairngibh iarruinn. Faic na casan sin, a tha mar charrgha marmuir air a fhuidheachadh air ulaguibh oir fhinnealta, agus na casan, a tha mar umha ghrinn, a nis mar gu'n loisgteadh iad ann amhainn theine, Taibh. i. 15. air am fhuicheadh uile le fhuil fein, 's iad gu leir comhduichte le stuchduibh d'a fhuil, a thruth a nuas o choluinn ghradhuich agus a steall amach leis na tairngibh. Ma sparradh ris a' chrann, air ar sonne le tairngibh, lamhan agus casan ar Slanuì'-fhear, nach 'eil fiachuichte air ar lamhuibh agus casuibh ne a' bhi ruidh, gu luath, ann an ceumnuibh ar dleasnuis ?

Gabh beachd-shealladh air na faighd'-fhearann 'ga ruisgadh agus a' roinn a thruscaim, agus a chorp ann crochadh lomnochdach air a chrann ann an sealladh ainglean, dhaoine agus dheamhan ! Nochdadh tobar agus

* Bheis.

† Dì-fhuicheadh.

‡ Carachaidh.

agus eiseimpleir na maltachda * ruisgte ann an fealladh an t faoghail; cha 'n ann san oidhche, ach ann an geal an latha fholluis; cha 'n ann 'an camhanuich na maidne, no ann an eadar-fholuis an ana-moich, ach mu mheadhan latha, agus 'nuair a dhealruich a' ghrian 'an airde a mheadhain la; cha 'n ann 'an oisinn iomalluich, far nach robh ach beagan ri amharc air, ach 'san ionad-mhillidh a b' fhealluisiche, far ann robh cuirm fholluiseach na caisge, 'nuair a bha 'n duthaich agus an cinneach uile cruinn! Geurbheachduich air Iosa a' fùlanga 'bhais, ar Sianui'-fhear a' fìleadh fola, lomnochd, leonta, fgiurta, reubta, 'an crochadh air a' chrann, dearg, air aornagadh 'na fhuil luachmhoir fein! a chreicionn uile air a reubadh, a cheann air a eubaineachadh leis an droighin, uchd agus a dhruim le buillibh, a lamhan agus a chasan le tairngibh scaiteacha! O meud a' ghraidh a thug CRÌOSD d'ar n annmannuibh, a dh' fhuiling agus a chuir ann neo-fhuim an naire, Eabh. xii. 2. agus a dh' fhuiling an crann-cheufaidh air ar fon-ne! Cia toileach agus crabhach bu choir duinn teachd gu bord an Tighearna, a chumail cuimhn' air gradh an 'Ti sin, a dh' fhuiling bas co craiteach air ar fon?

Faic Rìgh na sìthe air a cheufadh eadar da ghaduiche, mar gu'm b' e fein am prìomh-ghaduich! Faic efan, a tha beo fad faoghail nan faoghal, is a tha' na fhuilbhe air a chathair rioghail, Taisb. iv. 6. a nis ann crochadh air a' chrann-cheufaidh. Faic efan, d' am bheil deich mìle uair deich mìle de mhiltibh a' frithealadh 'nan seafamh a ghnath ann an lathair a charach, Dan. vii. 10. a nis air a chuartachadh le meirleachuibh, luchd-millidh, agus deamnuibh

* Suamachda.

uibh 's iad gu tulchuisseach 'ga bhuaireadh! Cha 'n fheudadh luchd coimhreachd, a bu fhuarruiche, a bhi aig mac DHE. Mheafadh am prìomh-fhear a mìosg dheich mìle Lao. v. 10. a nis mar phrìomh-fhear dhaoine droch-mhuinte, mar ard-uachdaran mheirleach agns luchd-spuinnidh. Air an doigh fo mhuch iad a dheadh-alladh 'nuair a bha iad 'ga fgrìos fein.

Thoir fainear, cionnas a rionn iad fanaid air TRIATH na beathai. Rinneadh fochuid le daoineibh air an Ti, d' m bheil ainglean a' toirt aoraidh. Rinneadh fanaid air le daoineibh, cha 'n ann le sluagh beag, ach leis gach neach, le sagartuibh, faighd'-fhearuibh is le luchd-siubhuil, ge do tha uamhann air na deamhanuibh roimhe, 's iad air bhall-clìrith 'na lathair. Bha gach uile ghne dhaoine a nis a' co'-fhreagradh ann am fochuid a dheanamh air CRÌOSD 's air a threuchduibh uile, 'nuair a bha e a' fulang a' bhais. Biodh mìsneach againne tighin gu minic gu bord an Tighearna, a chumail cuimhne gu folluiseach air a bhas, ge do ni 'n t aingidh fanaid oirn. Oir mar deachaidh am maighisdir as, cha 'n fheud an deisciobal dol as cuideachd, o sgallais an aingidh Rinneadh magadh air CRÌOSD air ar son-ne, biodh-maide toilichte, magadh fhulang air a shonnan.

Dearc, gu fòistinneach, air fulangas anma CRÌOSD. An ti fin, a bha o fhiorruigheachd ann an uchd an Athar, a sheircin, Sean. viii. 30. agus a mhor-thlachd gach am, a bha a' deanamh gairdeachuis a ghnath 'na fhianuis, agus a bha co'-ionann ris fein ann glòir, lionadh e 'nis le mor-uamhann an uile-chumhachduich, shath e a fhaighdean 'na uchd agus bhruth a lamh e gu goirt, Salm lxxxiii. 2. Feuch anam lan do amhghar agus a bheatha a' tarruing dluth do 'n uaigh, Salm lxxxviii. 3. Faic, cionnas a leagadh

Fearg DHE gu trom air ceann mic a ghraidh, is e
 chradh fe e le a shuimainnibh borba. Gabh geur-
 shealladh, mar a dh' fholuich Athair a ghnuis d'acal
 rach air a theircin naomh, mar a lionadh e leamhghar
 agus cia ullamh a bha e gu basachadh; mar a dh'
 fhuiling e uamhann oguidh; mar a bha lafruichean
 loifgeacha garg-fheirge DHE a' dol thairis, mar a
 ghearr dochar uamhannach, geur a bhais, a bheatha
 as Salm lxxxviii. 14. 15. 16. Bha anam air a gheur-
 chlaoidh mar an ceudna, Salm lxi. Bha e nis a'
 feasamh ann an aite pheacach; agus uime sin b' eigin
 da, a phian, a dhlidhear do pheacachuibh gu fionn-
 ruidh, fhulang 'san am sin. Bu leoir, a throm-
 mhothachadh air na dh' fhuiling a chorp, a chur
 anma roimhe cheile. Ach mo thruaighe! Cha bu
 leoir fo. Thug neamh, talamh agus ifrinn, ionn-
 fuidh air co'-luath; an cinne-daonna le mafladh,
 claidh 's tuaileas bearradaireach, gabhannach; dea-
 mhain le 'm tuaireannuibh, ga' fhior-fharachadh;
 agus DIA fein a' folach' a ghnuise air, agus a' dortadh
 an tomhais a bu mho d'a dhi-fheirg air. O faic
 agus breithnich, cia do labhairt fulangas CHRISD
 araon 'na anam is 'na chorp, ann am balluibh a chuirp
 agus 'an ceud-fathuibh anma' air fad. Dh' fheudadh
 e radh le barantas gun amharas, mar a thubhairt am
 Faidh roimhe laimh uime, "An ni suarrach e
 dhuibhse uile, a tha dol seachad, feuchuibh am
 bheil bron air bith cosmhuil ri m'bhronse, a rinneadh
 ormfa, leis an do chlaoidh an Tighearna mi ann an
 la a ghaire-chorruiche," Tuir. lv. 12. Agus ann ait'
 eile, "Threoruidh DIA mi is thug e mi a dh' ionn-
 fuidh dorchaduis, is cha'n ann a dh' ionnfuidh fo-
 luis; gu cinnteach thiumtaidh e a' m' aghaidhse
 agus phill e a lamha' m' aghaidh fad an la," Tuir.
 iii. 2.

Thoir,

Thoir, gu durachdach, fainear buaidhean agus nadur feirg DHE, a dh' fhuiling CRIOSD air son ar peacaidh. Is fearg uamhasach, sgrìofach, i, Ecfod xvi. 7. "Fearg theinnteach, a tha a' losgadh fios do ifrinn," cho neartmhor as nach comasach dhuinn cathachadh 'na h aghaidh, cho chumhachdach as nach urrainn neach eolas fhaòtuinn oire, fearg nach feudar seasamh 'na h aghaidh, neo chrìochnach, do-ghiulan, Deut. xxxiii. 22. Nahum. i. 6. Salm. xc. 11, &c.

Thoir fainear cia uamhasach ainneanan feirge DHE, eadhon lasan garg, Salm. ii. 5. diomb, corruich, garg-fhearg, gairge, eud, lasan corruiche, Nah. i. 6. Salm vi. 5, &c.

O cia mor an teas-ghradh, a bh' aig CRIOSD air ar n annannuibh! Cia ana-barrach trom agus do-thuigsinn, fulangas ar Slanui'-fhir bheannuichte, a' ghiulain an fhearg uamhasach, sgrìofach, theinnteach, loifgeach, 'an aghaidh nach b' urrainnear cur, an fhearg chumhachdach, dho-sheachanta, neo-chrìochnach, dho-ghiulan, an lasan garg, an diomb, a' chorrùich, a' bhorb-fhearg, an dian-ghairge, a' chorrùich loifgeach, a thoill sinne fhulang o cheartas fìor-ghlan DE air son ar peacaidh.

Faic CRIOSD air a chuibhreachadh *, fios an du'-dhorchadas o'n leth a muigh agus a stigh co'-luath; o'n leth amach a' ghrian nadurra a' diultadh dha a soluis; o'n leth a stigh grian na fìrinne a' foloch a gnuise air, le dui'-neul dorchadais co mor as gu'n d' eignich fo e a ghearran, gu'n do threigeadh e.

Thoir fainear, co a dh' fhuiling na nithe sin. Cha bu duine 'mhain e, no aingeal ach mac DHE, co'-ionann ri DIA, an dara pearsa 'de 'n trionaid ghlormhoir.

Thoir fainear cuideachd, c'air son a dh' fhuiling e na nithe uamhafacha sin; air son dhaoine peacacha, a nochd gu folluifeach gu'n robh iad'n an eas-cairdean mi-runacha dha. "An robh gradh cosmhuil ris a fo gu'n leagadh duine bheatha fios air son a naimhdean.

Thoir fainear meud agus eag-samhlachd fhulanguis o a chreadhuil gu uaigh, gu sonruichte 'san oidhche sin 'an do bhrathadh e, 'san oidhche an-aoibhnich, mhuladaich, bhronaich, eadhon 'san oidhche mu dheireadh d'a bheatha. 'S oidhche fo, a tha r'a gleidheadh agus r'a cumail air chuimhne le uile dheisciobluidh airi agus dileasa CHRISD. "Is oidhche fo r'a coimhead le uile chloinn Israeil 'nan ginealachuibh," Ecfod. xii. 42. Tha fulangais CHRISD co do mheas, as 'nuair a gheur-bheachdaicheas sinn orra gu mion, a labhras agus a sgriobhas sinn urrad as is urrainn sinn umpa, gur eigin dhuinn a radh, mar a thubhairt Apollos mu Dhealbh * Dhianai, cha d' rinn mi 'n obair, ach thug mi oidhirp air a deanamh.

Thoir fainear cia fada 'n uine, a bha e a fulang, 'n comhnuidh gus an do chrìochnuicheadh obair ar faorfaidh, agus feuch am bheil no nach-'eil na sinuaintincan cudthromacha fo air bas agus fulangas do Slanui'-fhir, a' fagail a pheacaidh graineil agus fua-thach, agus CHRISD taitneach, gradhach agus ro-ionmhuinneach do d' anam.

7. Fa dheoidh, dearc, agus gabh beachd-sbealladh air mac siorruidh DHE a' toirt suas an deo. Beachduich air a' cheann sin, a tha mar an t or a's finncalta, Lao. v. 11. a' cromadh fios a dh' fhailteachadh agus a choinneachadh a' bhaist leth na slighe air son a chinne-daonna; an ceann sin, air a' bheil iomad coron gloire, Taibh. xix. 12. air a bhiorradh uile leis

* Iomhaigh.

leis a' choron droigdhne, a chum iad air a cheann a ghnath, gus na thuit e fìos leis a' bhas.

Faic na " fuilean sin, a tha mar lafruichibh-teini," Taib. xix. 52. " Agus mar fhuilibh cholman laimh ris na fruthuibh uisge, air an nigheadh le bainne 's air an fuidheachadh gu maifeach *," Lao v. 12. a nis a' call an fealluidh, air an druideadh leis a' bhas, agus an folus air a chuir as! Faic na gruaidhean maifeacha sin, a tha mar leabaidh spiofraidh, mar bhlathuibh curruì a nis air at †, dubh-ghorm agus lan de mhealluibh leis na buillibh, a thugadh dha ann an tigh an aird-shagairt. Agus a nis 'nuair a bha 'n t Uan gun lochd marbh, bha na gruaidhean sgiamhacha sin fein uain-neulach, agus air an luaithreadh uile thairis leis an fhuil sin, a bha a' ruidh fìos o leonuibh a chinn! Faic a bhile a tha mar lili, a tha a' fileadh mir deadh-bholtraich, Lao. v. 13. a nis air fas glas-neulach! " An teanga sin, a labhair mar nach do labhair duine riamh, Eoin vii. 46. agus am beul sin, a labhair le teungaidh an fholuim, a nis air fhagail fuar, rag agus gun chomas gluafuid, air a ghlasadh suas agus air a dhruideadh le bas! Faic an corp sin, a tha mar ibhri loinnreach ‡ foluichte le Saphiribh, Lao. v. 14. air a thaisbeineadh lomnochd, lan de lotuibh fuilteacha agus de mhealluibh atmhora, a rinneadh leis an sgiursadh throm, a dh' fhuiling e! Faic na lamhan sin, a tha mar fhainneachuibh § oir air an cur le Beril, Lao. v. 14. a nis gun mhothachadh, gun bheatha, gun fhuil, gun mhaife, gun ghluasad, air an clathacha, o thaobh gu taobh, leis, na tairngibh morà! Faic na easan sin, leis am bu ghnath tighin a dh' fhuasgladh air a.

K 3

shluagh,

* Cumachdail, eircachdail, cuimfeach. † Pocadh.

‡ Liobhta.

§ Mailleachuibh, faileabhaguibh.

shluagh, a' leumnich air na fleibhtibh a' ruith * air na tuluichibh Lao ii. 8. a nis air an sparradh ris a' ehrann, marbh, gun chumhachd, gun chomas gluafaid ceuma! Faic a ghnuis sin, a tha mar Leabanon, oirdheirc mar na Ceàdairibh, Lao v. 15. nis a' tuiteam fios gu lar, air a h eibeineachadh uile le fuil, feilibh, leonuibh agus buillibh neartmhora! O faic agus thoir, gu durachdach, fainear ard-uachdaran nabeatha air a ghlacadh le bas, anam air a sgaradh o a chorp, a chomb mar mhir marbh creadhadh gun anam, gun ghlideachadh! Gabh geur-bheachd airfan, a dh' fhuiling na nithe uamhasacha so uile air son do shlainte. Nuair a bheachd-smuainticheas sinn, le fuil a' chreidimh, air CRIOSD, o cia ionmhuinneach agus taitneach a bhitheas e d'ar n anmannuibh! 'N uair a thig thu a dh' ionnfuidh comanachuidh, agus a chi thu 'n t-aran air a bhristeadh agus am fion air a dhortadh amach ann sna copanuibh, cuimhnich cionnas a dhoirteadh fhuil, agus a reubadh a chorp air do shon, agus air son mathanais peacaidh mho-ran; agus cionnas a tha fhulangas air a cho'-chur ris na creidmheachuibh, agus air a nochdadh 's air a nsgadh dhoibh.

Feuch cionnas a dh' fhuiling ar Slanui'-fhear 'na bhreth 'na bheatha, roimhe bhas, re am a'bhais agus 'na dhiaigh. An diaigh d'a anam dol a dh' ionnfuidh Pharraish, rinn iad tair air a chorp marbh. Bhiorr iad a chridhe, 'nuair a bha e marbh, leis an t fheidh. Bha 'n ganlas 'gam brosnachadh gus na h uile tharcuis a dheanamh air CRIOSD, agus gidheadh chaisgeadh an ganlas, oir cha robh iad comasach air cnaimh de CHRIOSD a bhristeadh.

O chreidmhidh, bi lan-chinnteach gu'n robh mor-chion aig CRIOSD air t anam. Faic cionnas a dhoirt e mach

e mach fuil a chridhe, chum gu'm faiceadh tu caomh-alachd agus teas-ghradh a chridhe do t'anam. "Ann so dh' fhoisgladh an tobar do thigh Dhaibhi 's do luchd aiteachui * Jerufaleim air son peacaidh agus neoghloine," Sech. xiii. 1. "Ciod tuille a b urrainn CRIOSD a dheanamh d'a fhion-lios?" Dhoirt e fhuil uile air an son. Cuid d'a fhuil dhoirt e, 'nuair a thimchioll-ghearradh e, cuid 'fa' gharradh leis an fhallas fhola, cuid leis a' choron droighne, cuid leis na tairngibh a bhiorr a lamhan agus a chasan, agus a chuid eile leis an t fleidh. Cha d' fhagadh braon fola 'na choluinn, agus 'nuair a chaitheadh fhuil uile, thairngeadh amach leis an t fleidh an t uisge, a bha timchioll air a chridhe.

O cia dìongmhalta an lan-luach faoraidh a dh' iocadh air son ar peacaidh! Ann so tha fuil ni 's leoir, feadh fuil mhic DHE uile, air a dortadh air son mathanuis peacaidh, agus chum ceartas DE, d' an d' thugadh oil-bheum, a lan-toileachadh! Na biodh eagal ort, a chreidmhich anamharafuich, chaidh luach na leoir a thubhairt air do shon. O cia mi-thaingeil sinn, ma dh' obas sinn basachadh air son an ti sin, a bhasuich agus a dhoirt, air an doigh so, am braon mu dheireadh d'a fhuil luachmhoir air ar son?

Faic Joseph a' togail cuirp mhairbh, lomnochd, leonta, bheubainichte, reubta, briste do Slanui'-fhir air a ghuaillibh 's air a ghairdeinibh, 'ga ghiulan chum a gharruidh fein agus 'ga chur 'na uaigh fein, a chlathuicheadh amach a carraig, far nach d' amhlaiceadh neach riamh roimhe. Bha CRIOSD co ainniseach fad a bheatha, as nach robh asal no tigh aige fein, agus co ainniseach 'na bhas as nach robh uaigh aige dha fein; ach b' eigin amhlacadh ann an
uaigh

uaigh duin' eile. "Ge do bha tuill aig na siunnuich
nid aig eun-laith an adhair agus brocluinn aig na
leoghainn, cha robh aig an ti, a rinn uile iad-fan
agus an cruinne-ce, ionad fad a bheathai, no bhais,
an cuireadh e cheann. Ach dh' amhlaiceadh mac
DHE, chum gu'm biodh dearbh-chinnt againn, gu'n
robh e marbh, agus chum gu'n tugadh e buaidh
air a bhas 'na dhaimhneach laidir, chum ar peac-
anna amhlac dh ann di-chuimhn bhi-bhuain, chum
an uaigh a naomhachadh agus a deanamh taitneach*
dhuinne. Dh' amhlaiceadh e ann an garradh, chum
mar a pheacuich an ceud Adhamh, gu'n amhlaiceadh
an dara Adhamh 'am peacadh ann an garradh, agus
gu'n leir-fgrìofadh fe e gu tur.

Faic a nis an leoghann de threibh† Judai 'na luidhe
'am bruid na h uaighe, marbh, comhduichte le cloich
'am bolg na talmhuinne. Dhruideadh CRÌOSD 'fan
uaigh re feala, do bhri gu'n do thoill sinne a bhi air
ar druideadh gu sìorruidh ann an gain-tir an t fluic
gun iocar. 'S e 'm bas tuarasdál a' pheacaidh iodhon
bas aimfireil, spioradail agus sìorruidh, Rom. yi. 23.
Dh' fhuiling CRÌOSD air a' chraun goimh co'-ionann
ri goimh ifrinne, agus bas sìorruidh ; agus a nis
tha e a' fulan. Bais nadurra air son ar peacaidh-ne,
chum ar saoradh o fheirg agus mhallachadh sìor-
ruidh.

Faic cia iosal an staid gus an d'thug ar peacadh-ne air
TRIATH ghlormhor. Cha 'n e ,mhain gu'm b' eigin-
dha a bhi air a leagadh sìos fan uaigh, ach b' eigin-
dha fuireach an sin 'am bruid car feala. A nis bha
mac DHE aig a' cheum mu dheireadh d'a ioraslacha;
a nis thugadh comhara an Fhaidh Jonais do na h
Judhachuibh. O cia mor an t iongantais a ghabh na
h aingle 'nuair a chunnaic iad CRÌOSD marbh agus

a' fuireach co fada 'am bruid 'san uaigh! Cia anabarrach an t uamhann agus an t iongantas, a ghabh na deifciobuill, agus cia mor an crathadh a fhuair an creideamh, 'nuair a bha iad a beachd-smuain-eachadh, gu'n robh CRIOSD 'na luidhe gu h iosal 'san duislach !

An do shrac brat-roinn an tcampuill, a bha cur eadar-dhealachuidh eadar Judhaich agus Geintilich, agus a bha nochdadh, nach robh ann an lagh Mhaois ach samhladh air CRIOSD ? An do thuit an iobairt, am bheil sinn air ar 'n ath-reiteachadh ris an Athair? "Gloir do DHIA ann sna h ionaduibh a's airde gu bheil sith air a gairm air thalamh agus deadh ghean do chloinn nan daoine." Tha lagh an eagail air dol as an t fealladh air an dara laimh, agus lagh aghraidh air tighin 'san t fealladh air an laimh eile. Cha 'n'eil sinn ni 's faide 'nar traillibh, ach nar cloinn shaoir.

Ceart co luath as a thug CRIOSD suas an deo, agus a thiomain e a spiorad ann an lamhuibh Athar, dhealruich a' ghrian le solus, agus shoillich aghaidh nan speur, agus thuit iomad ni iongantach eile amach, a bha nochdadh, gu foilleir, g'un robh an ti, a dh' fhuiling, ni 's mo na duine. An sin 'nuair a chunnaic iad a' chrith-thalmhuinn, 'nuair a chual' iad ard-ghlaoth ar Slanui'-fhir, 'nuair a chunnaic iad dorchadas na greine, phill a mhuintir, a bha roimhe sin 'ga chaineadh le mallachadh, is a dhearg an lamh 'na fhuil, dha-thigh le coguifibh ciontacha a' bualadh an uchda. 'An sin bha iad mothachail air an cionta. Chuimhnich iad 'an sin a theagasg. Dh' aidmhich iad, gu'n robh e neo-chiontach. Thoifich toilltineas fhola ri 'n criodhachan a mhaothachadh.

O sibhse uile a tha 'nar luchd-leantuinne Slanui'-fhir an t saoghail, gleidhibh, gu bunaiteach, seaf-raheach,

mheach, urram ar Mhaighfidir. Nochduibh d'ar luchd dian-ruaguidh, gu bheil sibh a' tabhairt buaidhe air ar naimhidibh, le giulan a' chroinn-cheufuidh.

O DHE na trocaire agus aodhaire mhaith an anma, A nis thainig an uair, ann sam bheil thu a reir t fhocail fein, ri d' bheatha a leagadh fios air son do chaorach. Am bheil e feumail gu'm faigh thu bas. O charuid m' anma, fhuair mi dearbhadh tric agus laidir air do ghradh.

Ach cionnas a dh' fheudas am bas tighin 'am fagas duitse, o Thobair na beathai. Am bheil thu, le 'd fheor-thoil, a leagail fios do chinn, gus am bas a choinneachadh air mo shonfa. Choisinn thu beannachd dhamhsa ma'n d' fhag thu 'n faoghal, beannachd leat, a Slanui'-fhir ghradhuich. Thoir mo chridhe leat, agus fag do spiorad agam. Ma chunnaic mo fhuilean do fhlaite, deanadh m' fheoil comhnuidh fhoistinneach, le dionann dochus fo sgaille do sgeith. Bha 'n cradh, a dh' fhuiling mo TRIATH, ana-barrach mor. Dh' fhas a chorp trom le laigse; throchadh e air na tairngibh a cheangail e ris a' chrann. C' air son nach do ghabh e cail-cigin fhoise? C' air son a bha e air a chlaoidh gun lasachadh? O gradh daingeann! O foighidinn gun chiomeas! Ciod an eiseimpleir oirdheire a chuir Iosa' remhain! O Athair na seirce, abair ri m' anam, bi beo trid Iosa. Biorr mo chridhe le sgiamhachd do ghraidh agus an teagaisg sin, a tha tighin o bheul na firinne.

Thabhair mathanas dhamh ann sgach peacadh, a chuir mi 'n gnìomh a' d' aghaidh. Pheacuich mi mar leanabh mi-madurra a' d' aghaidh, Pheacuich mi a' d' aghaidh, o Athair nan uile mhaitheas! Mar oglach neo-thairis, cha tug mi umhlachd threibh-dhireach do'n Mhaighfidir a's fearr. Mar charaid

charaid neo-mhothachail dhi-chuimhnich mi the
o charaid fhior m' anma ! Thoir dhamh do ghradh,
chum gu'm biodh m' anam a' plogartuich a' d'
dhiaigh. Imich, o Rìgh na gloire, o fhir-cho-
fhurtachd ghradhuich, agus fosgladh na dorfa
fiorruidh dhuit. O fosguil fein an t. flighe, a bha
gun fhosgladh agus d'a nach faighteadh teachd an
fogus. Duisg suas mo chridhe ; pill e riut fein,
agus aisig beatha do m' anam, ath-bheothuich e
maille riut fein, chum gu'n gabhainn lan-sheilbh,
ort, agus gu'm bithinn air mo chruth-atharrachadh
le d' ghradh, o Rìgh nan naomh.

Athair fhiorruidh, agus a DHE nan uile throcair,
agus nan uile sholas, aithnich guth mo Shlanui'-
fhir, agus eisd ri briathruibh deireannacha do mhic.
Labhair se iad air mo shonfa, agus labhair se iad
aig a bhas, chum nach caillinn feolladh orra 's
nach di-chuimhnichinn iad a chaeidh, maireadh iad
sgriobhta air grunn mo chridhe, chum gu'm feud-
uinn an labhairt le baranntas agus mhuinghinn aig
deireadh mo chuairte, chum gu'm feudainn mo
spiorad a thiomnadh a' d'lamhuibh, agus gu'n gabh-
adh tu e stigh gu sonas bith-bhuan trid mo Shlanui'-
fhir. Bha aon mhac do ghraidh umhal gus am
bas ; bha do thoil aige a ghuath fa comhair a shul,
agus thug se e fein suas do d' thoil aig a bhas. 'S
e umhlachdian tobar mo shonais ; 's iad na briathra
sin a labhair e, mo sholas, mo sholas, mo shais-
bheas agus mo chungaidh leighis. 'Nuair a tha
mi faicinn mo Shlanui'-fhir a' tiomnadh a spioraid
a' d' lamhuibh, tha mi faicinn gu bheil na lamhan
sin fein lan de ghradh agus de throcair, gur ann
d'an ionfuidh is coir dhamh teicheadh ann an am
mo thrioblaide, m' amhghair, mo theinne agus m'
aireasbhuidh, chum gu'm faic mi ionnta gach ni a

tha feumail dhomh. Thubhairt am Maighifdir beannuichte sin ruinn, “ Ge b’ e aite am bi og-lach, gu’m bi efan an sin mar an ceudna.” ’S ann air a shon so a tha e ga thilgeil fein a’ d’ lamhuibh, o Athair shiorruidh, chum gu’n tilgeamaide sinn fein a’ d’ lamhuibh mar an ceudna, gu’n iarr is gum faigh sinn ’an sin, e.

Mar grab na lamhan cumhachdacha sin mi, o DHE, ma dh’ fhuilingeas iad dhomh dol ann am mearachd mar fhogarach a measg nan creatairean, ciod a thachras dhomh? Bithidh mi air mo threigf inn, a’ m’ fhogarach truagh, agus do ghnath ann an cunthart thusa a chall. Ach ma dhionas do lamhan mi, ma chumas iad suas mi cha bhi eagal ni air bith orm, cha bhi ni a dh’ easbhuidh orm. Eisd mata, o Athair neamhuidh, ri guth do mhic. O gabh rium air a shonfan, agus glac mi a’ d’ lamhuibh maille ris. Tha fios agam cia neo airi a tha mi, ach tha fios agam, gu’n do choisinn e dhomh, le umhlachd agus le a bhas, an fonas sin air nach robh coir air bith agam, le m’ thoilltinneas fein. Mar so tha dhanadas agam, o DHE, mo spiorad, mo chorp, ma cheud-fathan, agus mo chumhachdan, a thiomnadh suas a’ d’ lamhuibhfe, a reir eiseimpleire mo Slanui’-fhir. Tha mi tilgeadh mo pheacaidh a’ d’ lamhuibh mar an ceudna, chum gu’n tugadh tu mathanas dhamh ann; mo lota, chum gu’n leighifeadh tu iad; mo dhoille, chum gu’n foillsicheadh tu i, m’ fhionn-fhuaireachd, a chum gu’n lasadh tu i le teas-ghradh agus eud. Tha mi ga m’ theilgeil fein gu h iomlan lan de anfhainneachd agus de bhoichduinn a’ d’ lamhuibh, ge do tha mi, mile uair, ni ’s miosa na ’s urrainn mi fein a smuaineachadh. Tha mi tilgeil a’ d’ lamhuibh, mo smuainte, mo thograidh, mo
ruin,

ruin, m' aigni, mo sholais, mo thrioblaide, mi feia,
gach ni a th'agam; gach ni ris am bheil mo dhochus,
air am bheil m' eagal, no dh' fheudas tuiteamamach
dhamh. Gabh mi a' d' lamhuibh le toilltinneas do
mhic. O gu'n stiuradh do lamhan caomha mi a
reir do thoile fein, gu'n naomhaicheadh iad gach ni
a th' annam. O gu'n aithnicheam na lamhan naomha
fin ann sgach mi, a tha mi faicinn agus a' fulang;
gu'm beannuich mi iad, 'nuair a tha iad 'ga m'bhual-
adh. Bitheam toilichte leis gach crannachar a tha 'n
lamh fin, a tha stiuradh an t saoghail, a' cur a' m'
charamh.

O lamhan naomha, a chruthuich neamh agus ta-
lamh, agus a chruthuich mise air do shon fein, na
leig dhamh dol a' mearachd o d' stiuradh. Is ann
annadfa tha mi faotuinn spioraid mo Shlanui'-fhir,
mo shuaimhnis, mo shonais, mo bheathai agus mo
ghloire. Mar is ann, leis na lamhuibh fin, a fhuair
mi mo bhith, mo bheatha agus comas gluafaid, gach
ni a th'agam no gach ni a tha mi ri fhaotuinn air
thalamh nam beo. O cuir coron gloire air mo cheann
ann an rioghachd na gloire. O Cliu dhuit gu bheil
am bas, righ an Uamhais, air fas na charuid dhamh
trid fala mo Shlanui'-fhir. Dh' imich righ na tìthe
roimh ghleann nan deur. Tha e trid-san air fas nì
s' luachmhaire na uile shaibhreas na talmhuinne, nì's
dealruiche na uile reul nan neamh. 'Se crìoch gach
faoitbreach agus fogruidh, toiseach na gloire, an ar-
fhaich 'an do chuir Righ na gloire an cath agus an
tug e buaidh air a naimhdibh. O Thighearna, gleidh
suas mo laigse, cuir ruaig air mo naimhdibh, bi a'
d' fte aig mo dhochus. Tha na neamha 'ga d' aith-
neachadh, tha n saoghal a' toirt urraim dhuit, tha
uamhann air ifrinn romhad, dh' aidmich an
deamhan gu'm b' e mo THRIATH mac DHE. 'S tu
mo choron, mo ghloir, m'aoibhneas agus m'ionmhas

'Tha trioblaidean na beatha a' fas milis trid mo Shlanui'-fhir. 'S e DIA fein a 's buachaill dhamh cha bhi mi 'an di, d' an luidhinn fios air cluainibh glasa, tha a shuil a' dearcadh orm. 'Nuair a thig crìoch mo chuairte, gabhuidh e mi 'an glacuibh a ghraidh trid Iosa CRIOSD. Amen.

Cha labhair mi bheag san aite fu mu ais-eiri CRIOSD agus mu a dhol suas gu neamh. Cha toir mi fainear ach amhain fhulangas agus ioraflachd, a tha filteadh a steach ann sna briathruibh fo, 'S e fo mo chorp a bhristeadh air bhur fon-fa; oir 's e 'n t am, 'an tig finn gu bòrd an Tighearna, a 's freagarruiche air fon geur-smuaineachaidh agus trom-bheachdachaidh, gu duradhdach, air-bas, ioraflacha agus fulangas ar Slanui'-fhir. Ach bheir mi 'nis fainear cail-eigin do cho-'dhunadh o bhas agus fhulangas ar Slanui'-fhir.

C A I B. V.

Co-'dhunaidh, freagarracha do Ghniomharuibh o bhas agus o Fhulangas CRIOSD.

MA dh' fhuiling CRIOSD re am a bhrethe, re a bheathai agus a bha is air ar fon-ne, mar a tha foilleir o 'n chaibdeil a tha roimhe fo, feudaidh finn uaithe fo na nithe fo a leanas a thabhairt faincar.

I. Tha gradh neo-chrìochnach aig DIA an t Athair air a chloinn fein, Eoin iii. 16, "Ghradhuich DIA an faoghal co mór as gu'n d' thug e feachad don ghin-mhic." C' air fon a thug e feachad e; "Cha 'n ann a dhiteadh an t faoghail, ach chum gu'm biodh an faoghal air a thearnadh trid-fan. Bha gradh neo-chrìochnach aig DIA air a dhaoineibh taghta, chionn gu'n d' thainigele uile thoil, "Feuch
tha

tha mi teachd, ars efan. 'Tha mor-thlachd agam ann an deanamh do thoile,' Salm xl. 7, 8. Do bhri gu'n do ghabh e os-laimh, gu togarrach, a leithid fo da thruaighe a ghabhail, chum slainte fhuirruidh a chosnadh dhuinne, ghradhuich e sinn gus am bas 'Gradh ni 's mo na fo cha 'n 'eil aig neach air bith gu'n leagadh duine a bheatha fìos air son a chairdean,' Eoin xv. 13. Ach ni bu mho na fo bha gradh CHRÌOSD, a leag a bheatha fìos air son a naimhdean. Oir bha sinne 'nar naimhdeibh dha a thaobh naduir. O chreidmhidh, na cuir gu brath ann ag, an gradh a th' aig CRÌOSD air d' anam. Na cuir ann teagamh gradh d' Athar; oir tha 'n t Athair fein 'ga d' gbradbachadh. Ma tha thu fa 'ga ghradhhacha-fan, ghradhuich efan thu fa 'n toiseach i Eoin, ix. 14. Cha 'n 'eil a d' ghradhsa ach dearbhadh air gradh DHE dhuitse.

O thig, mata trom-luchduichte le teas-ghradh, a dh' ionasuidh na cuirme ghraidh sin fuipearach an Tighearna, a chumail cuimhne air na dh' fhuiling Iosa air son ar n anmanna.

'Ciod an comhdach a bu laidire air a ghradh a b' urrainn an t Athair a thabhairt dhuinn, na mhac a thoirt do'n bhas air ar son uile? Ciod an comhdach a bu laidire air a ghradh a b' urrainn am mac a thoirt dhuinn, na e fein agus a bheatha a thoirt mar luach air son ar peacaidh?

II. Dè gach uile dholas agus ole fa' chruinne-che, 's e 'mpeacadh dolas a 's mo, a's oillteile, a's ogluidh agus a's uamharra. Oir cha b' urrainn, luach air bith eile ni bu lugha na a mhac, dioladh a thoirt do cheartas DE air a shon. Cha 'n fhoghnadh gach airgid agus or agus gach faibhreas 'fan t saoghal, seadh an saoghal mu'n iadh a' ghrian, a thoirt iobairtreiti air son peacaidh. Ge do leagadh na tha dh' ainglean uile air neamh, uile Rìghrin, Mhaithean

agus iontpairean, feadh na bha dhaoine ann • thoirfeach a' chruinne-che, no a tha lathair no a bhitheas ann gu dèireadh an t faoghail uile, am beatha fios gu aon pheacadh a dhioladh, cha dìongadh iad uile a bheag air bith. Oir cha bu chomasach, do ni air bith, ach fuil luchdmhor CHRISD, mar Uan gun lochd, gun fal, Pet. i. 19. sinne a smaoradh agus iobairt-reiti a thoirt air son ar peacaidh.

III. Tha ceartas De neo-chrìochnach gu peanas a dheanamh air a' pheacadh. Air an aobhar sin bithidh na h aingich a' fulang peanas, o cheartas De gu sìorraidh air son am peacaidh; ach dhiol, a mhac fein e mar ar n uras, gus an fheortuing dheireannach, le mor-pheanas air son peacaidh nan daoine taghta, mar a chi sinn gu seillear o na dh' ainmich mi cheana ma fhuilangas CHRISD. Uime sin biodhmaid air ar faicill nach peacuich sinn ann aghaidh ceartais neo-chrìochnaich an De bheo.

'Thigeadhmaid le aithreachas air son ar peacaidh a ghaidh feachad, le doilghios agus bron diadhuidh, gu bord an Tighearna, agus thugamaid graindo 'n pheacadh mar an t ainmleas a's mo, air son nach b' urradh ni air bith ach bas an dara pearsa de 'n trionaid ghlormhoir, ceartas De a thoileachadh.

IV. 'S mor an solas a tha ann am fulangas CHRISD do na creidmhuich, a tha deanamh greime air, agus a th' air am freumhachadh is air an daingneachadh an Iosa le creideamh. Oir le bas agus fulangas CHRISD.

1. Tha Satan air a chiofnachadh, Col. ii. 15. "Agus, air faobhacha dho uachdranachda agus eumhachda, rinn e ball-sampuill diubh gu follaiseach a' deanamh buaidh-ghairdeachuis orra tre 'n chrann ud fein." Tha innleachdan ar mor-namhaid Shaitain air an tilgeadh bun os cionn, agus ge d' a's namhaid

namhaid, treun, garg, fuileachdach e, gidheadh thilgeadh e sìos gus an Iar. Chuir ceannard ar slainte ruaig fhiorruidh air. Bhruth sìol na mnà ceann na fein naraich nimhi. 'S ann mar cheann no mar fhear-seafuidh aite a mhuintireach fein a rinn CRÌOSD na rinn e ann fo, chum le a bhas gu'n leir-sgrìofadh se efan, aig an robh cumhachd a' bhais, araon air a shon fein agus air son a shluaigh. Na biodh faitcheas ort, o chreidmhich air son cìod a's urrainn an deamhan a dheanamh; thug do Shlanui'-fhear buaidh air, agus ann an uine gheirr bheir thusa, trid Iosa, buaidh air cuideachd, agus faltruidh tu air fo' d' chasuibh. "Cuir ach amhain an aghaidh an diabhair agus teichidh e uait." Seum. iv. 7.

2. Tha ceartas DE air a lan-diòladh. Bhrosnuich sinne ceartas DE gu garg-lasadh 'nar 'n aghaidh le'r peacannuibh gine agus gnìomha, ach choi'-lion CRÌOSD an lagh a reir cheangluichean teanna cumhaintean nan oibre, agus dh' fhuiling e 'm peanas, a thoil sinne air son ar peacaidh, agus leis a fo laniol e ceartas DE. Na bi fo' ghiorag, o chreidmhich, mata, "Dhubh t urras amach lamh-sgrìobhaidh nan reachd, a bha t aghaidh agus a bha eas-aontachadh uinn, agus thug e as an t slighe i 'ga sparradh ris a' chrann agus laniol e ceartas DE air do shonfa. Na biodh eagal ort mata, a chreidmhich, ma tha thu a' d' fhior-aithreachan, dhioladh ceartas DE, air son gach peacaidh d' am bheil thu ciontach, le CRÌOSD t urras, agus uime sin cha 'n iarr e ortfa dioladh, gidheadh (ma tha coir agad air CRÌOSD) tagruidh e ceartas as do leth. Cha 'n iarr ceartas DE dioladh da uair air son an aon ainfeich. Chionn gu'n do dhiol an t urras an t ainfeich, cha'n agair ceartas an t earras * ni 's faide.

L 3

3.

* Fear-feichean.

3. 'Tha 'm peacadh air a leir-sgrìos'. Tha cionta agus cumhachd a pheacaidh air a thoirt air falbh o'n chreidhmheach, le bas ar Slanui'-fhir. Agus ann an uine gheirr bithidh a nadur agus a shal air a leir-sgrìos' gu tur.

"Cha 'n 'eil uime sin a nis dìteadh dhoibh-san, a tha ann Iosa CRÌOSD,' Rom. vii. 4. Col. ii. 12. ann fa' bheil sibh mar an ceudna air bhuir timchoill-ghearradh amhlaiete maraon ris 'm baifdeadh, air bhuir beothachadh mar aon ris-san, mhàth e dhuibh bhuir 'n uile pheacadh.

4. Leir-sgrìofadh am bas le bas CRÌOSD, 2 Tim. i. 10. ar Slanui'-fhir, a leir-sgrìos am bas agus a thug beatha agus neo bhafmhorachd gu solus trid an t foisgeil. 'S namhaid ceanfuichte am bas, agus ge d' is e rìgh an uamhais do dhaoineibh aingidh, gideadh tha a ghath air a thabhairt as do na creidmheachuibh.

Thug CRÌOSD buaidh air ann sna daingneachuibh a bù laidire' a bh' aige, eadhon 'san uaigh. 'Nuair a luidh e fo chumhachd a' bhais gus an treas la, mho'guil e as a shuain, bhrìst e eangach a' bhais agus bruid na h uaighe, dhuifg e suas iomad corp marbh nan naomh maille ris, agus, fa dheòibh, dufgidh e na daoine taghta uile gu beatha shuthainn air an la dheireannach.

Na biodh eagal ort air son a' bhais mata, o chreidmich, thug CRÌOSD ar ceannard buaidh air a' bhas, agus gleusuidh e sinne a bhuill, mar 'an ceudna ann an uine gheirr, a sheinn an orain bhuaidh-chaiream-uich sin, 1 Cor. xv. 55. "O bhais, c' aite a' bheil do ghath! O uaigh, c' aite a bheil do bhuaidh! Do 'n aingidh, tha 'm bas 'na chrich sonais agus 'na thionsgnadh air dotas fìorruidh; ach do 'n chreidmheach, is e crìoch gach uile dholais, gach peacaidh, fulangais agus buairidh, 's e a doras dochuis agus

an t flighe a dhol a steach do 'n ghloir sin, air nach tig crìoch.

5. Tha neamh air fhoisgladh. Dh' fhoisgail ar peacanna ifrinn agus dhruid iad neamh oirn, ach dhruid bas CHRISD ifrinn agus dh' fhoisgail e neamh dhuinne, a shluagh agus a luchd-leantuinn. Dh' fhoisgail CHRISD a fuas flighe nuadh agus bheo troi' bhrat * fhola fein a dh' ionnsuidh an ionaid a 's naomha, Eabh. x. 19, 20. d' an deachadh an roimh-fhear-ruidhe stigh romhainn, Eabh. vi. 20. mar ar ceannard a ghabhail feilbh air ar son-ne.

Fa dheoidh, tha ar naimhdean air an ceansachadh. Chaidh mallachadh an lagha, gath a' bhaig, fearg DHE a tharruing as an t flighe. Tha 'm peacadh agus am bas air an leir-sgrìos, an Diabhal air a chiosnachadh, ifrinn air a druideadh, neamh air fhoisgladh do'n chreidmheach, DIA air fas 'na Athair reth ruinn, trid umhlachd gnìomha agus fulangais ar TRIATH ghradhuich, agus ar Slanuì-fhir Iosa CHRISD.

Thig mata, o chreidmhich, le dearbh-chinnt creidimh gu supeir an Tighearna, a ghabhail nan sochairean sin, a naisg CHRISD do d' anam, agus a choisinn e, le bhas agus le fhulangas, do gach neach a chreideadh 'na ainm, agus a chuireadh muinghinn ann.

V. Ma thug DIA dhuinne aon mhac a ghraidh, a dh' fhulang craidh agus claidhe mhoir air ar son, tha e mar an ceudna toileach gach ni, a tha chum ar maith, a thoirt dhuinn. Mar do chaomhain e mhac fein, ach gu'n d' thug e seachad e air ar son-ne, nach tabhair e dhuinn, gu faor, na h uile nithe maille ris? Feudaidh sinn, le muinghinn, gach ni, a tha dh' easbhuidh air ar n anmannuibh no corpuibh,

corpuibh, iarruidh agus fiuthair a bhi againn riu, ma tha DIA a' faicinn gu'r ann chum ar math a bhitheas iad. Ma thug DIA dhuinn an tiolac a's mo 'fan t faoghal mu'n iadh a' ghrian, an ob e tiolacan a's lugha a thoirt dhuinn? Thug e dhuinn a mhac, nach toir e dhuinn biadh, deoch agus aodach an cian a bhitheas sinn beo. Glac misneach mata, o chreidmibh, oir an DIA sin, a thug a mhac do'n bhas air do shon, solairidh e uile nithe feumaile na beathai dhuit mar an ceudna. Seadh ma dh' iarras tu so le creideamh, fgeadaichidh 'n t Uan, a bhafuich air do shon, thu ann an truscan na bainse, 's ni e thu iomchuidh air son a bhuird fein, agus coinnichidh * e thu 'n sin le gras, mathanas, sith, solas, agus neart, agus bheir e dhuit coir chinnteach air gloir fhiorruidh.

VI. Ma dh' fhuiling CRIOSD nithe co mor air ar son, cha leig e di oirn, ni mo a leigeas e dhuinn dol 'am muthadh, ma ni sinn earbfa as, Eoin. x. 15. "Leag mi mo bheatha fies air son mo chaorach. 28. Thug mi beatha fhuthainn dhoibh, is cha d' theid iad gu fhiorruidh am muthadh." "Cha 'n fhag 's cha treig mi gu brath thu," Eabh. xiii. 5. Agus Salm xxiii. 1. "'S e DIA m' aodhaire, cha bhi orm uireasbhuidh."

VII. Ma bha CRIOSD ann an staid co iosail 'na bhreth agus 'na bheatha, cha bu choir dhuinne tair a dheanamh air criosduibh, ge do robh iad iosal 'nan staid fan t faoghal. Ma bha breth agus beatha Iosa co dibli, bu choir dhuinne a bhi toilichte le'r staid, gun talach air bith a dheanamh air ar crannachar, ge b' e dibli air bith a bhitheas e.

VIII. Tha fiachuichte oirn a bhi deas gu bas fhulang air son CHRISD, a dh' fhuiling, co toil-
each,

* Co'dhalluichidh.

cach, bas air ar son-ne. Ma ghairmeas freasdal De
fínn am feasf gu fínnn CHRÍOSD a nagsadh le'r
fuil, bu choir dhuinn cur romhainn gu tualchuífeach
tríd grais CRÍOSD fo a dheanamh; oir dhóirt CRÍOSD
fhuil le uile thoil air ar son-ne.

IX. 'S e ar dleasnas am peacadh a chiofnachadh
agus a mharbhadh; oir mhurt am peacadh ar Slanui'-
fhear; 's e am peacadh, an nimh fhadalach a
chaitheas air falbh sonas an anima. Mar peacuicheadh
an dume, cha 'n fhuilingeadh CRÍOSD. Uime sin
b'e ar peacadh-ne a sgiurs agus a cheus e, 's tha
gach gníomh peacaidh a' ceusadh TRIATH na gloire
ath-bhuailt. O mata marbhamaid am peacadh, a
tha marbhadh agus a' ceusadh ar Slanui'-fhir as ur.
Na tuguibh bhur 'n ana-mianna (na sloiteirean feallt-
acha, a chuir as d'ar Slanui'-fhear) gu bord an Tighe-
earna, gun an cíoífnachadh. 'Nuair a thig sibh gu
bord an Tighearna a chumail cuimhn' air bas
CHRÍOSD, bithibh cinnteach gu'm marbh sibh bhur
n ana-mianna. Oir 's iad fo maimhlean CHRÍOSD,
's cha n' aill leo leigeadh leis bhur riaghladh.

X. Ma bhafuich CRÍOSD air ar son-ne, tha cean-
gailte oirne a bhi beo dhafan, le umhlachd a thoirt
d'a thoil, a' seachnadh an uile agus a' gabhail graine
dheth, a' gradhachadh agus a' deanamh matha.
Agus mar nach do bhafuich CRÍOSD ann coslas
amhain, ach ann dearbh-fhírinne, bu choir dhuinne,
uime sin, ar beatha a chaitheamh gu crabhach; cha'n
ann amhainn an coslas ach 'am fírinne.

XI. Do bhri' gu'n d' fhuiling CRÍOSD nithe co
mor agus co do-labhairt air ar son-ne, nithe a tha
ceangailte oirn a chuimhneachadh ann an sacramaid
suipearach an Tighearna, nach íomchuidh do mhi-
nisteiribh, suipeir an Tighearna a fhrithealadh gu
minic. 'S i críoch dreuchda mhinisteirean, colas a
thoirt

thoirt do'n t sluagh air CRÍOSD agus efan air a cheusadh. Cha'n 'eil ní air bith a tha a' cur ní's foilleire nu' r coinne Iosa air a cheusadh, na fuipéir an Tighearna. 'Tha 'm focal, a tha dol ann an cé-chuideachd na sacramaíde, a' deanamh CHRÍOSD air a cheusadh aithnichte d' ar claisneachd; agus tha 'n t aran agus am fion 'fan t sacramaid a' nochdadh do'n t fál CRÍOSD air a cheusadh. Nach fritheil sinn, mata, gu minic an t ordadh naomh so, a thoirt an tuilli eolais do'n t sluagh air fear-saoruidh ceustadh? 'Tha meothair dhaoine ro fhleimhin, 'am bith-eantas, gu nithe matha a ghleidheadh 'nan cuimhne. 'Tha mor-fheum aca air na nithibh, a dh' fhuing CRÍOSD, a bhi air an cur 'n n cuimhne gu minic. Ach cha'n 'eil feol a's aighearr air am feudar foadheanamh, na leis an ordudh naomh so a fhritheoladh gu tric.

An d' fhuing CRÍOSD nithe co uamhasach air ar son-ne, agus am bi sinne co neo-thaig eil as nach gleidh sinn gu minic cuimhn' urramach air a bhas agus air fhulangas? Nach 'eil só fiachuichte oirn, agus nach bu choir dhuinn gu'm b' i ar prìomh-obair, ar sluagh agus ar treudan a bhrosnachadh gu gradh a ghabhail air CRÍOSD? Am bheil feol air bith a's freagarruiche gu so a dheanamh, na fhulangas a chumail ann cuimhne le urram ann sacramaid fuipéarach an Tighearna, chum gu'm faigheadh iad sealladh air meud na nithe, a brosnuich a ghradh e a dheanamh air an son?

Mar fritheil sinn gu minic an t ordudh so, cha bhi sinn dileas do CHRÍOSD, a dh' aithn duinn so a dheanamh gus an tig e ris; agus bithidh sinn neo-thairis do dh' anmannuibh ar treud, do bhri' gu bheil sinn a' cumail uatha a' mheadhoin dho-labhairt sin, a bheireadh dhoibh seolas, neart, fas ann an gras, &c,

Do bhri gu'n d'ioraflaich CRÌOSD e fein co mor, as gu'n d' fhuiling e 'na anam agus 'na chorp air ar son, tha iomchuidh dhuime cuimhn' a chumail gu minic air fhulangas ann an facramaid a shuipearach le'r n' uile anmannuibh, agus gach ni a tha 'n taobh a stigh dhinn. Bha baifdeadh aig CRÌOSD, leis an robh e ri bhi air a bhaifdeadh, agus o cia mor an teim ann robh e gus an de chriochnuicheadh e ! Cha b' e baifdeadh an uisgi no 'n spioraid, oir fhuair e iad sin araon aig Iordan, ach baifdeadh na fola. Bha anam ro bhronach eadhon gu bas. Bhruchd a chorp naomh fallas fola 'na bhraonuibh mora sa' gharradh, leis 'a gheur-mhothachadh agus leis an rois'healladh, a bh' aige, san am fin, air na bha e gu fulang. O an leig sinn do throm fhulangas sin ar Slanui'-fhir tuiteam gu lar, no luidheadh fios ann an tir na di-chuimhne? Niheadh, na biodh a chuis 'am feafd mar so, ach mar is sinne luchd-fritheoluidh an Tìomnaidh.nuaidh, gleidheamaid, le mor urram, cuimhn' air bas agus fulangas eadar-mheadhanair an Tìomnuidh no cho'-cheangail fo.

XII. Ma dh' fhuiling CRÌOSD 'na anam agus 'na chorp na h urrad de phianta eag-samhaile agus mora, an oidhe an do bhrathadh e, mar a chi fin ann sna caibideilibh, a tha roimhe so ; tha gradh agus taing mata 'gar ceangal-ne gu dluthachadh r'a bhord naomh gu minic, a chumail cuimhn' air a bhas, a nochdadh ar gràidh agus umhlachda do'n t Slanui'-fhear a bhafuich air ar son, agus g'arceangal fein gu bhi dhasan 'nar cloinn dhileas, le cumhnanta air nach tig crioche. Am feud e bith gu'm bi sinn a' faicinn dhaoin' eile a' teachd, le mor.churama, us crabhadh, gu bitheanta, a dh' ionnfuidh buird an Tighearna, agus gu'n dean sinn fein dearmad air tighin? An dearbh daoin' eile an gradh agus an umhlachd

umhlachd do CHRISD, le cuimhn' a chumail air a bhas agus fhulangas ann an sacramaid a fhuip-earach, agus an faoil sinne, gu'm bi againn roinn co' ionann riu-san d'a fhulangas, mar cuir sinn a dhragh oirn fein, cuimhn' a ghleidheadh air fhulangas ann san t sacramaid so, mar a tha daoine eile a' deanamh? Mo thruaighe! An d' fhuiling CHRISD na h urrad, agus nacl. dean a' chuid a 's mo de dhaoineibh urrad as cuimhn' a chumail air fhulangas. An anihairc iad air fuiper an Tighearna mar ni suarrach? Am meas iad an fhuil sin faoin, a tha sabhaladh a chinne-daonna?

Thigibh, mata, mo mhuinntirionmhuinn, le crìodha-achuibh crabhacha, guminic, adh' ionnfuidh buirdan Tighearna, thigibh is gabhuibh co'-roinn de Iosa reubta, leonta, sgiursta, a' fileadh fala, 's a' basachadh Tha e fein 'gur cuireadh, agus tha sinne ministeirean cairdean fir na bainse 'gur cuireadh. Bithidh bhur cuirm an-a-barrach faibhir. Ma tha creideamh aguibh, beathuichear sibh, gu pailt, le'r fear-saoruidh air a cheusadh; ithidh sibh, air mhodh spioradail, a chorp, a bhriseadh air bhur son; olaidh sibh fhuil a dhortadh air son mathanas peacuidh dhuibh. Thuguibh fainear eiod a rinn e air bhur son 'na bhreth, 'na bheatha 's 'na bhas, agus feuchuibh a' bheil a dh'annadas aguibh diultadh teachd gu minic a dhionnfuidh a bhuird.

Gabhuibh beachd air an doigh air an d' rugadh agus an do ghineadh e le mnaoi bhochd, 'an ionad ro shuarrach, air an do chuireadh 'na luidhe e 'am prasuich, an d' rinneadh e fo 'n lagh, an do bhuair-eadh e leis an Diabhal, an do dhian-ruagadh e le daoineibh aingidhe, an do choisinn e aran le failas a mhaluidh agus an do chaith e abheatha ann ainnis. Faicibh cia mor an do-bron leis an robh a bheatha
air

air a lionadh, cia do-labhairt am maistadh, cia do-ghiulan an t acras, an tart, an t airfneal agus an sgios a dh' fhuiling e, cia lan de ghabhuibh agus chunthartuibh a bha uile laith a bheathai.

Geur bheachduichibh, le fuil creidimh, air na dh' fhuiling e san oidhche sin ann fan do bhrathadh e, agus cionnas a chaidh e thair fruth Chedroin. Beachduichibh air a dhoilghios, air a bhron, air fhallas fala, is air an urnuigh a rinn e tri uairean sa' ghar-radh. Gabhuibh geur-shealladh air a' mhodh, air an do bhrathadh ar TRIATH le Iudas, air an do ghlacadh e leis na saighd'-fhearuibh, an do cheafnuicheadh e mu dheibhinn a theaguisg agus a dheifciobuill, an do dhuaileadh e le aon de na maoruibh le a bhois, an d' iarradh fianuisean breige, is an do thairngeadh iad 'na aghaidh, an do mheafadh e mar fhear-dia-mhafluidh, an do mhi-ghnathuicheadh gu h an iochdmhor e le buillibh laidire agus le feilibh breuna, an d' thugadh e rithist an lathair na comhairle, 's an do cheafnuicheadh e 's a' mhaduinn an d' thugadh e thairis leo do Phontius Pilat, agus an do dhiteadh e gu h ea-corach, an do chuireadh ionnfuidh Heroid e, an do ghabhadh mar roghainn am murtair Barabbas air TRIATH na beatha, an d' fhagadh lomnocht e, an do fgiursadh e, an do fgeadaicheadh e le falluing scarlaide, an do chuireadh coron droighine air ceann an Uain gun lochd g'a chlaoidh, an d' rinneadh sgallais air a dhreuchd rioghail, seadh air a dhreuchduibh uile, an d' thugadh e 'an lathair an t fluaigh 's na comhairle 's an d' thugadh a bhinn amach, agus mu dheire' an d' thugadh e dh' ionnfuidh ionaid-mhillidh.

Breithnich gu durachdach, o mhuintir mo ghraidh, cionnas a thugadh dha r'a ol fion-geur

agus domblas, a cheusadh e le lamhuibh nan òig, a roinneadh aodach a' measg nam murtaircan, a shuidhicheadh rìgh na sìthe eadar da ghaduich, a rinneadh sgeig air, agus a chaineadh le chreatairibh fein air thalamh an ti sin, d' am bheil na h aingle a striochdadh sìos, le gnuisibh sòlluichte le n' sgiathuibh, air neamh. Faicibh cia fad a bhuanaich Shlanui'-fhear an t saoghail 'na phein, chum fuaimhneas fìorruidh a chosnadh dhuinne.

O Gabhuibh geur-bheachd air fulangas anma Rìgh na sìthe. Faicibh am fion-geur air a thoirt da r'a ol an dara uair mar thuille craidh, faicibh ughdar ar slainte a toirt suas na deoi, faicibh a thaobh air a bhiorradh gu guineach, naimhdeil, leis an t fleidh gheir, faicibh an ti sin, 'na bheul nach d' fhuaras riamh go no cealg, ach as an d' thainig, do ghnath, briaran fallaine na slainte, a nis air a mheas na mhealtair, ughdar na beatha air amhlacadh is air a tha sguidh sìos trì laithean ann an leabai fheuchianta, dhubhaich thofdaich a' bhais, grian na fìrinne a' nis a' dol fotha gu eiridh a ris le buaidh-ghairdeachas. Geur-bheachduichibh a ris agus a ris le criodh-achuibh treibh-dhireacha, crabhacha, air fulangas Iosa, 's feuchuibh a' bheil a dh' an-danadas aguibh diultadh teachd a dh' ionnsuidh buird naomh an ti sin, a dh' fhuiling na nithe sin uile, agus tuille na 's urrainn sinn a thuigsinn, air ar son-ne? Bu choir do gach earrainn d'a fhulangas a bhi 'na h argumaid laidir a bhrosnachadh gach anam diadhuidh, gu co'-roinn a ghabhail de'n t sacramaid so, agus gu bas agus fulangas ar Shlanui'-fhir a chumail, gu bitheanta, ann cuimhne aig a bhord naomh.

XIII. Do bhri' gu'n d' fhuiling CRÌOSD, nithe co mora agus co do-mheas air son ar n' anmanna, agus chionn gu'm bu choir a bhas agus fhulangas a chumail

chuntail air chuimhne, mu'n tarruing daoine dluth do bhord an Tighearna, 's iomchuidh dhoibh, eachdruidh fhulangais, mar a tha i air a cuir fios leis na foisgeulaichibh, a leughadh air an t seachdain mu'n tig iad d'a ionnfuidh, chum gu'm beo-dhruitheadh a bhas agus fhulangas air an spioradaibh, chum gu'm biodh iad ni bu chomasuiche, 'nuair a thig iad a dh' ionnfuidh a bhuird, a bhas agus fhulangas a thaisbeineadh gu folluifeach 'an suipeir an Tighearna.

Theanail mi o na ceithir foisgeulaichibh, eachdruidh mhion air fulangas CHRISD, chum gu'm biodh so 'na chuideacha do dh' anmannuibh crabhacha, a dh' fhaotuinn seallaidh aigheir air na dh' fhuiling ar Slanui'-fhear gradhach 'fan oidhech ann san do bhrathadh e 's ann san d orduich e 'n t sacramaid naomh so. Agus rian mi so gu h aruidh, chionn nach d' fhuair mi ach beag air a radh, mu fhulangas ar Slanui'-fhir, ann sgach eachdruidh a leugh mi riamh mu thimchiol. Feudaidd e bith gu bheil leabhraichean eile nach facadh mise a' toirt eachdruidh mhir air an fteir theagaisg so. Ach tha mi smuaineachadh gu'm feud an leughair crabhach, feum a dheanadh de'n eachdruidh ghoirid so, chum a chomhnadh gu smuaineachadh gu durachdach air fulangas CHRISD, gus am faigh e 'mach comhnadh a 's fearr o neach a 's comasuiche na mise. Agus ma bhitheas e goireasach, 'nuair a tha thu a' tarruing dluth do bhord an Tighearna, cuir la air leth a leughadh fulangais CHRISD, mar a tha e air a chur fios ann an 'smuaintibh cud-thromacha na sacramaide, 'fan leabhar so. Agus 'nuair a bhitheas tu a' leughadh air t aghaidh, cnuasuich, geur-beachduich agus gabh mor-iongantas. Gnathuich creideamh, gradh, aithreachas, agus urnuigh chridhail air doigh a bhitheas freagarrach do gach cearrainn

air leth d'a fhulangas. Agus do bhri' gur gnath le Eaglais na h Alba trasg a ghleidheadh air di-daoine roi' fhritheola na sacramaide, agus na t fearmain ullmhachuidh a bhli againn air di fathuirne, 's i mo bharail gu'm feudar an di-daoine roi' 'n t sacramaid a chaitheamh le buannachd ann leughadh agus ann amuaintibh durachdacha a' co' chur ruinn fein, le creideamh, bais agus fulangais Iosa, mar a tha iad an so air an cur fios.

'S i mo bharail gur mi-niasanta tighin gu bord an Tighearna le lan-run cuimhn' a chumail air a bhas agus fhulangas, ma'r cuir sinn aimfir chudthromach aruidh air leth chum eachdruidh fhulangais a leughadh agus a chnuasach.' Uime sin, tha mi 'g radh a ris, leughuibh eachdruidh fhulangais, mar a tha i 'n so air a cur fios, agus air a teanal o na foisgeulnichibh. Leughuibh i, leis gach aire dhurachdach agus crabbadh, 'nuair a tha sibh a' diuthachadh ri bord an Tighearna. Leis a fo ni fhulangas beodhruthadh air bhur spioraduibh, tuigidh sibh nadur gnìomha agus duilean na sacramaide, comhàraichear amach dhuibh Iosa air a bhristeadh, a chorp air a reubadh, agus fhuil air a dortadh, leis an aran air a bhriste agus leis an fhuil air a dortadh mu'r coinne. Bithidh sibh comasach, trid grais DE, bas agus fulangas CHRISD a chuimhneachadh, le lan-thuigse agus aignibh fhreagairacha, agus mar so, "Cuiridh bhur spìocnard amach a boladh curruidh 'nuair a tha 'n rìgh 'na fhuidhe aig a bhòrd fein," Lao. i. 12.

Gu'n cuireadh an Tighearna DIA iompadh air gach anam, a leughas na briathran so, gus a chomhairle mhath so a ghabhail. Amen.

CAIB.

C A I B. VI.

Mu chrìch Fulangas ar Slanui'-fhir, no c' arson a dh' fhuiling e, agus mu ghealladh na Sacramaide, agus co' dhunadh.

L ABHAIR sinn a nis cail eigin mu fhulangas **CRÌOSD**, tha sinn san ait' a 's faigfe ri labhairt gu h aighear mu chrìch fhulangais agus mu ghealladh na sacramaide, a tha araon filteadh a stigh ann sna briathruibh so, 1 Cor. xi. 24. "Se so mo chorpfa a tha air a bhrìste air bhur ionfa."

Mu'n chrìch air son an d' fhuiling **CRÌOSD**.

1. B' i chrìoch arruidh, glòir **DHE**, feadh glòir a cheartais, a throcaire agus a ghraidh; dh' fhuiling **CRÌOSD** air son gloire ceartais **DE**, a leigil fhaicinn do 'n t faoghal, gu'n raibh **DIA** co ceart as gu'm b' fhearr leis dioghaltas a dheanamh air a pheacadh ann am mac a graidh, na leigeadh do 'n pheacadh dol as gun dioghaltas. Dh' fhuiling **CRÌOSD** air son gloire, trocaire agus graidh **DHE**, a nochdadh do'n t faoghal gu bheil **DIA** làn de throcair agus de ghradh d'a mhuntir thaghta fein, agus gu'm b' fhearr leis a mhac a thoirt suas do'n bhas, na leigil leo dol a' muthadh.

2. Bi' a chrìoch a b' fhaigfe ar son an d' fhuiling **CRÌOSD** math a chinne-daonna.

(1.) A lan-dioladh ceartais **DE**. Rom. iii. 45. "Chuir **DIA** e 'mach gu bhi na iobairt-reite trid creidimh 'na fhuil." Chuireadh **CRÌOSD** amach mar iobairt-reite a lan-dioladh ceartais **DE**. Bhrosnuich sinn, le'r peacadh, ceartas gu garg-lasadh 'nar 'n aghaidh; 's cha raibh sinn fein murrach air ceartas a dhioladh. Ghabh **CRÌOSD** os-laimh a bhi 'na urras air ar son, leag e bheatha fìos agus

ghiulain e gach uile, ghe fhulangais air ar son-ne, a thoirt lan-dioldaidh do cheartas De, a bha gu ceart-bhreitheach air lafadh ann corruich 'nar na aghaidh,"

(2.) Chum gu'n daingnicheadh agus gu'n naifgeadh e a thiomnadh. Dh' fhag CRIOST againn mar dhilib, mathanas, fo-ghradh, ath-reiteach, an Spiorad naomh, aonachd agus co' chomunn, foilseacha inntinne, fireantachd, uchd-mhacachd, naomhachd, neartacha, folas agus gloir, Eabh. ix. 16. 18. A nis far am bheil tiomnadh, ann sinn 's eigin do bhas an fhir-thiomnadh' a bhi mar an ceudna; oir tha feum ann an tiomnadh ann draigh bais duine. Ach cha'n 'eil tairbhe air bith ann am fad as a tha 'm fear tiomnuidh beo. Uime sin fhuair CRIOST bas agus dh' fhuiling e a leithid sin de chradh do-labhairt chum gu'n daingnicheadh is gu'u naifgeadh e a thiomnadh.

(3.) Chum Satan a cheanfachadh, Eabh. ii. 14. "Chum trid bais gu'n leir-sgrìofadh e efan, aig an robh chumhachd bais, eadhon an Diabhal." Thug CRIOST, le a bhas agus fhulangas, buaidh air an Diabhal. Cha ruig sinn leas a bhi fo'gheilt-chrith do bhri' gu'n do cheanfuich ceannard ar Slainti ar n' ard-namhaid. Bheir e dhuinne, mar an ceudna, zuille s buaidh.

(4.) Chum gu'n tugadh e air falbh peacadh leis gach uile dhoruinn agus dholas, a tha a' fruthadh uaithe, Rom. viii. 3. "Oir an ni nach raibh ann comas do'n lagh a dheanamh do bhri' gu'n raibh e an fhann tre 'n fheoil, ag cur a Mhic fein do DEJA ann an coslas feola pheacuich agus le iobairt air son peacaidh, dh'it e am peacadh, 'fan fheoil." Bha sinne 'nar luidheadh muchta fo chionta peacaidh; mar bhraighdibh * fo chumhachd peacaidh, truagh fo shal peacaidh, cailte, gu tur, fo nadur sgrìofach

a pheacaidh, agus 'nar truaghanuibh graneile' fo thoradh spioradail, corporra agus fìorruidh a pheacaidh; ach dh' fhuiling CRÌOSD a thoirt air falbh ciontaí, cumhachda, toraidh, naduir agus fala ar peacaidhne.

(5.) Chum ar saoradh o ifrinn agus o fherig, 1 Thef. i. 10. Is e 'Iosa a shaor sinn o'n fheirg ata ri tighin.' Agus, mar an ceudna, gu'r saoradh o mhallachadh an lagha, Gal. iii. 13. 'Shaor CRÌOSD sinn o mhallachadh an lagha, agus fòs o chogais lochdaich, Eabh. ix. 14. G'ar saoradh-né o ain-eolas, neo-chreideamh, chruaidh-chriedhachd, staide naduir, d'an d' fhaig ar peacadh sinn buailteach.

(6.) Chum ar toirt a dh' ionnsuidh an Nuaidh-Ierusalem, eadhon a dh' ionnsuidh nòimh, a dh' ionnsuidh sonais agus solais do-thuigfinn.

(7.) A fhreagradh famhluibh an t sean-tionnuidh, agus,

(8.) A choi'-lionadh nan geallainean agus nam faidheadaireachd.

Fa dheoidh, b' i aon de na chriocheuibh arruidh ar son-an d' fhuiling e; sinne a thoirt gu neamh. Chunnaic e finn fo pheacadh agus fo thruaighe, fo fheirg agus dhiteadh, a dhlidhear dhuinn air son ar peacaidh; ghabh e truas dhinn agus lan-thoilich e ceartas as ar leth, cheanfuich e ar naimhdean, chuir e as do pheacadh 's do bhas, agus dh' fhuiling e goimh co'-ionann ri goimh ifrinne air ar son, thug fe e fein air ar son, chum gu'n glanadh is gu'n naomhaicheadh e finn agus gu'n nochdadh finn 'na lathair fein 'nar 'n Eaglais ghlormhoir gun smal, gun lochd. Eph. v. 25, 26. Rinn e fo uile chum ar deanadh iomchuidh air a bhi 'nar co'-luchd-roinn de dh' oighreachd nan naomh an solus.

Labhair

Labhair fínn an urrad fo gu h aighearr air a chrich mu'n d' fhuiling CRÍOSD, ní a tha filteadh a stigh ann sna briathruibh sin, ' Air a bhristeadh air bhur sonsa.'

Mar a tha na briathran fo, ' Mo chorp air a bhristeadh air bhur sonsa,' a' comharachadh amach na crich air son an d' fhuiling CRÍOSD, tha iad, mar an ceunda, a' nochdadh geallaidh na sacra- maide. ' Air bhur sonsa, ars esan, air son bhur matha, a' mhatha a th' air a shoilleadh ann sna briathruibh mu thimchiol na fala, a dhortadh air bhur son chuim' mathanaid peacaidh. Uime sin 's ann air bhur sonsa a chaidh dioladh a thoirt air son peacaidh. ' 'S ann air bhur sonsa, a tha 'n gealladh fo, eadhon gealladh ann t foisgeil, mu dheibhinn cuirp CRÍOSD a thoirt do'n bhas air son beatha an t saoghail, agus mu dheibhinn itheadh air mhódh spioradail a chum beatha. 'Nuair a nithear greim air a ghealladh fo le creideamh, bheir e dhuinn feoil CRÍOSD air mhódh spioradail r'a h itheadh. 'S e a h itheadh air an doigh fo greim a ghabhail air bas CRÍOSD 'nar criodhachuidh, agus beatha a thar- ruing o a bhas, agus fas ann gras le spiorad CRÍOSD, chum gu'n gabhamaid comhnuidh annsan agus esan annuine do reir a gheallaidh, Eoin vi. 55, 56, 57, ' Is biadh gu fírinneach m' fheoil, agus is deoch gu fírinneach m' fhuil,' Ge b' e' dh' itheas m' fheoilse bithidh e beo triomfa, 's gabhuidh e comhnuidh annamfa agus mise ann san.

Tha e coslach, mata, gu bheil na briathran ' áir bhur sonsa,' no air a thabhairt no air a bhristeadh air bhur sonsa,' a' ciallachadh na dara crich air son an d' fhuiling CRÍOSD, eadhon chum ar matha, agus a chum diolaidh a thoirt seachad air son ar peacaidh 's ceartas a lan-tioleachadh 'nar n aite.

Tha

Tha na briathran, mar an ceudna, a' ciallachadh geallaidh na sacramaide, eadhon gu'm bith a chorp air a bhristeadh, gu meal sinne, le cumhachd a bhais agus fhulangais, beatha spioradail fhiorruidh, fas ann gras, comhnuidh ann DIA agus DIA annainne, mathanas o CRIOST, ath-reiteacha ris an Athair. Air chor as ma tha creideamh againn a dh' fhaicinn a ghabhail agus a dheanamh greime air mathanas fas ann gras, comhnuidh maille ri CRIOST, beatha agus gloir, gu bheil na briathran fo, ' Mo chorp air a bhristeadh,' a' gealladh na nithe sin uile dhuinne co foilleir, cinnteach, as ge do theireadh CRIOST, 'Se e fo mo chorpfa a theid a bhristeadh air son ur matha, bhur mathanas agus bhur n' ath-reiteachaidh ri DIA : agus mar a tha mi a' toirt dhuibh an arain fo, a thaisbeinadh na sacramaide, a' nochdadh is a' nasgadh is a' co'-chur ruibh an ni cheudna; tha mi, mar an ceudna, ma chreideas sibh, a' gealladh dhuibh beathai, fas ann gras, comhnuidh a ghabhail ann-amfa, agus tha mi a toirt geallaidh air sonnas fhiorruidh dhuibh mar an ceudna.

Fa dheoidh, mar a tha na duilean a' cur CRIOST air a cheusadh mu'r coinne, tha gealladh na sacramaide 'ga charamh ris an anam aig a' bheil creideamh, no ann am briathruibh a's deise, tha creideamh a deanamh greim air a' ghealladh 's 'ga charamh ris an anam, agus tha 'n spiorada' nasgadh a' charaimh fo.

1. Fhoghnadh, o na b' i an dara rioch air son an d' fhuiling CRIOST, math a' chinne-daonna a chur air aghaidh, bu chior dhuinn ar mor thaingéalachd a nochdadh do DHIA.

Obiodhar criodhachan ar an lionadh le teas ghradh dha, 's thugamaid buidheachas gu fhiorruidh dha air son na rinn e air ar son-ne, gu h aruaidh 'nuair a thig

finn gu bord an Tighearna, agus a chi finn a bhaas agus fhulangas air an cur mu 'r coinne ann san t sacramaid, thigeamaid le fonn taingeil spiorad, a ghleidhe dh' cuimhn' air fhulangas, agus a ghabhail mor iongantais, maille ris na h ainglibh, de'n ghradh, a thug e do 'n chinne-daonna.

2. Tha fiachuichte oirn mor mhios a bhi againn air mor luach ar n anmanna, air son an d' fhuiling CRIOSD na h urrad. Am b' fhiach le CRIOSD a bhi air a ghintinn agus air a bhreth, beatha lan de dh' amhghar agus de chradh a chaitheamh, agus bas maslach fhulang a fhaodadh ar n anmanna neo-bhàsmhora o leir-sgrìs, agus nach fiach linn fein curam air bith a ghabhail dhiubh? Nach feachainn, nach leon-chiofnuich, is nach cuir finn as gu buileach de'n pheacadh, a tha a' toirt leir sgrìosa air an anam? An caith sinn an uine gheirid, a th' againn air thalamh, gun urnuigh, gun smuaintibh cudthromachas, gun chomanach, gun eifdeachd, gun aithreachas, gun leasacha beatha, gun ghreim fhaotuinn air CRIOSD le creideamh, chum math a dheanamh d'ar n anmannuibh fein, ma dh' fhuiling CRIOSD, na h urrad chum am matha?

3. Ann am fulangas CHRIOSD tha solas buandhaingeann dhoibh-san, a tha nam fìor aithreachain, agus 'nan luchd-leanmhuinn air Iosa. 'S ann air bhur sonsa a dh' fhuiling e, air son bhur matha a bhàsuich e, chum gu'm biodh aguibhse beatha; leonadh e chum bhur leigheas, bhuaileadh e gu trom chum bhur slanachaidh, bhruthadh e chum bhur tearmuinn. Ciod is urradh 'n faoghal, ciod is urradh cogais, ciod is urradh diabhlaidh a chur as leth chreidmheach, luchd-leantuinn Iosa, a tha gabhail aithreachuis d'am peacannuibh? Feudar freagradh a thoirt orra uile ann sna briathruibh so, "Bhristeadh

corp Iosa agus dhortadh fhuil air an son." O chreidmhich, biodh do chridhe air a lionadh le mor-sholas, chionn gu'n d' fhuiling CRIOSD air do shon.

4. Ma dh' fhuiling CRIOSD air ar son, agus ma tha gealladh na sacramaide a tha filte a steach ann sna briathruibh fo, "Mo chorp air a bhristeadh air bhur son," a' tairgfeadh CHRIOSD, agus gach ni a choisinn e, dhafan a tha a gabhail na sacramaide air mhodh iomchuidh; tha ceangailte air aodhairibh an tfluaigh, fuipeir an Tighearna a fhritheoladh, gu tric, d' an treuduibh. Nach 'eil fìachuichte oirne, na dh' fhuiling CRIOSD air an son, a' chumail 'nan cuimhne? Agus am bheil 'nar comas fo a dheanamh air doigh a's fearr na fulangas CHRIOSD air an son, a shearmanachadh 'nan eisteachd, agus a shoilleireachadh d' an fuilibh ann an sacramaid fuipearach an Tighearna? Dh' fhuiling TRIATH na beatha air ar sonne agus air son ar treuda, air an aobhar sin, tha ceangailte oirne an t ordudh naomh fo a fhritheoladh, a nochdadh ar taingealachd d'ar Slànuì'-fhear, agus a chumail cuimhne air fhulangas do ghnath 'an criodhachuibh ar treud.

Am bheil CRIOSD, da rìreadh, 'ga thairgfeadh is 'ga ghealladh fein agus an t saorfaidh a choisinn e, do na creidmheachuibh ann an t sacramaid; agus nach toir sinne, gu minic, a tha 'nar ministearibh do CHRIOSD, an cothrom adhar agus beannuichte fo, d'a fhluagh? Gheibhear sinn mi-thaingeil agus neo-thairis d' ar Maighifdir, a deanamh mor-lochda agus dochainn air ar treuduibh, mar fritheil sinn gu minic an t ordudh naomh fo, ann am bheil na dh' fhuiling CRIOSD, air ar son, air a nochdadh co foilleir, air a' cho'-chur ri creidmheachuibh, air a dhaingneachadh is a ghlafadh dhoibh.

Na 'm fuilingeadh e na h urrad air son nan aingeal a thuit, feudaich sinn a smuaineachadh nach deanadh

Iad dearmad air a bhas a nochdadh gu follaiseach agus cuimhne, gu minic, a chumail air. Ach mo thruaighe! chaidh e scachadh air na h ainglibh a thuit agus dh' fhuiling e air ar son-ne, 's air ar son-ne 'mhain; agus nach 'eil an gradh gun choi'-meas fo 'gar cur fo cheangluichibh téanna taingealachda gu tighin chum buird an Tighearna, agus gu a bhas, agus fhulangas a chumail ann cuimhne, gus an tig e rithist ann gloir.

An d' fhuiling ar TRIATH gradhach a leithid fo de bhas maflach, craiteach, malluichte air ar son-ne agus nach tig sinne gu bord an Tighearna, le anman nuibh crabhacha g'a chumail ann cuimhne? A thoirt an tuilli mafluidh dha an do chrochadh e suas air a' chrann, a chosnadh truscain na fireantachda dhuinne? Nach tig sinn gu bord an Tighearna air ar fgeadachadh le truscan na bainse, a chumail cuimhn' air a ghradh? An d' fhuiling e leithid fo de chradh 'na anam agus 'na chorp air ar son-ne, 's nach ti sinne gu bord an 'Tighearna' a dheanamh, aidmheile air a fo, 's a dh' fhaotuinn co'-roinne de na solasuibh agus suaimhneasuibh sin, a choisinn e dhuinn le cradh agus claidh co mor? An robh e air a mhallachadh chum gu'm biodh sinne air ar beannachadh agus nach tig sinn gu bord an Tighearna, a thoirt buidh eachais dhasan, a ghradhuich sinn co mor, agus a shealbhachadh a' bhcanachuidh a choisinn agus a naig e dhuinn?

'Nis dhasan, a ghradhuich sinn agus a nigh sinn o'r peacannuibh 'na fhuil, Taisb. i. 5, 6, agus a rinn dhinn righainean agus sagairtean do DHIA 's do 'n Athair, dha san gu riabh gloir agus uachdranachd, gu futhainn, fiorruidh. Amen.







